

NÀISEANTA 4 & 5

# EACHDRAIDH

LINN A' CHOGAIDH MHÒIR  
1900–1928  
AN DÀRNA DEASACHADH

James McGonigle &  
Claire Wood

Deasiche sreatha: John A. Kerr



**Stòrlann**  
Nàiseanta na Gàidhlig

NÀISEANTA 4 & 5

# EACHDRAIDH

LINN A' CHOGAIDH MHÒIR  
1900–1928  
AN DÀRNA DEASACHADH

James McGonigle &  
Claire Wood

Deasaiche sreatha: John A. Kerr

Bu mhath le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig taing a thoirt do na leanas airson cead dealbhan 's msaa a chleachdadh:

**Dealbhan:** **td.4** Library of Congress Prints agus Photographs Division; **td.6** (bàrr) Archive Farms Inc./Alamy Stock Photo, (bonn) Chronicle/Alamy Stock Photo; **td.10** Robert Hunt Library/Mary Evans; **td.11** (dealbh de làmhan air mapa de na Balkans) © K.-U. Häßler/stock.adobe.com; **td.12** TopFoto.co.uk **td.15** TopFoto.co.uk; **td.17** (bonn) David Cohen Fine Art/Mary Evans Picture Library; **td.18** Punch Limited/TopFoto.co.uk; **td.19** (bàrr) Roger-Viollet/TopFoto; **td.23** TopFoto.co.uk; **td.24** Archivart/Alamy Stock Photo; **td.25** Lordprice Collection/Alamy Stock Photo; **td.27** (bàrr) 'Will they Never Come?', postair trusaith às déidh Batal Mons, 23mh Lùnastal 1914 (colour litho), English Photographer, (20th century)/Private Collection/Bridgeman Images; **td.34** (bonn) Library agus Archives Canada item PA-149311; **td.37** York Museums Trust (CC BY-SA 4.0); **td.39** The Sun/News Syndication; **td.41** TopFoto.co.uk; **td.42** (bàrr) Granger, NYC TopFoto, (bonn) TopFoto.co.uk; **td.43** akg-images/Alamy Stock Photo; **td.44** Mansell/Mansell/The LIFE Picture Collection/Getty Images; **td.50** Ullsteinbild/TopFoto; **td.52** (bàrr) TopFoto.co.uk, (bonn) 'The Kitchen Is The Key To Victory, Eat Less Bread', postair bhon chiad chogadh, c.1917 (colour litho), English School, (20th century)/Private Collection/Photo © Barbara Singer/The Bridgeman Art Library; **td.54** Mitchell Library, Glasgow City Libraries agus Archives via www.scran.ac.uk; **td.58** Washington Imaging/Alamy Stock Photo; **td.59** Woodbridge Aviation Images/Alamy Stock Photo; **td.67** (cli) Granger Historical Picture Archive/Alamy Stock Photo, (deas) Mary Evans/Retrograph Collection; **td.74** Granger, NYC/TopFoto; **td.76** Suffragettes march down Princes Street, air a stiùireadh le Flora Drummond agus Emmeline Pankhurst, 1909 (b/w photo)/Edinburgh, Scotland/© Mirrorpix/Bridgeman Images; **td.77** (bàrr) Granger, NYC/TopFoto, (bonn) Mary Evans Picture Library; **td.78** TopFoto.co.uk; **td.79** Topham Picturepoint/TopFoto.co.uk; **td.81** (bàrr agus bonn) © CSG CIC Glasgow Museums Collection; **td.82** Paul Fearn/Alamy Stock Photo; **td.84** © Look and Learn/Bridgeman Images; **td.85** TopFoto.co.uk; **td.91** © CSG CIC Glasgow Museums Collection; **td.92** © Newsquest (Herald & Times). Via www.scran.ac.uk; **td.96** Mary Evans Picture Library/Onslow Auctions Limited; **td.97** (bàrr) Granger, NYC/TopFoto; (bonn) Wikipedia.

**Taing:** **td.5** Air a thogail bho *Bright RED Study Guide: N5 History – Scotland* le Chris & Aileen MacKay (Bright Red Publishing, 2013). Air ath-rioichdachadh le cead bho Bright Red Publishing; **td.8** earrann bho *Scotland in the Twentieth Century* le Tom Devine agus Richard Finlay (Edinburgh University Press, 1996); **td.26** letter to *The Nation* on 15 August 1914 le Bertrand Russell. Air ath-rioichdachadh le cead bho The Bertrand Russell Peace Foundation Ltd.; **td.33** earrann bho 'The Realities of War' le R.A. Scott Macfie bho *The Imperial War Museum Book of the First World War: A Great Conflict Recalled in Previously Unpublished Letters, Diaries, Documents and Memoirs*. Air ath-rioichdachadh le cead bho Pan Macmillan tro PLSclear; **td.38** statistics from *General Annual Report of the British Army 1913–1919*, pp 1921, xx, Cmd 1193; H. Newbolt, *History of the Great War. Naval Operations* (1931), vol. v, Appendix J; A. Jones, *History of the Great War. War in the Air* (1937), Appendices 35–6.; **td.38** earrann bho Piper Daniel Laidlaw recorded in *The Gazette (London Gazette)*, issue 29371, duilleag 11447, 18 November 1915; **td.39, 52, 69 & 93** earrann bho *The Flowers of the Forest* le Trevor Royle. Copyright © Trevor Royle 2006. Air ath-rioichdachadh le cead bho Birlinn Earranta bho PLSclear; **td.53–4** earrann bho *Little Grey Partridge: First World War Diary of Ishobel Ross Who Served with the Scottish Women's Hospitals Unit in Serbia* le Ishobel Ross (Aberdeen University Press, 1988); **td.54** earrann bho *The Private Papers of Miss M. Chisholm* © IWM; **td.55** earrann bho *Blighty: British society in the era of the Great War* le Gerard De Groot (Longman, 1996). Ath-rioichdaichte le cead bho Gerard De Groot; **td.56** earrann bho War Office: *Soldiers Died in the Great War 1914–1919* (War Office, London, 1921): Part 6 The Royal Scots (Lothian Regiment), Part 46 The Black Watch (Royal Highlanders), Part 63 The Highland Light Infantry, Part 65 The Gordon Highlanders. Le fiosrachadh bhon roinn phoblaich ceadaichte fon Open Government Licence v3.0; **td.61** earrann bho *Scottish Popular Politics: From Radicalism to Labour* le W. Hamish Fraser (Edinburgh University Press, 2000); **td.73** earrann bho *The Hidden History of Glasgow's Women: The THENEW Factor* le Elspeth King (Mainstream Publishing, 1993).

Rinneadh gach oidhrip gus cead iarraidh air an luchd-chòraichean, ach mura deach cead iarraidh oirbh, curidh am foilsichear cùisean air dòigh aig a' chiad chothrom.

Ged a chaidh gach oidhrip a dhèanamh gus a bhith cinnteach gun robh seòlaidhean eadar-lin ceart mus deach an leabhar fhoillseachadh, chan eil coire sam bith aig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig a thaobh na th' air duilleagan eadar-lin a chaidh ainmeachadh san leabhar. Uaireannan gabhaidh làrach-lin a lorg le bhith a' cur seòladh duilleag dachaigh a-steach ann an àite URL air brobhsair.

© James McGonigle agus Claire Wood 2018

A' chiad fhoillseachadh ann am Beurla ann an 2013 © James McGonigle agus Claire Wood

Am foillseachadh seo le:

Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig, An Tosgan, 54 Rathad Shiophoirt, Steòrnabhagh,  
Leòdhais, HS1 2SD

[www.storlann.co.uk](http://www.storlann.co.uk) [ofis@storlann.co.uk](mailto:ofis@storlann.co.uk)

A' Ghàidhlig © Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth Riaghaltas na h-Alba

Na còraichean uile glèidhete. Chan fhaodar pàirt sam bith den leabhar seo ath-rioichdachadh ann an cruth sam bith no ann an dòigh sam bith gun chead ro-làimh ann an sgrìobhadh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig.

Tha Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig a' faighinn taic bho Bhòrd na Gàidhlig.

Dealbh còmhdaich © Peredniankina/123RF.com

Dealbhan ealain le Gray Publishing

ISBN: 978-1-914496-15-8





# Clàr-innse

Facal toisich	iv
An Obair Shònraichte: am fiosrachadh a dh'fheumas tu	v
<b>1</b> Ro-ràdh	1
<b>2</b> Cò ris a bha Alba coltach ann an 1900?	2
<b>Earrann 1 Albannaich air an Aghaidh an lar</b>	
<b>3</b> Carson a thòisich cogadh ann an 1914?	9
<b>4</b> Dè thachair san Roinn Eòrpa ro dheireadh 1914?	21
<b>5</b> Cò ris a bha e coltach do dh'Albannaich a' sabaid air an Aghaidh an lar?	32
<b>Earrann 2 Buaidh a' chogaidh aig an taigh: an comann-sòisealta agus cultar</b>	
<b>6</b> Dè a' bhuaidh a bha aig a' chogadh air na daoine a bha aig an taigh?	48
<b>Earrann 3 Buaidh a' chogaidh aig an taigh: gnìomhachas 's eaonamaidh</b>	
<b>7</b> Dè a' bhuaidh a bha aig a' chogadh air gnìomhachas agus eaonamaidh na h-Alba?	62
<b>Earrann 4 Buaidh a' chogaidh air cùisean aig an taigh: poilitigs</b>	
<b>8</b> Dè a' bhuaidh a bha aig a' chogadh air obair nam boireannach?	72
<b>9</b> Dè a' bhuaidh a bha aig a' chogadh air poilitigs ann an Alba?	89
<b>10</b> Dè an ire gun robh Alba air atharrachadh ann an 1928?	95
Faclair	101
Clàr-amais	104



# Facal Toisich

Seo aon leabhar airson càrsaichean Eachdraidh Nàiseanta 4 & 5 a thèid a mheasadh bho 2018. Bu chòir oilleanach trì phrìomh roinnean ann an Eachdraidh Nàiseanta 4 & 5 a sgrùdadadh, agus tha taghadh farsaing de chuspairean anna (còig anns a' chiad dhà, deich anns an treas fear). Tha an t-sreath a' còmhdaich dà chuspair anns gach roinn.

Seo na sia tiotalan san t-sreath:

- ▶ Eachdraidh Ìre Nàiseanta 4 & 5: Linn a' Chogaidh Mhòir 1900–1928
- ▶ Eachdraidh Ìre Nàiseanta 4 & 5: Malairt Atlantaigeach nan Tràillean 1770–1807
- ▶ Eachdraidh Ìre Nàiseanta 4 & 5: Saor mu dheireadh thall? Còraichean Catharra sna SA 1918–1968

Anns gach leabhar, tha fiosrachadh mionaideach air na ceithir earrannan riatanach de shusbaint airson Nàiseanta 5, cho math ri stiùireadh agus practas air sgrìobhadh Obair Shònraichte, agus air pròiseasan measaidh.



# An obair shònraichte: fiosrachadh a dh'fheumas tu

## Nàiseanta 5

### Dè an obair shònraichte airson Nàiseanta 5?

'S e aiste air a sgrìobhadh fo chumhachan deuchainn, a thèid a chur gu SQA a tha san Obair Shònraichte. Tha 20 comharra rim faotainn air a son a-mach à 100 uile-gu-lèir, agus le sin, ma nì thu gu math leis an Obair Shònraichte 's e toiseach-tòiseachaidh math a bhios airson deuchainn N5.

Tha dà cheum san Obair Shònraichte:

- ▶ Rannsachadh (a' cruinneachadh fiosrachadh agus stòran). Faodar seo a dhèanamh aig àm freagarrach sam bith tron chùrsa.
- ▶ A' sgrìobhadh aiste (fo chumhachan deuchainn, san uair a thìde a tha ceadaichte).

### Ciamar bu chòir an Obair Shònraichte a sgrìobhadh?

Gheibh thu comharran airson sgilean sònraichte a shealltann nad Obair shònraichte. An toiseach, feumaidh tu ceist a thaghadh airson a freagairt. Mar sin, bidh comharracheist aig deireadh an tiotal agad. Nuair a tha thu air an tiotal a thaghadh, feumaidh tu:

- ▶ Ro-ràdh a sgrìobhadh a tha a' mìneachadh co-theacsa na ceist agad agus a tha a' toirt iomradh air diofar fhactaran a tha co-cheangailte rithe.
- ▶ Cuir am fiosrachadh ann an òrdugh gus am bi e na fhreagairt cothromach dhan cheist
- ▶ Cleachd d' eòlas agus do thugse air a' chuspair airson mìneachadh agus anailis a dhèanamh air a' cheist a thagh thu.
- ▶ Cleachd fiosrachadh a chruinnich thu bho co-dhiù dà stòr co-cheangailte ris a' cheist airson sgrìobhadh mu na factaran sin agus taic a chur riutha. Mar eisimpleir, 2 leabhar no 1 leabhar 's agallamh.
- ▶ Cleachd fiosrachadh mionaideach eile airson taic a chur riutha sin.
- ▶ Mìnich dè na factaran, nad bheachd-sa, bu chudromaiche seach feedhainn eile.
- ▶ Sònraich agus dèan measadh air diofar bheachdan agus/no dòighean air coimhead air a' cheist (air a' char as lugha, feuch ri dhà a shònraichadh).
- ▶ Sgrìobh co-dhùnadadh a tha a' toirt do phrìomh fhreagairt air a' cheist.
- ▶ Thoir adhbharan a chuireas taic ri do cho-dhùnadadh.

### Dè bu chòir dhomh sgrìobhadh mu dheidhinn?

Seo taghadh de cheistean a bhiodh freagarrach, stèidhichte air na tha san leabhar seo:

- ✓ Dè cho cudromach 's a bha traidisean an airm ann an Alba a thaobh nan àireamhan mòra a ghabh san arm gu saor-thoileach aig toiseach a' chogaidh 1914–15?
- ✓ Dè an ire gun robh ceannardas Haig na adhbhar airson mar a chaidh cùisean aig Loos?
- ✓ Dè cho cudromach 's a bha gnìomhachasan an diut is an aodaich fhlichte a thaobh oidhир a' chogaidh ann an Alba aig àm a' Chiad Chogaidh Mhòir?
- ✓ Dè an ire gun robh a' Chiad Chogaidh Mòr na phrìomh adhbhar airson mar a fhuair boireannaich cead-bhòtaidh ann an 1918?
- ✓ Dè an ire gun robh beachdan creidmheach nan adhbhar airson diùltadh cogaiseach aig àm a' Chiad Chogaidh Mhòir?



Seo eisimpleirean de thiotalan nach biodh freagarrach airson Obair Shònraichte:

- ✖ Sabaid nan Albannach air an Aghaidh an lar.
- ✖ Buaidh a' Chogaidh Mhòir air gnìomhachas na h-Alba.
- ✖ Buaidh a' Chiad Chogaidh air cultar na h-Alba.
- ✖ Atharrachaidhean air eaonamaidh na h-Alba aig àm a' Chiad Chogaidh.
- ✖ Buaidh a' Chiad Chogaidh air a' Phartaidh Làbarach.

Chan eil annta sin ach cinn. Feumaidh ceist a bhith san tiotal agad gus gun urrainn dhut a freagairt. Leis na tiotalan mi-fhreagarrach seo, cha bhiodh tu ach ag innse sgeulachd.

**Bi sàbhailte!** Chan eil duais ann airson ceist dhulich a thaghadh a rinn thu fhèin suas. Tagh rudeigin bhon eachdraidh a tha thu air a bhith a' sgrùdad. Dh'faodadh tu tiotal a thaghadh bho sheann phàipear deuchainn: [www.sqa.org.uk/sqa/47447](http://www.sqa.org.uk/sqa/47447) no tiotal às na pàipearan sin atharrachadh beagan le cuideachadh bhon tidsear. Seachain tiotal mura bheil thu cinnteach gu bheil e freagarrach – chan fhaigh thu ach aon chothrom an Obair-shònraichte a dhèanamh.

## Dè cho fada 's a bu chòir an Obair Shònraichte agam a bhith?

Chan eil faid shònraichte air a chur a-mach – bidh an fhaid a rèir nas urrainn dhut a sgrìobhadh ann an uair a thìde. Bidh a' mhòr-chuid de dh'aiste an mu cheithir no còig duilleagan a dh'fhaid.

## Cuimhnich gu bheil Duilleag Ghoireasan agad cuideachd gus do chuideachadh

Air an Duilleag Ghoireasan sgrìobhaidh tu na stòran air am bi thu a' toirt iomradh san aiste. Seallaidh seo dhan neach-comharrachaidh gun do rannsaich, gun do thagh, agus gun do chuir thu am fiosrachadh ann an òrdugh.

Thèid an Duilleag Ghoireasan agad gu SQA an cois na h-aiste chriochnaichte. Chan fhaigh thu comharran airson na Duilleig Ghoireasan, ach cleachdaidh an luchd-comharrachaidh i gus faicinn gun do rinn thu an rannsachadh riatanach agus an do lorg thu stòran freagarrach airson na h-Obair Shònraichte.

Is ann leatsa a tha an Duilleag Ghoireasan. Faodaidh tu a h-atharrachadh, dathan a chur oirre no a prioriadh. Faodaidh tu a sgrìobhadh ann an àite sam bith agus aig àm sam bith mus sgrìobh thu an Obair Shònraichte agad fo chumhachan deuchainn. Faodaidh tu puingean-fiosrachaidh, diagraman damhan-allaidh, notaichean, ainmean is deitichean a chur oirre. Ach, tha riaghailtean cudromach ann mun Duilleig Ghoireasan agus seo agad iad:

- ▶ Chan eil math barrachd is 200 falal a bhith oirre
- ▶ Bidh na sgrìobhas tu air aon taobh de A4
- ▶ Bidh an tiotal is an t-ùghdar sgrìobhte oirre airson co-dhiù dà stòr a bhios tu a' toirt iomradh air san Obair Shònraichte.

**Chan eil e ceadaichte** earrannan mòra a chopaigeadh bhon Duilleig Ghoireasan airson an cur a-steach dhan Obair Shònraichte agad ach **tha e ceadaichte** earrannan aithriseach a chopaigeadh a-steach bhuaipe.



## Nàiseanta 4: Aonad Luach Leasaichte

Leigidh an Obair Shònraichte (ris an canar, uaireannan, an t-Aonad Luach Leasaichte) leat do sgilean a shealltainn nuair a bhios tu a' rannsachadh cùis eachdraidh. Tha roghainn fharsaing agad a thaobh dè dh'haodas tu a rannsachadh agus, cuideachd, faodaidh tu am fiosrachadh a lorgas tu a thaisbeanadh ann an diofar dhòighean. Tha sin a' ciallachadh nach fheum thu aiste a sgrìobhadh airson do sgilean, d' eòlas agus do thugse a thaisbeanadh.

Gus a bhith soirbheachail ann an Nàiseanta 4 feumaidh tu sealltainn gun urrainn dhut rannsachadh a dhèanamh agus fiosrachadh a chleachdad le bhith a' dèanamh nan rudan a leanas:

- ▶ Cuspair eachdraidh freagarrach a thaghadh airson sgrùdad. Cuidichidh an tidsear leis an taghadh.
- ▶ Fianais bhuntainneach a chruinneachadh bho co-dhiù dà stòr fiosrachaidh.
- ▶ Am fiosrachadh a chruinnich thu a chur an òrdugh agus a chleachdad gus do chuideachadh a' sgrìobhadh mun chuspair a thagh thu.
- ▶ Cunntas a thoirt air dè tha an cuspair a thagh thu mu dheidhinn.
- ▶ Mineachadh a thoirt air carson a thachair an cuspair a thagh thu (an t-adhbhar air a shon) no air dè thachair an dèidh sin air sgàth a' chuspair a thagh thu (a' bhuaidh aige).

Fhad 's a tha thu a' dol tron leabhar seo nì thu taisbeanaidhean, postairean, diagraman agus obair ealain. Dh'haodadh iad sin uile a bhith nam pàirt dhen Obair Shònraichte agad airson Nàiseanta 4. Feumaidh tu an uair sin am fiosrachadh a lorg thu a thaisbeanadh.

Na biodh dragh ort – ma bhios an obair a' fàilleachadh ort, tha e ceadaichte don tidsear cuideachadh agus comhairle a thoirt dhut aig ire sam bith nuair a bhios tu a' dèanamh na h-Obair Shònraichte.

### Am feum mi aiste fhada a sgrìobhadh?

Chan fheum. Faodaidh tu taghadh ciamar a thaisbeanas tu d' Obair Shònraichte. Dh'haodadh tu òraid a dhèanamh agus an uair sin chuireadh an tidsear ceistean ort air a' chuspair. Dh'haodadh tu taisbeanadh PowerPoint a dhèanamh, no loga ionnsachaidh a chumail. Dh'haodadh tu postair a dhealbh, no dòigh eile a thaghadh gus d' obair a thaisbeanadh. Dh'haodadh tu cuideachd aiste a sgrìobhadh nan togradh tu!





# 1 Ro-ràdh

## Cò mu dheidhinn a tha an càrsa seo?

Tha an leabhar seo mu na thachair do dh'Albannaich anns a' Chogadh Mhòr agus mun bhuaidh a thug e air beatha ann an Alba. Gu tric canaidh sinn a' Chiad Chogadh ris a' Chogadh Mhòr.

Tha an leabhar seo a' sgrùdadh buaidh teicneòlais air na saighdearan air an Aghaidh an lar. Tha e cuideachd a' beachdachadh air mar a dh'atharrach beatha dhaoine aig an agus mar a thòisich an cogadh air buaidh a thoirt orra

## Ciamar a chuidicheas an leabhar seo mi?

Cuidichidh an leabhar seo thu gu bhith soirbheachail nad chùrsa Eachdraidh aig iреan Nàiseanta 4 agus 5. Tha gach nì ann a dh'fheumas tu ionnsachadh a thaobh susbaint a' chùrsa agus na tha SQA a' moladh airson 'Linn a' Chogaidh Mhòir 1900–1928'.

Tha comhairle agus eisimpleirean san leabhar a chuidicheas gus na diofar sheòrsaichean cheistean ris an coinnich thu ann an deuchainn Nàiseanta 5 a fhreagairt.

Cuideachd, bheir an leabhar stiùireadh dhut gus do chuideachadh nuair a tha thu an sàs anns an Obair Luach Leasaichte agad.



## 2 Alba ann an 1900

### Cò mu dheidhinn a tha a' chaibideil seo?

Ann an 1900, b' e Breatainn a' chumhachd a bu mhotha air an t-saoghal. Bha i a' riaghadh iompairreachd a bha a' còmhdach cairteal de dh'uachdar na cruinne agus bha àite cudromach aig Alba san t-suidheachadh seo. Mar 'an dara mòr-bhaile dhen iompairreachd', bha Glaschu air leth cudromach. Chaith soirbheas agus beairteas a' bhaile a thogail air gnìomhachasan troma leithid togail-bhàtaichean agus déanamh stàilinn. Ach, bha trioblaidean a' nochdad a bha a' tòiseachadh air soirbheachadh Glaschu – agus Alba – a thaobh gnìomhachasan a chur ann an cunnart.

Bha na pìomh gnìomhachasan ann an Glaschu a' fàs sean, agus bha farpais ùr a' tighinn bho dhùthchannan eile a bha a' tighinn air adhart gu luath.

Cha robh luchd-obrach nan gnìomhachasan toilichte agus bha iad ag iarraidh páigheadh is cùmhnan-tan-obrach na b' fheàrr. A thaobh poilitigs, bha Partaidh Lèabarach na h-Alba a' tòiseachadh air taic fhaighinn bho na daoine a bha ag obair anns na gnìomhachasan. Bha iarrtas ann cuideachd airson taigheadas na b' fheàrr, cùram slàinte agus cothroman foghlaim.

A dh'aindeoin 's mar a bha cùisean a' coimhead, bha dùblain air thoiseach air Glaschu, Alba agus Breatainn a bha gu bhith nan adhbhar trioblaid san àm ri teachd.

### Ro dheireadh na caibideil, bu chòir dhut a bhith air chomas:

- Cunntas a thoirt air cò ris a bha e coltach a bhith a' fuireach 's ag obair ann an Alba ann an 1910.
- Cunntas a thoirt air na trioblaidean a bha aig daoine a bha a' fuireach ann an Glaschu.
- Na trioblaidean agus na duilgheadasan a bha a' toirt buaidh air eaonamaidh na h-Alba a mhíneachadh.

### Iompairreachd Bhreatainn


Nuar a chaith Deòrsa V a chrùnadh ann an 1910, b' i Breatainn a' chumhachd a bu mhotha air an t-saoghal. Cha b' e a-mhàin gun robh Deòrsa na rìgh air Breatainn, ach bha e cuideachd na iompair air na h-Innseachan agus bha an riaghaltas aige a' riaghadh thairis air **iompairreachd** a bha a' còmhdach 25 sa cheud dhen chruinne.

Dh'faodadh neach òg a bha a' fàgail Glaschu ann an 1910 a dhol timcheall an t-saoghal gun a dhol tro dhùthaich 'chèin'.

A' seòladh an iar à Glaschu air bàta a chaith a thogail agus a chlàrachadh ann am Breatainn, b' e Canada a' chiad dùthaich gun tigeadh e. As a sin bheireadh an t-slighe an neach-siubhail gu deas gu ruige Honduras Bhreatainn, agus an uair sin na b' fhaide deas gu na h-Eileanan Faclanach. A' seòladh an ear bho na h-Eileanan Faclanach ruigeadh an neach-siubhail Afraga a Deas. Na b' fhaide an ear bha Astràilia agus an uair sin Sealan Nuadh. An dèidh seòladh gu tuath, chòrdadh annasan Hong Kong agus an uair sin Singapore ris mus ruigeadh e 'seud na h-iompairreachd' – na h-Innseachan. As a sin bhiodh turas mara fada aige tarsainn air a' Mhuir Ruadh agus tro Chànal Suez, a bha fo smachd Bhreatainn. An uair sin dhèanadh e a shlighe dhachaigh a Glaschu, a' tadhal air Ciopras, Malta agus Gibraltar. Tha e coltach nach robh abairt riaghachd cho fior ri 'Cha bhiodh a' dol fodha air iompairreachd Bhreatainn'.

### MÌNEACHADH

**Iompairreachd** buidheann de dhùthchannan a tha air a riaghadh le aon dùthaich



*lompairreachd Bhreatainn ann an 1900*

Cleachd Google Earth™ gus an dearbh shlighe air a bheil cunntas air duilleag 2 a leantainn timcheall an t-saoghal.

## Obair 1

### Rannsachadh

Cleachd an t-eadar-lion airson map mionaideach de lompairreachd Bhreatainn ann an 1914 a lorg agus freagair na ceistean a leanas.

- 1 Dè an dùthach a bu lugha san lompairreachd? Dè an tè bu mhotha? Dè an tè a b' fhaide air falbh o Bhreatainn? Dè an tè a b' fhaisge air Breatainn?
- 2 Cleachd am fiosrachadh a lorgas tu agus mìnich dè bha an abairt seo a' ciallachadh: 'Cha bhiodh a' ghrian a' dol fodha air lompairreachd Bhreatainn'.



## Carson a chante 'dara mòr-bhaile na h-Ìompairachd' ri Glaschu?

Bha còrr is millean neach a' fuireach ann an Glaschu agus b' e am mòr-bhaile a bu mhòtha ann an Alba. Bha an Talla-baile ùr ann an Ceàrnag Dheòrsa a' sealltainn beairteas a' bhaile don dùthach agus don t-saoghal. Bha na mòr-bhailtean eile ann an Alba – Dùn Èideann, Dùn Dè agus Obar Dheathain – cuideachd a' cur ri beairteas Bhreatainn aig an àm seo.

### Dè na gnìomhachasan a bha air fàs ann an Alba?

B' e mèinneadh guail, dèanamh iarainn agus stàilinn, einnseanaireachd agus togail-bhàtaichean na pìomh ghniomhachasan a bha ann an Alba. Bha obair an diut soirbheachail ann an Dùn Dè agus bha Obar Dheathain trang le iasgach. Ach, b' e sgìre Ghlaschu an sgìre gnìomhachais a bu mhòtha ann an Alba.

Tràth san fhicheadamh linn, bha an còigeamh cuid de bhàtaichean an t-saoghail gan togail air Abhainn Chluaidh. Bha togail-bhàtaichean soirbheachail ann an Glaschu air sgàth **suidheachadh** a' bhaile.

Bha stuthan, mar stàilinn airson bàtaichean a thogail, faisg air Abhainn Chluaidh. Bha tòrr dhen stàilinn a' tighinn bho ionad-stàilinn Ravenscraig.

Bha companaidhean togail-bhàtaichean agus einnseanaireachd mar John Brown, Beardmore agus Napier air thoiseach anns na gnìomhachasan sin air feadh an t-saoghail, agus bha na ceudan de mhìltean ag obair aca. Blìadhna chan ron chogadh, bha coltas gum biodh na gnìomhachasan ann an Glaschu agus air taobh siar na h-Alba seasmhach san àm ri teachd.

### MÌNEACHADH

**Feartan sudheachaidh** adhbharan air an tagh companaidh àite gus gnìomhachas a thòiseachadh



Cleachd an t-eadar-lion gus dealbh mòr dhen togalach seo agus de thogalaichean eile ann am Baile Marsantachd Ghlaschu a lorg. Sgrùd an ailtireachd. Dè mun ailtireachd seo, anmoch ann an linn Bhictoria, a tha a' toirt ort smaoineachadh mu chumhachd, mu bheairteas agus mu phròis.

Talla-baile Ghlaschu aig toiseach an fhicheadamh linn.



## Duileagheadas ann an eaonamaidh na h-Alba

Sna 1900an thòisich gnothaichean air fàs doirbh do ghniomhachasan. B' e cuid dhen duileagheadas gun robh bun-stuthan, mar gual, a' fàs gann. Cuideachd bha farpais ann bho dhùthchannan cèin agus dhèanadh luchd-obrach nan dùthchannan sin an obair air pàigheadh nas isle. Mar sin bha bathar cèin na bu shaoire na bathar Bhreatainn.

## Carson a bha luchd-obrach nan gnìomhachasan mì-thoileach?

Seo eòlaiche eachdraidh ann an 2004 a' toirt curritas air mì-thoileachas luchd-obrach nan gnìomhachasan ann an Alba:

*Bha **stailcean** airson pàigheadh is cùmhnantan-obrach na b' fheàrr cumanta ann an Alba. Sa Mhàrt 1911, chaidh 10,000 neach-obrach bho factaraidh Singer, Bruach Chluaidh, air stailc bhon a dh'atharraich na cùmhnantan aca. Eadar 1910–14 bha stailcean air feadh Alba agus Bhreatainn. Glè thric bhiodh fòirneart an cois stailcean agus dh'fhàs an riaghaltas cruaidh orra. Nuair a bha stailcean ann an Dùn Dè san Dùblachd 1911, chaidh poilis a bharrachd agus saighdearan bhon Fhreiceadan Dhubh a chur ann gus rian a chumail. Sa Mhàrt 1913, nuair a bha stailc eile sa bhaile, bha 30,000 neach a' diùltadh obair a dhèanamh. Miosan às déidh sin, rinn stailc aig docaichean Lite dragh dhan chomhairle ionadail. Dh'fheuch cuid de na bha air stailc ri balla a spreadhadh.*

Bha an-fhois a sheasadh ùine air thoiseach air gnìomhachasan Bhreatainn. B' e stailcean an dòigh bu chumanta gus toirt air companaidhean na bha an luchd-obrach ag iarraidh a thoirt dhaibh. Bhiodh **aonaidhean-ciùird** ag iarraidh pàigheadh agus cùmhnantan-obrach na b' fheàrr. Bhiodh iad a' maoidheadh stailc mura faigheadh iad sin. Bha na h-iarrtasan sin gan déanamh gus am biodh an luchd-obrach air chomas pàigheadh airson cosgais bith-beò a bha a' sior dhol suas. Ann an 1912, bha am pàigheadh ann am bailtean Alba deich sa cheud na b' isle na bha e ann am bailtean Shasainn, agus bha cosgais bith-beò (biadh agus màl) còig sa cheud na b' àirde. Cha robh a' mhòr-chuid de chompanaidhean deònach gabhail ri iarrtasan dhen t-seòrsa sin agus bha mar sin bha an-fhois anns na gnìomhachasan.

## Dè na partaidhean a bha a' riaghlaigh Alba?

B' iad an dà phriomh phartaidh aig an àm seo na Libearalaich, fon Phriomhaire Herbert Asquith, agus na Consearbataich fo Arthur Balfour. Ann an Alba chaidh partaidhean sòisealach a stèidheachadh cuideachd. Ann an 1900 chuir Aonaidhean-ciùird na h-Alba agus am Partaidh Lèbarach Neo-eisimeileach partaidh poilitigeach ùr air chois airson an obair-chlas. Thugadh Comataidh Riochdachaidh an Luchd-obrach air, no air a ghiorrhachadh, am Partaidh Lèbarach.

Aig deireadh 1910, b' ann aig na Libearalaich a bu mhotha a bha de chumhachd ann an Alba, mar a chithear sa chlàr gu h-ìosal.

### MÌNEACHADH

**Stailc** luchd-obrach a' sgur a dh'obair airson toirt air luchd-fastaidh gabhail ri iarrtasan

**Aonaidhean-ciùird** comainn a' riochdachadh bhuidhnean sònraichte de luchd-obrach

Bliadhna	Libearalaich	Lèbarach	Consearbataich
1906	58	2	10
Fao. 1910	58	3	9
Dùb. 1910	58	3	9

An àireamh sheataichean Pàrlamaid a fhuair Buill Pàrlamaid Albannach.

Cleachd na figearan sa chlàr gus dearbhadh gun robh Alba fo bhuidh dà phartaidh phoilitigeach.



## Dè na trioblaidean a bha aig sluagh na h-Alba?

San 19mh linn bha àireamh-sluagh na h-Alba air fàs gu luath. Bha mu 30 sa cheud dhen t-sluagh sna ceithir mòr-bhailean.

Ro 1900, bha slumaichean ann nach robh freagarrach do dhaoine.

A rèir rannsachadh ann an 1911 bha 13 sa cheud dhen t-sluagh a' fuireach ann an dachaighean a bha ro bheag airson teaghlaich. B' e an dachaigh àbhaisteach flat ann an teanamaint dorcha, gruamach, gun ghoireasan slàintealachd. Bha aon toidhleat eadar mòran theaghlaichean. Bha fàileadh uabhasach ann. Bhiodh galaran a' sgaoileadh gu luath agus cha robh daoine beò ro fhada. Sheall aon rannsachadh nach robh ach aon sheòmar ann an aon a-mach à deich dachaighean ann an Alba.

### MÌNEACHADH

**Slumaichean** dachaighean nach eil freagarrach airson daoine a bhith a' fuireach annta

**Croitearan** tuathanaich aig a bheil pìos beag fearainn air mhàl air Ghàidhealtachd na h-Alba

Thoir cunntas air staid nan togalaichean. Minich carson a bha e doirbh do dhaoine a bha beò san t-suidheachadh seo.



136 Margadh an t-Salainn, Glaschu, mu 1900

## Carson a bha an-fhois air a' Ghàidhealtachd?

Air a' Ghàidhealtachd, bha fearann airson fuireach air agus obrachadh èiginneach. Thug Achd nan **Croitearan** 1886 beagan dòn do dhaoine le fearann is taighean air mhàl. Tron achd seo, cha robh e cho furasta na croitean a thoirt bhuapa. Ach bha croitearan air a' Ghàidhealtachd fhathast air am fuadach bho na croitean ron chogadh agus lean an trioblaid às dèidh a' chogaidh.

Dèan liosta de bhuadhairean a chleachdadadh tu gus cunntas a thoirt air na chì thu san dealbh.



Croitearan Gàidhealach ann an 1886



## Obair 2

### Dèan geàrr-chunntas air a' chaibideil seo

- San leabhar-obrach agad no san fhaidhle-obrach cuir an ceann "Cò ris a bha Alba coltach ann an 1914?".
- Tarraing clàr coltach ris an fhearr gu h-iosal.
- Lorg co-dhiù dà phìos fiosrachaiddh gus cunnatas a thoirt air gach pàirt de chomann-sòisealta na h-Alba.

	Fianais mu Alba ro 1914
Sluagh na h-Alba	
Gníomhachas agus eaconamaidh na h-Alba	
Trioblaidean a bha aig Alba	
Partaidhean poilitigeach na h-Alba	

## Obair 3

### Dealbhaich taisbeanadh

Cruthaich taisbeanadh air a' cheist "Cò ris a bha Alba coltach ron Chiad Chogadh? Obraich ann am buidheann beag no còmhla ri caraid agus cruthaich taisbeanadh nach mair nas fhaide na ceithir mionaidean. Feumaidh stuth-sùla a bhith san taisbeanadh; 's e PowerPoint direach aon de na roghainnean.

Bu chòir do gach neach a ràdh dè am pìos fiosrachaiddh as fheàrr a tha a' mìneachadh cò ris a bha Alba coltach ron Chiad Chogadh, agus a bhith deiseil gus am beachd sin a mhìneachadh.

## Practas air ceistean

### Naiseanta 4

Tha Stòr A le eòlaiche eachdraidh san latha an-diugh.

#### STÒR A

*Bha Alba ag atharrachadh ro 1914. Bha mòran in-imrichean air tighinn agus bha a' mhòr-chuid dhen t-sluagh air gluasad gu na bailtean. Bha gníomhachasan na h-Alba cuideachd a' leudachadh 's iad làidir a thaobh einnseanaireachd agus togail-bhàtaichean. Ach, bha Alba fhathast moiteil às an traidisean armailteach aice.*

**Thoir cunnatas air cò ris a bha Alba coltach ro 1914. Bu chòir dhut Stòr A agus d' eòlas fhèin a chleachdadh.**

### Slatan-tomhais soirbheachaidh

Cuir ann co-dhiù dà phuing fiosrachaiddh fior, no aon phìos fiosrachadh leasaichte, air cò ris a bha Alba coltach ro 1914.



## Naiseanta 5

### 1 Thoir cunntas air comann-sòisealta na h-Alba ro 1914. (4)

Cuidichidh iad seo thu gu toiseach töiseachaidh a dhèanamh:

- Thoir cunntas air a' bhuaidh a bha aig soirbheachadh nan gnìomhachasan ann an Alba agus air na cùisean a bha nan trioblaid dhaibh.
- Thoir cunntas air mar a thug atharrachaidhean ann an econamaidh na h-Alba buaidh air sluagh na h-Alba ro 1914.
- Thoir cunntas air an-fhois anns na gnìomhachasan ann an Alba.
- Thoir cunntas air an t-suidheachadh phoilitigeach ann an Alba ro 1914 agus air mar a bha e ag atharrachadh.
- Thoir cunntas air na cùisean sòisealta ann an Alba a thàinig an cois nan gnìomhachasan agus an cois daoine a bhith a' gluasad gu na bailtean.

### Slatan-tomhais soirbheachaidh

- Sgrìobh seantans mar ro-ràdh, a' toirt freagairt beachdail air a' cheist. Me, 'Thàinig mòran atharrachaidhean air comann-sòisealta Alba ro 1914.'
- Thèid ceithir comharran a thoirt airson cunntas ceart a thoirt air ceithir puingean mu cheithir nithean eadar-dhealaichte
- Gheibh thu 4 comharran airson freagairt le puingean leasaichte: a' toirt cunntas air puing agus an uair sin a' leasachadh na puing le tuilleadh fiosrachadh mionaideach ann an seantans air leth. Beagaichidh seo na bhios agad ri sgrìobhadh. Feumaidh dà phuing leasaichte a bhith agad airson nan 4 comharran.
- Na liost na puingean agad uile còmhla idir. Chan fhaigh thu ach 1 chomharra airson sin a dhèanamh. Feumaidh tu ceithir seantansan eadar-dhealaichte.

Tha Stòr A mu cò ris a bha Alba coltach ro 1914. 'S e dithis eòlaichean eachdraidh san latha an-diugh a sgrìobh e, Tom Devine agus Richard Finlay.

## STÒR A

*Aig toiseach an fhicheadamh linn, air tomhas sam bith, bha Alba air aon de na h-àiteachan a bu mhòtha air an t-saoghal a thaobh obair-dèanaimh. Bha, cha mhòr, an còigeamh cuiid de bhàtaichean an t-saoghail gan togail air Abhainn Chluaidh. Bho thaobh siar meadhan Alba bha bathar bho gnìomhachasan guail, einseanaireachd is togail-bhàtaichean, agus obair-dèanaimh meatailt ga chur gu àiteachan air feadh na cruinne. 'S e mar a thòisich na gnìomhachasan sin air crionadh an sgeul as cudromaiche mu gnìomhachas ann an Alba san fhicheadamh linn.*

### 2 Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha Stòr A mar fhianais air cò ris a bha Alba coltach ro 1914. ('S dòcha gum bi thu airson beachdachadh air dè an seòrsa stòir a tha ann, cò sgrìobh e, cuin a chaidh a sgrìobhadh, carson a chaidh a sgrìobhadh, dè tha e ag ràdh agus dè chaidh fhàgail às.) (5)

### Slatan-tomhais soirbheachaidh

- Feumaidh tu seantans a sgrìobhadh mar ro-ràdh, a' toirt freagairt beachdail air a' cheist. Me, 'Tha Stòr A gu math/uabhasach feumail mar fhianais air...'
- Airson gach puing, feumaidh tu a ràdh a bheil i a' cur-ris no a' beagachadh cho feumail 's a tha an stòr. Mura dèan thu sin, chan fhaigh thu an comharra.
- Gheibh thu suas ri 4 comharran airson bheachdan a tha a' measadh an ùghdair, air dè an seòrsa stòir a tha ann, agus air cuin is carson a chaidh a sgrìobhadh.
- Faodar suas ri 2 chomharra a thoirt airson bheachdan a tha a' dèanamh measadh air earrannan buntainneach a tha thu a' taghadh às an stòr.
- Faodar suas ri 2 chomharra a thoirt seachad airson bheachdan a tha a' dèanamh measadh air puingean fiosrachaidh nach eil anns an stòr.

## 3 Carson a thòisich cogadh ann an 1914?

### Cò mu dheidhinn a tha a' chaibideil seo?

Ro 1914, bha còmhstria eadar na Cumhachdan Mòra. B' iad na Cumhachdan Mòra na prìomh dhùthchannan san Roinn Eòrpa – Breatainn, an Ruis, a' Ghearmailt, an Fhraing agus an Ostair-Ungair. Bha grunn adhbharan airson na còmhstria. Bha cuid fad-ùineach, mar còmhstria mu mhalaire agus iompairreachd. Bha cuid geàrr-ùineach, mar rèis armailteach nan nèibhidhean. Mar thoradh air murt Àrd-dhiùc Franz Ferdinand, oighre rìgh-chathair iompairreachd na h-Ostair-Ungair, chaidh na stàitean sin an sàs ann an cogadh Eòrpach. Chaidh Breatainn an sàs anns a' chogadh seo air 4mh Lùnastal 1914.

Nuair a chrìochnaicheas tu, bu chòir dhut a bhith air chomas:

- ▶ Mineachadh carson a bha còmhstria eadar na prìomh chumhachdan Eòrpach ro 1914.
- ▶ Cunntas a thoirt air na h-adhbharan air an do thòisich cogadh ann an 1914.

### Dùthchannan ri cogadh?

Bho chrìochnaich an Dàrna Cogadh ann an 1945, tha còrr is 300 cogadh air a bhith ann air feadh na cruinne. Coltach ri daoine, bidh dùthchannan a' faicinn rudan a chuireas fearg no uallach no farmad orra. Mar as trice, thig trod agus, an uair sin, faodaidh fòirneart agus sabaid tighinn. B' e seo suidheachadh na Roinn Eòrpa ro 1914. Bha eagal mòr is droch amharas ann. Bha murt Àrd-dhiùc na h-Ostair san t-samhradh 1914 na eisimpleir air seo. Dh'fhàs buaidh a bhàis mar 'bhall sneachda' agus thòisich cogadh eadar a' mhòr-chuid de dhùthchannan na Roinn Eòrpa seachdainean às a dhèidh. Dè thachair? Tha a' cheist sin air a bhith air eòlaichean riamh on uair sin.

### Carson a bha na h-iompairreachdan a' farpais ri chèile?

Ann an 1914, bha iompairreachdan aig ionad dhùthaich Eòrpach. Bha coloinidhean cudromach oir:

- ▶ Bha iad a' toirt biadh agus bun-stuthan dhaibh.
- ▶ Bha iad nam margaidhean airson airgead a chur an sàs airson prothaid agus airson bathar nam màthair-dhùthchannan a bha gan riaghlaidh a reic.
- ▶ Bha iad a' toirt shaighdearan dhaibh aig àm cogaidh.
- ▶ Bha iad gu tric suidhichte ann an àite a leigeadh le màthair-dhùthaich dòn a chur air rudan san robh ùidh aca thall thairis.



Bha farmad aig a' Ghearmailt ri Breatainn 's an Fhraing oir bha iompairreachdan mòr aca. An coimeas riutha sin, cha robh iompairreachd na Gearmailt mòr idir. Cha robh a' Ghearmailt na dùthaich aonaichte gu 1871. Ron àm seo bha cuid mhath dhen t-saoghal air a roinn eadar dùthchannan eile mar-thà. Bha Kaiser Wilhelm II, riaghladair na Gearmailt, ag iarraidh barrachd choloindhean dhan Ghearmailt gus am biodh i cho cudromach ri Breatainn agus an Fhraing. Bho shealladh Bhreatainn, bha miann a' Khaiser na adhbhar iomagain.



Thoir cunntas mionaideach air na tha thu a' faicinn an seo. Dè tha seo a' sealltainn dhut mu bheachd dhaoine air a' Khaiser? Tarraing cartùn coltach ri seo bho shealladh na Gearmailt, a' taisbeanadh beachd nas fheàrr mun Ghearmailt a bhith a' togail iompairreachd. Smaoinich air iomhaigheachd airson a' chartùn agad.

*Cartùn bho 1915 a' sealltainn miann a' Khaiser. Tha na faclan a' ciallachadh 'An geòcaire - ro chruaidh'*

## Carson a bha farpais ann a thaobh malairt?

Bha gach dùthaich airson a bhith neo-eisimeileach a thaobh stuthan. Bha margaidhean ùra a dhìth airson bathar dhùthchannan a bha a' riaghladh nan iompairreachdan. Bha dùthchannan Eòrpach a' dion nan iompairreachdan aca gu teann agus bha iad droch-amharasach mu dhùthchannan ùra, mar a' Ghearmailt, a bha ag iarraidh barrachd smachd. Bha màthair-dhùthchannan airson airgead a dhèanamh tro leasachadh nan coloinidhean aca. Bha farpais a thaobh malairt chruinneil na adhbhar còmhstrie eile ron chogadh.



## Buaidh Pan-Shlàbhachas

Ann an iompairreachd na h-Ostair-Ungair bha na milleanan Sheicich, Slobhagaich agus Croataich ag iarraidh an cànan fhèin a bhruidhinn agus an cleachdaidhean fhèin a chumail. Bha gràin aig na 'mion-bhuidhnean cinnidheach' air an luchd-riaghlaidh. Bha iad ag iarraidh **Pan-Shlàbhachas**. Bha a' mhòr-chuid de na daoine nan **Slàbhach**. Bha iad airson gun toireadh an stàit Shlàbhach bu mhotha, an Ruis, cuideachadh agus dion bho na riaghlaidrean 'cèin' aca. Ach bha stàitean mar an Ostair-Ungair dhen bheachd nach robh gnothach aig an Ruis ri seo. Bha iad airson smachd a chumail air na Slàbhach nan iompairreachdan fhèin gun dùthaich eile a bhith a' gabhail gnothach ris.

### MÌNEACHADH

**Pan-Shlàbhachas** gluasad gus aonadh nan dùthchannan Slàbhach gu lèir a thoirt gu buil

**Slàbhach** buidheann dhaoine ann am meadhan agus air taobh sear na Roinn Eòropa



Farpais anns an Sgìre Bhalcanach

Ciamar a tha an dealbh seo a' sealltainn gum faodadh còmhstri anns na Balcain fàs gu bhith na còmhstri fada nas motha. A bheil an dealbh na gheàrr-chunntas air a' chòmhstri Bhalcanach ro 1914? Ciamar a dhèanadh tu an dealbh nas fheàrr na tha e?

## Obair 1

Faigh copaidh de mhap dhen Roinn Eòropa. Rannsaich Google Maps™. Cuir dathan air a' mhap a chomharraicheas an Ruis, an Ostair-Ungair, a' Ghearmailt agus na Balcain.

- A' cleachdad a' mhapa, an cartùn a tharraing thu roimhe, agus am fiosrachadh a leugh thu, minich carson a bha an Sgìre Bhalcanach na h-adhbhar còmhstri anns na bliadhnaich ro 1914. Bu chòir dhut iomradh a thoirt air:
  - còmhstri a thaobh malairt
  - Pan-shlàbhachas
  - còmhstri a thaobh smachd air an sgìre Bhalcanach
- Thoir cunntas air mar a dh'fhaodadh duilgheadas anns an Sgìre Bhalcanach sgaoileadh gu furasta agus cogadh Eòrpach a thòiseachadh.



## Obair 2

### A' dèanamh anailis air cartùn

Seall air a' chartùn 'Trioblaidean Balcanach' gu h-iosal agus freagair na ceistean a leanas.



- ▶ Thoir cuntas mionaideach air na tha thu a' faicinn sa chartùn.
- ▶ Dè na dùthchannan Eòrpach a tha na daoine air uachdar na poite a' riochdachadh?
- ▶ Nam b' e dealbh-camara a bha seo, carson a bhiodh coltas iomagaineach air na daoine air a' phoit?
- ▶ Chan e dealbh-camara a tha seo idir ach tha e a' riochdachadh nan trioblaidean a bha a' toirt buaidh air an Roinn Eòrpa ann an 1914. A' cleachdadh na tha agad de fhiosrachadh, mìnich gu mionaideach na trioblaidean a tha an cartùn a' riochdachadh.

Dh'fhaodamaid a ràdh gun robh na cùisean seo uile nan adhbharan fad-ùine airson a' Chiad Chogaidh.



An Roinn Eòrpa eadar an Entente Thriobailte agus na Cumhachdan Meadhain

## Dè na h-adhbharan geàrr-ùineach airson a' chogaidh?

Carson a dh'adhbhaich Alsace-Lorraine duilgheadasan eadar an Fhraing agus a' Ghemailt?

Cha robh an Fhraing 's a' Ghemailt measail air a cheile. Carson a bha seo? Ann an 1871, fhuair a' Ghemailt buaidh air an Fhraing ann an cogadh. Aig deireadh a' chogaidh sin, fhuair a' Ghemailt smachd air Alsace agus Lorraine air taobh sear na Frainge.

Bha pailteas de bhun-stuthan ann an Alsace 's Lorraine agus b' e buille mhòr a bha seo do eaconamaidh 's do fhèin-spèis na Frainge. Bha an Fhraing gan iarrайдh air ais, fiù 's ged a dh'fheumadh iad cogadh air an son. Bha a' chòmhstri seo na adhbhar eile airson a' Chiad Chogaidh.

### MÌNEACHADH

An Entente Thriobailte aonta caran fuasgalte eadar Breatainn, an Fhraing agus an Ruis

**Cumhachdan Meadhain A'**  
Ghemailt, an Ostair-Ungair is an Eadailt ann an caidreachas ri cheile.



Sgìrean Alsace agus Lorraine



## Carson nach robh Breatainn agus a' Ghearmailt measail air a chèile ro 1914?

Bha an iompaireachd agus an nèibhidh bu mhotha air an t-saoghal aig Breatainn. Ach, bha a' Ghearmailt ag iarraidh a bhith nas cumhachdaiche na dùthaich sam bith eile.

Cha robh Breatainn idir ag iarraidh gum fàsadh a' Ghearmailt na bu làidire na i.

Bha Breatainn a' creidsinn gum bu chòir an nèibhidh aice a bhith na bu mhotha na gin sam bith eile gus dòn a chur air na coloinidhean aice thall thairis agus air a' mhalaир chruinneil aice. Bha a' Ghearmailt ag iarraidh nèibhidh mhòr cuideachd. Ann an 1895 dh'fhosgail Canàl Kiel, a cheangail Muir a' Bhaltaig ris a' Chuan a Tuath. Mar sin, dh'fhaodadh bàtaichean Gearmailteach na puirt aca ann am Muir a' Bhaltaig fhàgail agus faighinn gu luath a-steach don Chuan a Tuath. Bha dragh air Breatainn gum faodadh a' Ghearmailt ionnsaigh a thoirt air bàtaichean Breatannach agus an uair sin tilleadh dhachaigh gu luath tron chanàl.

Bha iomagain na bu mhotha air Breatainn nuair a thug an t-Admiral Gearmailteach von Tirpitz òrdan mòran bhàtaichean-cogaidh ùra a thogail an dèidh 1898. Bha mòran dhen bheachd gur e dùbhlàn a thoirt do Breatainn an t-adhbhar airson nèibhidh cho mòr sin.

Mar fhreagairt don chunnart bhon Ghearmailt, dh'ath-nuadhaich an t-Admiral Sir John Fisher an Nèibhidh Rìoghail. B' e an leasachadh a bu chudromaire a rinn e seòrsa de bhàta-cogaidh ùr a thogail dom b' ainm **Dreadnought**.


Bha an Dreadnought na bu luaithe, shiùbhladh i na b' fhaide, agus bhuaileadh i targaid bho astar na b' fhaide na bàta sam bith eile. Cuideachd, bha dòn na b' fheàrr oirre na bha air bàtaichean eile agus sheasadh i ri milleadh ann am batal.

### MÌNEACHADH

**Dreadnought** clas ùr de shàr bhàta-cogaidh



Saoil Carson a bha amharas na bu mhotha aig Breatainn a thaobh na Gearmailt nuair a dh'fhosgail Canàl Kiel? (Sanas – Dh'fhaodadh nèibhidh na Gearmailt falach ann am Muir a' Bhaltaig. Bha e doirbh do nàimhdean na Gearmailt faighinn thuige.)



Dè a' bhuaidh  
a bha aig a'  
bhàta ùr seo  
air bàtaichean  
nèibhidh eile  
aig an àm?

*HMS Dreadnought – a' chìad Dreadnought a chaidh a thogail*

Cha b' fhada gus an do thog a' Ghearmailt sàr bhàtaichean-cogaidh dhi fhèin. Bha rèis eadar an dà dhùthach a-nis, feuch cò bu mhotha a thogadh. Ro 1914, bha 29 aig Breatainn agus bha a' Ghearmailt air 17 a thogail. Mhill an rèis seo an dàimh eadar Breatainn agus a' Ghearmailt agus chuir e ris an an-fhois a bha a' fàs ro 1914.

### Obair 3

#### Dèan geàrr-chunntas air a' chaibideil seo

Cuidichidh seo thu gus geàrr-chunntas a dhèanamh air an fhiosrachadh sa chaibideil gu ruige seo. Chaidh na faclan a tha cudromach a chur TROIHM-A-CHÈILE. Feumaidh tu na faclan obrachadh a-mach agus an uair sin am paragraf a sgriobhadh san leabhar-obrach agad no san fhaidhle-obrach

Bha iomadh adhbhar ann airson a' Chiad Chogaidh. Bha còmhstrieadar **ATINNBREA, NA GRAINFH** agus **A' ARMLTEAIGH** air sgàth talamh. Bha còmhstrieatarra cuideachd a thaobh **LIRTAMA**. Bha gluasadran nàiseantach ann cuideachd, mar **APN-BHSHCHÀSLAA** a bha ag iarraidh saorsa do na sloigh aca. Bha an Fhraing ag iarraidh dioghaltas air a' Ghearmailt airson **ACEALS-ORRNELAI** a thoirt bhuapa. Bha còmhstrieadar a' Ghearmailt agus Breatainn cuideachd a thaobh meud nan **ÈINHBEDIHENA** aca.



## Obair 4

### Cruthaich sniomhan ealain

Cuiridh an tidsear sniomhan mòr pàipeir ann am meadhan àite mòr falamh. Bu chòir am pàipear a bhith cho mòr 's gun gabh a ghlumasad gu furasta 's gum bi àite air airson obair a' chlas gu lèir.

Obraich còmhla ri caraid. Taghaibh àite falamh air an t-sniomhan agus dèanaibh dealbh de rud a tha a' riochdachadh prìomh adhbhar còmhstri eadar na Cumhachdan Mòra. Bu chòir mineachadh goirid a sgrìobhadh air dè tha an dealbh a' riochdachadh. Anns a' mhineachadh, bidh dà adhbhar airson mar a bha a' chòmhstri eadar na Cumhachdan Mòra a' meudachadh.

An dèidh ùine a roghnaicheas an tidsear, gluaisibh gu àite falamh eile air an t-sniomhan agus dèanaibh dealbh de phrìomh adhbhar eile airson a' chogaidh. Cumaibh oirbh mar seo gus am bi an sniomhan làn.

Nuair a tha an sniomhan deiseil, coimheadaidh an clas air an t-sniomhan gu lèir agus nì iad measadh air na chuir gach paidhir ris. 'S dòcha gun tèid iarraidh air paidhir tuilleadh mìneachaidh no leudachaидh a dhèanamh air na rinn iad.

## Obair 5



Obraich còmhla ri caraid no ann am buidhnean beag. Cuiribh "Adhbharan airson còmhstri eadar na Cumhachdan Mòra" mar cheann air pìos pàipeir agus, fon cheann, clàr sa bheil dà cholbh. Sa chiat cholbh, sgrìobhaibh a h-uile h-adhbhar airson còmhstri eadar na Cumhachdan Mòra. San dara colbh, curibh "Measadh cunnairt" mar cheann.

Thoiribh comharra a-mach à deich do gach adhbhar airson còmhstri, a rèir 's dè cho cudromach 's a bha e mar adhbhar airson cogadh. Bhiodh aon chomharra a' ciallachadh nach biodh e coltach gum biodh e na adhbhar cogaidh, agus bhiodh deich a' ciallachadh gun robh e an ire mhath cinnteach na adhbhar cogaidh. Dèanaibh cinnteach gum faigh a h-uile h-adhbhar còmhstri comharra.

Dèanaibh desbad sa chlas air dè cho cudromach 's a bha na diofar adhbharan còmhstri.



# Carson a bha an Ròinn Eòrpa na dà champa a bha an aghaidh a chèile?

Thòisich na Cumhachdan Mòra air coimhead airson dhùthchannan eile a bhiodh, 's dòcha, deònach an cuideachadh nan tigeadh cogadh. Canar caidrich ri dùthchannan a bhios a' cuideachadh a chèile.



An Ròinn Eòrpa roinnte ro 1914

Sna bliadhnaichan ro 1914 bha an Ròinn Eòrpa mar 'dhà champa armaichte'. Le coimhead air a' mhap, carson a chante na Cumhachdan Meadhain ris a' Ghearmailt, an Ostair-Ungair agus an Eadailt? Carson a bha dragh air a' Ghearmailt a thaobh na Frainge agus na Ruis nan caidrich?



Le rannsachadh, faigh a-mach dè na dùthchannan a bharrachd air an fheadhainn san Entente Thriobailte a tha air an riochdachadh leis na brataichean. Thoir cunntas goirid air mar a rinn thu seo.

*Siuga òir-chrèadha Sutherland air a bheil sgiathan nan dùthchannan san Entente Thriobailte agus brataichean nan caidrichean aca*




# Carson a bha trioblaid sna Balcain?

## Carson a bha na Balcain cudromach mar adhbhar airson a' Chiad Chogaidh?

'S e am freagairt gun do thòisich a' Chiad Chogadh mar thoradh air gun deach aon neach a mhurt ann am baile beag ann an dùthaich bheag sna Balcain. B' e am baile Sarajevo agus b' e an dùthaich Bosnia.

Bha an Ostair-Ungair agus an Ruis a' feuchainn ri talamh agus buaidh fhaighinn san sgìre. Chan eil an sgìre Bhalcannach na h-aon dùthaich; 's e sgìre sa bheil mòran dhùthchannan nas lugh a tha innte, ann an ear-dheas na Roinn Eòrpa. Bha cunnart ann gun rachadh na dùthchannan a bu lugh a shlugadh suas leis an Ostair-Ungair.

Bha Bosnia airson a bhith neo-eisimeileach, ach ann an 1908 ghabh an Ostair-Ungair smachd oirre. Thòisich na Bosnianaich a' strì an aghaidh nan Ostaireach airson an saorsa. Ri linn seo thàinig sreach de chogaidhean san sgìre. Ann an 1914, bha a' phriomh thaic aig Bosnia a' aig na dùthchannan Balcanach eile a' tighinn bho Serbia; bha Serbia a' moladh saorsa do na dùthchannan Balcanach agus, mar sin, bha i na priomh nàmhaid don Ostair-Ungair. Bha caraid mòr aig Serbia cuideachd – an Ruis!



THE POWER BEHIND.

AUSTRIA (at the ultimatum stage). "I DON'T QUITE LIKE HIS ATTITUDE. SOMEBODY MUST BE BACKING HIM."

A rèir an  
fhiosrachaidh  
air duilleag 11,  
saoil dè an  
dùthaich a tha  
gach creutair a'  
riochdachadh?  
Feuch am  
mìnich thu  
na tha na  
faclan agus  
na dealbhan  
sa chartùn a'  
ciallachadh.

Cartùn bhon iris  
Bhreatannaich  
Punch ann an  
1914



## Dè thachair ann an Sarajevo air 28 Ògmhios 1914?

B' e an t-Àrd-dhiùc Franz Ferdinand oighre rìgh-chathair ìompairreachd na h-Ostair-Ungair. Bha e fhèin 's a bhean an dùil tadhail air Sarajevo, ceanna-bhaile Bhosnia, air 28 Ògmhios 1914. Ach, bha ceannaircich Bhosnianach, le taic bho phoilis dhòmhair Sherbia, air plana a dhèanamh gus an càraid rioghail a mhurt.

Tha eòlaichean-eachdraidh dhen bheachd a-nis gun robh fios aig luchd-poilitigs na h-Ostair mun phlana gus a' chàraid a mhurt, ach leig iad leis a' chuairet a dhol air adhart leis gun toireadh murt an Àrd-dhiùc leisgeul don Ostair a' choire a chur air Serbia. Bha an suidheachadh ann a-nis far an tòisicheadh murt aon duine 's a bhean sreath de thachartasan a bhiodh nan adhbhar bàis do faisg air deich millean neach ro dheireadh 1918.



'Cha do dh'atharraich murt cursa an t-saoghal a-riamh.' A bheil thu ag aontachadh ris a' bheachd seo? A-nis, smaoinich a-rithist. An do dh'atharraich am murt seo gun teagamh rud a bha, a rèir choltais, a' dol a thachairt co-dhiù?

*Dealbh a tharraing pàipear-naidheachd de mhurt Franz Ferdinand ann an 1914*

## Geàrr-chunntas air adhbharan a' Chiad Chogaidh

Bha adhbharan fad-ùineach is geàrr-ùineach ann airson an Roinn Eòrpa a dhol a chogadh ann an 1914.

Fad-ùineach	Geàrr-ùineach
Còmhstiri a thaobh ìompairreachdan	Alsace agus Lorraine
Còmhstiri a thaobh malairt	Rèis armachd nan nèibhidhean
Pan-Shlàbhachas	Caidreachasan
	Trioblaid anns na Balcain



B' e am murt ann an Sarajevo air 28 Ògmhios 1914 an t-sradag a chuir iad sin nan teine.



## Obair 6

### 'Coisich timcheall is bruidhinn'

Obraich còmhla ri caraid no ann am buidheann beag. Faigh pìos mòr pàipeir agus tarraing triantan a lionas a' mhòr-chuid dhen duilleig.

Bheir an tidsear ùine shònraichte dhut. Lòn an triantan leis nas urrainn dhut de dh'fiosrachadh air adhbharan geàrr-ùineach agus fad-ùineach airson a' Chiad Chogaidh. Nuair a tha an ùine seachad, fàg do phàipear agus gluais air adhart gu pàipear an ath-bhuidhinn.

Bheir an tidsear ùine shònraichte eile dhut. Cuir tuilleadh fiosrachaidh ri pàipear a' bhuidhinn sin, air taobh a-muigh an triantain. Cùm a' coiseachd timcheall gus am bi am fiosrachadh uile air na pàipearan no gus a bheil na pàipearan làn.

Mar chlas, bruidhinnibh mu na priomh adhbharan airson a' Chiad Chogaidh agus dèanaibh cinnteach gu bheil iad uile air pàipear gach buidhinn.

Bu chòir dhan chlas gu lèir pàirt a ghabhail ann a bhith a' beachdachadh air an fiosrachadh agus ga chlàradh.

## Obair 7



Cleachd duilleag shlàn san leabhar-obrach agad no san fhaidhle-obrach agus sgrìobh a' cheist 'Dè na priomh adhbharan airson a' Chiad Chogaidh' mar cheann.

Tarraing clàr sa bheil dà cholbh: aonan le 'Adhbhar airson a' chogaidh' mar cheann, agus fear eile le 'Fianais' mar cheann.

Fo 'Fianais' cuir co-dhiù da phìos fiosrachaidh bhon leabhar a mhìnicheas ciamar a bha gach adhbhar na phriomh adhbhar airson a' Chiad Chogaidh.

Bi deiseil gus do fhreagairtean a mhìneachadh.



# 4 Dè thachair san Roinn Eòrpa ro dheireadh 1914?


## Cò mu dheidhinn a tha a' chaibideil seo?

Beag air bheag bho 28 Ògmhios gu 4 Lùnastal 1914, chaidh na dùthchannan Eòrpach a chogadh ri chèile. Bha faireachdainn nàiseantach làidir anns gach dùthach a chaidh a chogadh, agus chaidh fir nan cabhaig a-steach dha na feachdan armaichte. Chaidh a' chiad bhlàran a chur gus feuchainn ri stad a chur air na Gearmailtich bho bhith a' gabhail smachd air sgìrean mòra de ear-thuath na Frainge an dèidh dhaibh a dhol a-steach dhan Bheilg. Air sgàth na h-ionnsaigh seo, ghairm Breatainn cogadh ris a' Ghearmait. Bha nàimhdean aig a' Ghearmait air dà thaobh – an Fhraing san iar agus an Ruis san ear – agus chruthaich iad Plana Schlieffen. Leis mar a dh'fhaillich Plana Schlieffen an dèidh Blàr a' Mharne, sguir an cogadh a għluasad. Mar thoradh air seo, dh'atharraich cogadh gluasadach gu bhith na chogadh gun għluasad agus na chogadh thrainnsicħean.

Nuair a chriochnaicheas tu, bu chòir dhut a bhith air chomas:

- Cunntas a thoirt air an sgèile-time airson mar a thòisich an cogadh
- Cunntas a thoirt air na thachair sa chiad mhiosan dhen chogadh
- Mineachadh carson a chaidh Albannaich nan cabhaig a-steach do na feachdan armaichte.

## Samhradh 1914




Dèan diagram, taisbeanadh no clàr-srutha a' cleachdad an fhiorsachaíd seo gus sealtainn mar a chaidh an Roinn Eòrpa na cabhaig a dh'ionnsaigh cogadh ann an 1914. Me, dh'fhaodadh tu staidhre a tharraing a tha a' dol sìos agus, air gach ceum, shealladh tu tachartas a thug an Roinn Eòrpa na b' fhaigse air cogadh.

Loidhne-tìme de thachartasan



Tha am fiosrachadh sa chartùn seo coltach ris an loidhne-tìme air duilleag 21. Tha e a' sealltainn mar a leudaich cogadh ionadail gu bhith na chogadh Eòrpach.



*'Séine cairdeis.' Seo dreach ùr de chartùn a nochd sam Brooklyn Eagle san Iuchar 1914. 'Ma bheir an Ostair ionnsaigh air Serbia, bheir an Ruis ionnsaigh air an Ostair, bheir a' Ghearmailt ionnsaigh air an Ruis, agus bheir an Fhraing agus Breatainn ionnsaigh air a' Ghearmailt.'*

Minich mar a tha an cartùn seo a' sealltainn mar a mheudaich an an-fhois anns an Roinn Eòropa ann an 1914.

## An cogadh a' tòiseachadh

### Carson a chaidh Breatainn a-steach dhan chogadh?

Airson bliadhnaichean ro thoiseach a' chogaidh ann an 1914, bha fios aig a' Ghearmailt gun robh cunnart ann gum biodh i a' cogadh air dà aghaidh. Bha a' Ghearmailt glacte eadar an Fhraing san iar agus an Ruis san ear. Bha an dà dhùthaich sin nan caidrich agus cuideachd nan nàimhdean don Ghearmailt.

Bha plana aig a' Ghearmailt gus dèiligeadh ri duilgheadas an dà aghaidh. B' e sin Plana Schlieffen, a bha air ainmeachadh air an àrd-oifigear Ghearmailteach, Seanailear von Schlieffen, a chruthaich e.

B' e am plana ionnsaigh chruaidh, luath a thoirt air an Fhraing, smachd fhaighinn air Paris, feachdan na Frainge a chuartachadh agus an Fhraing a chur às a' chogadh – uile ann an sia seachdainean. Bhiodh a' Ghearmailt an uair sin air chomas na feachdan aice gu lèir a chleachdadh a' cogadh ris an Ruis.

Bha am plana an crochadh ri rudan sònraichte. Thigeadh a' mhòr-chuid de feachdan na Gearmailt gun fhiosta air an Fhraing le ionnsaigh a thoirt oirre tron Bheilg. Bha a' Bheilg **neo-phàirteil** agus cha robh dòn sam bith stèidhichte aig an Fhraing airson ionnsaigh bhon Bheilg.

Bha a' Ghearmailt cuideachd an dùil gun leigeadh a' Bheilg leis na feachdan Gearmailteach meàrrsadh tron dùthaich gun gearan a thogail.

### MÌNEACHADH

**Neo-phàirteil** gun taobh seach taobh a ghabhail ann an còmhstri



## Obair 1



### A' sgrùdadh stòran-sùla

Seo cartùn air a bheil 'Bravo Belgium' a dh'fhoillsich an iris Bhreatannach *Punch* air 4 Lùnastal 1914.



- ▶ Dè an dùthaich a tha an duine leis a' bhata mhòr a' riochdachadh? Ciamar a tha fios agad? (Sanas: dè tha na phòcaid?)
- ▶ Dè an dùthaich a tha am balach a' riochdachadh? Dè beachd a' bhalaich mun fhear leis a' bhàta mhòr? (Sanas: seall mar a tha e na sheasamh sa chartùn.)
- ▶ Dè thuigeas tu bhon t-soidhne 'no thoroughfare' air a' gheata?
- ▶ Dè an t-amas a bha aig an neach a tharraing an cartùn seo?
- ▶ Tarraing do sgeidse fhèin stèidhichte air a' chartùn 'Bravo Belgium'.
- ▶ Stèidhichte air an anailis a rinn thu air a' chartùn agus air d' thiosrachadh fhèin, sgriobh aithisg anns nach eil barrachd air 150 falcal a' mìneachadh carson a bha an neach a rinn an cartùn a' toirt taic don Bheilg agus gu mòr an aghaidh na Gearmailt.



## Plana Schlieffen

An dèidh buaidh fhaighinn air an Fhraing, bha Plana Schlieffen an crochadh air an Ruis toirt mu shia seachdainean na feachdan aice ullachadh airson cogadh. B' e an rud mu dheireadh ris an robh e an crochadh nach tigeadh Breatainn a-steach dhan chogadh.

Cha robh e na annas gun deach am plana ceàrr. Thug an Ruis ionnsaigh air a' Ghearmailt na bu luaithe na bha dùil. Mar sin, b' fheudar do na feachdan Gearmailteach a dhol a shabaid na Ruis an àite na Frainge. B' e an dara rud gun do thòisich a' Bheilg air sabaid nan aghaidh agus chuir sin maill air an ionnsaigh Ghearmailtich. Agus mu dheireadh, thàinig Breatainn a-steach dhan chogadh.

Seachdad's a còig bliadhna ron a seo, ann an 1839, shoidhnig Breatainn agus dùthchannan Eòrpach eile Cùmhnant Lunnainn. A rèir a' chùmhnaint b' e dùthaich neo-phàirteil a bha sa Bheilg. Nan toireadh aon dùthaich ionnsaigh air a' Bheilg, dhionadh na dùthchannan eile a' Bheilg.

Gun teagamh, b' ann 75 bliadhna na bu tràithe a bha sin, agus ann an 1914 cha robh Kaiser na Gearmailt a' creidsinn gum biodh dragh air dùthaich sam bith mun Bheilg. B' e 'sgriobag phàipeir' a bh' aige air Cùmhnant Lunnainn. Cha robh e a' creidsinn gun rachadh Breatainn a shabaid. Bha e ceàrr!

Chan eil e gu diofar an robh Breatainn dha-rìribh a' cur taic ri Cùmhnant Lunnainn no nach robh. B' e an fhìrinn gun robh Breatainn ag iarraidh leisgeul airson a dhol a shabaid ris a' Ghearmailt! Ach cha robh arm mòr aig Breatainn. Cha robh aice ach am British Expeditionary Force agus an Territorial Army. Dh'fheumadh iadsan seasamh an aghaidh na Gearmailt gus an rachadh feachd saor-thoileach ùr a chur ri chèile.

Nuair a thòisich an cogadh ann an 1914, bha a' mhòr-chuid de shluagh na h-Eòropa toilichte, agus ann an Alba chaidh fir òga dhan arm gu toilchte'.

## Albannaich a' gabhail dhan arm


Bha ainm aig na h-Albannaich a bhith **cogail**, agus nan gaisgich nàdarra. Bha Albannaich an sàs anns na cogaidhean a chuir Breatainn tron 19<sup>th</sup> linn. Bha na fèlidhean tartain gan sònachadh bho shaighdearan Breatannach eile. Nuair a thòisich an cogadh, bha postairean coltach ris an fhearr air an làimh dheis a' brosnachadh Albannaich òga gu gabhail san arm. Chaidh pròis armalteach nan Albannach agus fèin-aithne Albannach a chleachdadh mar aon dòigh air an tarraing.

**MÌNEACHADH**  
Cogail eòlach agus math air cogadh

Aig bonn a' phostair tha: 'A wee 'scrap o' paper' is Britain's bond' (gealladh). Saoil dè tha 'A wee 'scrap o' paper' a' toirt iomradh air? Carson a bha seo air postair trusaith?

Postair trusaith bhon Chiad Chogadh

**YOUR KING & COUNTRY  
NEED YOU**



**TO MAINTAIN THE HONOUR AND GLORY  
OF THE  
BRITISH EMPIRE**



Bhathar a' brosnachadh nam fear òga gus gabhail san arm. Ann an Alba, ghabh barrachd san arm gu saor-thoileach na ann am páirt sam bith eile dhen RA. Rinn iad sin air iomadh adhbhar. Bha cuideam bho charaidean na adhbhar aig cuid.

*Bha an t-adhbhar bu mhotha agamsa airson gabhail san arm gu math sìmplidh.  
Bhiodh làire orm mura falbhainn agus bhiodh mo phàrantan air am maslachadh.*

Bha cuid eile a' falbh airson annasan fhaicinn, airson tuilleadh airgid, agus airson faighinn air falbh bhon t-suidheachadh aig an taigh.

*Cha robh mise ach ag obair ann am bùth. Tha mi a' smaoineachadh gur e faighinn air falbh bho bheatha dhòrainneach air cùl cuinntair ann am bùth grosair an t-adhbhar a bha agam, sin agus tuilleadh dhen dùthach fhaicinn.*

Bha mòran dhen bheachd gum feumadh iad falbh no nach fhaigheadh iad falbh idir bhon a bha an cogadh gu bhith 'seachad ron Nollaig'.

Bha **gràdh-dùthcha** na adhbhar cuideachd agus fir gam brosnachadh gu sabaid airson "an rìgh 's an dùthach". Bha sgeulachdan mu bhorbachd nan Gearmailteach sa Bheilg a' dearbhadh do mhòran gur e cogadh airson siobhaltas a bha seo.

Ann an Alba, bha dilseachd ionadail cudromach cuideachd. Bhiodh am Frèiceadan Dubh a' togail mòran shaighdearan à Peairt is Dùn Dè, agus bha na Camshronaich measail air Glaschu is siorrachd Lannraig. Chaidh **Batailian** nan Tramaichean a chur air chois ann an Glaschu bhon a bha mòran dhiubh ag obair ann an roinn na còmhdaileil.

Bha an riaghaltas a' brosnachadh an trusaидh cuideachd. Phriont iad còrr is 54 millean postair is 8 millean litir phearsanta; chùm iad 12,000 coinneamh 's rinn muinntir an airm 20,000 òraid. Bha páipearan-naidheachd a' brosnachadh nam fear cuideachd 's bhiodh boireannaich a' toirt itean geala do fhir òga nach robh ann an deise-airm. Bha roghainn aig priosanaich gabhail san arm an àite fuireach sa phriosan.

PART 7  
Vol. XXXVII. WITH COLOURED PRESENTATION PLATE "BIRDS OF PARADISE"

# THE Boy's Own

MAY 1915

See Article within  
"THE AEROPLANE  
IN WAR"

PRICE SIXPENCE.  
Published monthly.  
LONDON, 4 BOUVERIE STREET, E.C.  
Registered at General Post Office, London, for transmission by  
Airmail. Postage paid at Glasgow and other Offices.  
(All Rights Reserved.) (FULL NO. OF PART 438-VOL. 37.)

Iris de The Boy's Own Paper

## MÌNEACHADH

**Gràdh-dùthcha** meas is gaol air dùthach

**Batailian** buidheann de rèiseamaid airm

**Martair** neach a dh'fhuilingeas no a bhàsaicheas airson creideamh

Bha balaich air feadh na dùthcha measail air The Boy's Own. A-mach chaidh annasan sna coilltean-uisge, agus daoine a' teicheadh bho uilebheistean . . . A-steach, thàinig gaisgich òga, Gearmailtich bhorba, **martair** uasal Frangach, sgiobaidhean olca Zeppelin agus brathadairean. Bha iad sin ann an dusain de sgeulachdan is gaisgeach de bhalach-sgoile gan sàbhaladh no a' toirt an car asta.



## A' falbh a chogadh!

Nuar a dh'fhalbh am British Expeditionary Force (BEF) dhan Fhraing san Lùnastal 1914, bha mu 120,000 saighdear ann, agus mu 20,000 dhiubh nan Albannaich.

Bha a' mhòr-chuid dhen bheachd gum biodh an cogadh 'seachad ron Nollaig'. Ach bha Seanailear Kitchener, am fear a bha os cionn arm Bhreatainn, dhen bheachd gum maireadh an cogadh co-dhiù trì bliadhna air sgàth 's innleachdan-cogaidh ùra, cumhachdach, agus air sgàth 's cho fior mhòr 's a bha na feachdan air gach taobh. Bha cuid a' buidhinn an aghaidh a' chogaidh. Ann an Glaschu, air 9 Lùnastal 1914, rinn mu 5000 neach togail-fianais mhòr an aghaidh a' chogaidh.

Sgriobh Bertrand Russell, neach-iomairt an aghaidh a' chogaidh, na leanas ann an litir gu The Nation air 15 Lùnastal 1914.

Bho chionn mìos bha an Roinn Èòrpa na buidheann sìtheil de dhùthchannan: nam marbhadh Sasannach Gearmailteach, rachadh a chrochadh. A-nis, ma mharbas Sasannach Gearmailteach 's e gràdhiche-dùthcha a th' ann.

Cha robh a' mhòr-chuid de Bhreatannaich measail air beachdan mar sin, gu h-àraighe bhon a chaidh 20,000 Breatainnach a leòn no a mharbhadh sa chiad chola-deug dhen chogadh. A dh'aindeoin seo, bha meuran dhen Phartaich Lèabarach Neo-eisimeileach, a bha an aghaidh a' chogaidh, ann an Dùn Dè, Lite is Glaschu.

Ach, bha a' mhòr-chuid a' toirt taic don chogadh agus ro dheireadh an Lùnastail, ann an oifis-trusaидh sa Ghallowgate ann an Glaschu, bha 20,000 fear air **'tastan an righ a ghabhail'**. Ro dheireadh 1915, bha faisg air 2.5 millean fear air gabhail san arm Bhreatnnach gu saor-thoileach. Bha trì-deug sa cheud dhiubh nan Albannaich. Thuirt saighdear Albannach:

*Liostaig mi air 9 Sultain 1914 ann an Cambuslang. Cha robh dad a dhùil agam gabhail san arm nuair a chaidh mi ann. Chaidh mi ann a dh'fhaicinn na dibhearsain, oir, uair sam bith a liostaigeadh balach, dhèanadh an sluagh èighe chridheil. An dèidh a bhith nam sheasamh greis, feumaidh gun tug sin buaidh orm. A-steach a ghabh neach eile – mise! Chaidh mo chur fo bhòidean agus bha mi nam shaighdear ann an Camshronaich na Banrigh.*

Bhosnaich an riaghaltas fir òga gu liostaigeadh còmhla. Ann an Sasainn b' e 'pals battalions' a bh' air na buidhnean seo ach cha robh 'pals' oifigeil ann an Alba idir ged a bha buidhnean mar sin ann. Ann an Glaschu liostaig luchd-obrach nan tramaichean còmhla san 15mh Highland Light Infantry (HLI). Chruthaich am Boys' Brigade an 16mh HLI agus liostaig na fir às an t-Seòmar-malaир san t-17mh HLI.

Thachair a leithid seo air feadh na dùthcha. Ann an Dùn Èideann, ghabh fir san 11mh, 12ra agus 13mh Royal Scots. B' e Batailian Chranston a bh' air a' 15mh Royal Scots agus b' e Batailian MhicRath a bh' air an t-16mh Royal Scots. Chaidh an ainmeachadh le chèile air na h-àrd-oifigearan a liostaig na fir a bh' annta.

Ged a shaoil daoine gum b' e deagh rud a bh' ann fir òga a chumail còmhla rin caraidean gus an cumail ann an deagh shunnd, b' e a' bhuil gu tric gun deach na fir òga a liostaig còmhla a leòn no a mharbhadh còmhla. Anns na blàir mhòr a thachair tron chogadh chaidh coimhearsnachdan agus bailtean beaga a sgrios tro bhith a' call a' mhòr-chuid de na h-ògairean aca.

Aig a' cheart àm, bha barrachd flear a dhìth air an arm fhathast agus chuir an riaghaltas iomairt phostairean eile air chois.

Thòisich am BEF a' dol dhan Fhraing air 10 Lùnastal gus iad fhèin a stèidheachadh ann an suidheachaidhean. Bha iad air an deagh thrèanadh airson luath-losgadh le raidhfilean is chuidich iad le bacadh a chur air ionnasaigh nan Gearmailteach tron Bheilg.

Bha a' Bheilg a' sabaid an aghaidh nan Gearmailteach cuideachd. Le maill a chur air ionnasaigh nan Gearmailteach agus toirt air na feachdan Gearmailteach an slighe atharrachadh, mhill iad Plana Schlieffen ged a bha e air a dhealbh gu cùramach.

### MÌNEACHADH

**'A' gabhail tastan an righ' a' gabhail san arm (a' liostaigeadh)**



Chaidh am postair seo a dhèanamh nuair a bha am BEF a' cur bacadh air ionnsaigh nan Gearmailteach aig Mons. Ciamar a bhiodh tu a' faireachdann nam faiceadh tu am postair seo air do rathad gu gèam ball-coise no gu cur-seachad air choreigin eile?

## Dè bha san Aghaidh an Iar agus ciamar a chaidh a dhèanamh?

B' e an Aghaidh an lar an sgire ann an ceann a tuath na Frainge 's ann an ceann a deas na Beilg far an robh na milleanan de dh'fhir a' sabaid 's a' call am beatha thairis air na ceithir bliadhna de chogadh. B' ann air an Aghaidh an Ear a bha a' Ghearmailt agus an Ostair-Ungair a' sabaid an aghaidh na Ruis. Bha a' mhòr-chuid de dh'Albannaich a' sabaid air an Aghaidh an Iar. Ach, cha robh e riamh san amharc gum maireadh an cogadh ann an aon sgire a-mhàin. Airson gun obraicheadh Plana Schlieffen dh'fheumte luathas agus buaidh fhaighinn gu sgiobalta air an Fhraing. Dè chaidh ceàrr?

Nuar a bha na Gearmailtich a' sabaid tron Bheilg, chaidh na planaichean mionaideach aca atharrachadh gus dèiligeadh ri dà rud nach robh iad an dùl ris – strì nam Beilgeach agus am BEF. Mus do rèanig na Gearmailtich ceann a tuath na Frainge, bha iad mu thràth air an òrdugh-cogaidh a chall agus air deireadh. Nuair a rèanig na feachdan Gearmailteach Abhainn Mharne, bha Plana Schlieffen na sprùilleach.

Aig a' Mharne, chuir na feachdan Breatannach is Frangach stad air na Gearmailtich. Bha àireamh mhòr air gach taobh anns a' bhlàr. Cha d' fhuair taobh seach taobh làmh-an-uachdair. A dh'aindeoin sin, b' fheudar dha na Gearmailtich tarraig air ais.

Dh'fheuch an dà thaobh ri faighinn timcheall air a chèile ach dh'fhailllich orra. Thugadh 'an rèis chun na mara', air an oidhrip seo. Gus iad fhèin a dhòn bho na peilearan a bha an nàmhaid a' frasadh orra, thòisich fir air gach taobh air tuill a chladhach. Thàinig na tuill gu bhith nan trainnsichean 's cha b' fhada gus an robh iad nan aon trainnse mhòir bho chosta a' Chuain a Tuath sa Bheilg gu crìoch na h-Eilbeis a bha neo-phàirteil. Rachadh an cogadh air an Aghaidh an lar a shabaid a-rithist agus a-rithist air an aon talamh. Cha d' fhuair taobh seach taobh làmh-an-uachdair. An dèidh direach ceithir miosan de chogadh, bha 800,000 Frangach air an leòn no air am marbhadh, 's cha mhòr gun robh dad air fhàgail dhen BEF. Cha bhiodh an cogadh seachad ron Nollaig idir!

*Tha am map a' sealltainn mar a bha dùil a dh'obraicheadh Plana Schlieffen. Carson a bha a' Bheilg cho cudromach dhan phlana.*



*'Will they never come?' Postair trusaidh bhon Chiad Chogadh*





## Obair 2



### Eòlaiche-cheistean

#### Eòlaiche-cheistean

'S e gniomh aon neach agus gniomh buidhinn a tha seo.

Bheir an tidsear trì Post-its dhut: fear dearg, fear orains agus fear uaine. Bu chòir dhut trì ceistean a dhèanamh suas air na tachartasan a dh'adhbharaich a' Chiad Chogadh. Bu chòir uaine a bhith furasta (1 chomharra), orains nas duilge (2 chomharra) agus dearg nas duilge fhathast (3 comharran). Bu chòir na ceistean a chur air aghaidh nam Post-its agus na freagairtean air an cùl.

Cuir ciad-litrichean d' ainm san oisean aig bonn gach Post-it gus gum bi fios aig a h-uile duine cò rinn suas a' cheist. Nuair a bhios tu deiseil, cuir do Phost-its suas air a' bhòrd.

Cuiridh an tidsear sibh ann an sgiobaidhean. Bu chòir neach ma seach anns gach sgioba ceist a fhreagairt. Bu chòir do gach neach feuchainn ri co-dhiù aon cheist a fhreagairt. Cha bu chòir do neach a cheistean fhèin a fhreagairt. Feumaidh gach sgioba feuchainn ri co-dhiù aon cheist dhearg, aon orains agus aon uaine a fhreagairt.

Gheibh gach freagairt ceart na comharran iomchaidh. Bheir freagairt céarr na comharran iomchaidh don neach a rinn suas a' cheist.

'S e an sgioba aig am bi an àireamh as mothà de chomharran a bhuannecheas.

## Obair 3



### Dè cho fada 's a thèid thu?

Tha na ceistean a leanas a' sìor fhàs nas duilghe. Cia mheud dhiubh a dh'fheuchas tu?

- 1** Dè am murt a bha na adhbhar airson a' Chiad Chogadh a thòiseachadh?
- 2** Dè rinn an Ostair-Ungair mar thoradh air a' mhurt?
- 3** Dè an dùthaich a bha na caidrich don Ostair-Ungair?
- 4** Thoir cunnatas air mar a ghabh sluagh Bhreatann ri cogadh a bhith a' tòiseachadh ann an 1914.
- 5** Minich mar a bha am murt ann an Sarajevo na adhbhar airson a' Chiad Chogadh a thòiseachach.
- 6** Minich na h-adhbharan airson nach do dh'obraich Plana Schlieffen.



## Obair 4

### Dìreach mionaid

Bu chòir an obair seo a dhèanamh ann am buidhnean beaga no ann am pàidhrichean.

Feumaidh am buidheann rannsachadh a dhèanamh air cuspairean co-cheangailte ri mar a thòisich an cogadh. Bhiodh na cuspairean gu h-iosal freagarrach ach faodaidh tu feadhairn eile a chur riutha ma thogras tu.

- buaidh siostam nan caidreachasan
- Plana Schlieffen
- Cùmhnant Lunnainn.

Tha planadh deatamach agus feumaidh gach ball dhen bhuidheann pàirt a ghabhail. Bhiodh e cuideachail obair a shònachadh airson gach neach, me, cò nì an rannsachadh, cò chumas sùil air an uaireadair, cò chumas cùisean a' dol gu rèidh (le foighidinn is modh!), cò bhios a' clàrachadh phuingean fiosrachaидh.

Feumaidh tu òraid a dhèanamh a mhaireas dìreach mionaid, gun stad agus gun ath-aithris a dhèanamh.

Ma gheibh thu gu ceann na mionaid gun na riaghailtean a bhriseadh, gheibh thu na comharran.

Faodaidh buidhnean eile stad a chur ort ma tha iad a' smaoineachadh gun do bhris thu riaghailt. Ma thèid a mheas gun robh iad ceart, gheibh iad comharra agus an uair sin gheibh iadsan an ùine a bhios air fhàgail. Mura robh iad ceart do stad, gheibh thusa comharra is cothrom cumail ort a' bruidhinn.

'S e an sgioba aig am bi an àireamh as mothà de chomharran a bhuanneicheas.

## Practas air ceistean

### Naiseanta 4

Tha Stòr A mu thrusadh shaighdearan ann an Alba.

#### STÒR A

*Ro dheireadh 1915 bha an dealas airson liostaigeadh gu saor-thoileach air tighinn gu ceann. Bha an fheadhainn a bha déonach liostaigeadh gu saor-thoileach air sin a dhèanamh roimhe sin. Bha fios a-nis gum biodh e uabhasach doirbh an cogadh a bhuanachadh agus bha sin a' cur bacadh air daoine. Mar thoradh air an àireimh mhòir a bhatar a' murt 's a' leòn, b' fheudar don riaghaltas tòiseachadh air daoine a thogail dhan arm an aghaidh an toil tràth ann an 1916.*

**Mìnich nad fhaclan fhèin na tha an stòr ag innse dhuinn mu thrusadh shaighdearan ann an Alba. Bu chòir dhut am fiosrachaидh ann an Stòr A a chleachdadh.**

#### Slatan-tomhais soirbheachaidh

Cleachd co-dhiù aon phuing fiosrachaيدh mu thrusadh shaighdearan.



## Naiseanta 5

### 1 Minich carson a bha na h-uimhir a dh'Albannaich a' gabhail san arm gu saor-thoileach aig toiseach a' Chiad Chogaidh. (6)

'S e ceist 'minich' a tha seo. Tha seo a' ciallachadh gum feum thu巧合 adhbharan no trì puingean leasaichte a thoirt airson na thachair no nach do thachair rud. Cha dèan e an gnothach dìreach na firinnean a sgrìobhadh, ged a bhiodh iad cho fior 's a ghabhas. Feumaidh tu dùnanamh soilleir ciamaid dìreach a leig no nach do leig na firinnean sin le rud tachairt. Airson na ceist seo, feumaidh tu firinnean a chleachdadadh nad sgrìobhadh gus sealltainn carson a ghabh na h-uimhir a dh'Albannaich gu saor-thoileach san arm.

Seo sanasan airson do chuideachadh le do fhreagairt a thòiseachadh:

- Minich mar a bhrosnaich teaghlaichean agus coimhlearsnachdan Albannaich òga gus gabhail san arm gu saor-thoileach.
- Minich mar a thug gràdh-dùthcha agus dealas don rìgh agus don iompairreachd air Albannaich òga gabhail san arm gu saor-thoileach.
- Minich mar a bha cuideam bho charaidean a' brosnachadh Albannach òga gus gabhail san arm gu saor-thoileach.
- Minich mar a bha Albannaich òga air am brosnachadh gus gabhail san arm gu saor-thoileach mar thoradh air na 'batailianan charaidean' neo-fhoirmeil.
- Minich mar a chaith spòrs agus cur-seachadan a chleachdadadh gus toirt air Albannaich òga gabhail san arm gu saor-thoileach.

### Slatan-tomhais soirbheachaidh

- Feumaidh tu seantans a sgrìobhadh mar ro-ràdh, a' toirt freagairt air a' cheist. Mar eisimpleir, "Bha iomadh adhbhar ann airson mar a bha na h-uimhir a dh'Albannaich a' gabhail san arm gu saor-thoileach aig toiseach a' Chiad Chogaidh."
- Feumaidh tu sia adhbhair agus trì puingean leasaichte a thoirt airson Albannaich a bhith a' gabhail san arm gu saor-thoileach.
- Chan eil gu leòr ann idir direach na firinnean a sgrìobhadh, ge bith dè cho ceart 's a tha iad. Feumaidh tu mìneachadh gu soilleir mar a bha gach firinn na h-adhbhar airson Albannaich a bhith a' gabhail san arm gu saor-thoileach.

'S e cunntas le C. N. Barclay, Albannach a ghabh san London and Scottish Rifles, a th' ann an Stòr A. Tha e bho *Scottish Voices From The Great War* le Derek Young (2005).

## STÒR A

*Cuide ri triùir no ceathrar charaidean chuir mi romham gabhail san London Scottish. B' e an t-adhbhar a rinn mi seo, aig m' aois agus san t-suidheachadh anns an robh mi, gum biodh nàire orm mura bithinn air a dhèanamh. Bhiodh mo phàrantan nàrach asam mura bithinn air a dhèanamh. Bha adhbhair eile ann cuideachd. Bha grunnan de mo charaidean a' gabhail san aon rèisimeid agus bha mi air m' inntinn a dhèanamh suas cheana nach robh mi airson a bhith nam einnseanair catharra. Bha mi a' smaoineachadh gur e obair dhòrainneach a bhiodh ann.*

### 2 Dè cho slàn 's a tha an cunntas ann an Stòr A a' sealltainn nan adhbharan airson mar a bha na h-uimhir a dh'Albannaich a' gabhail san arm Bhreatannach gu saor-thoileach? Bu chòir dhut Stòr A agus d' eòlas fhèin a chleachdadadh. (6)

'S e ceist 'dè cho slàn' a tha seo. San t-seòrsa seo de cheist feumaidh tu na puingean a tha a' buntainn don cheist a thogail às an stòr – mar as trice bidh trì puingean anns an stòr. An uair sin, gus làn chomharran fhaighinn, feumaidh tu puingean a thoirt a-steach air a bheil cuimhne agad fhèin agus a tha a' buntainn don cheist.



### Slatan-tomhais soirbheachaidh

- Feumaidh tu seantans a sgrìobhadh mar ro-ràdh, a' toirt do bheachd mun cheist. Mar eisimpleir, "Chan eil Stòr A a' sealltann gu slàn carson a bha na h-uimhir a dh'Albannaich a' gabhail san arm Bhreatannach gu saor-thoileach."
- Faodar suas ri 2 chomharra a thoirt airson fhreagairtean anns nach deach beachd a thoirt.
- Faodar suas ri 3 comharran fhaighinn airson pìosan fiosrachaiddh bhon stòr a mhìneachadh.
- Faodar suas ri 4 comharran fhaighinn airson mìneachadh a dhèanamh air pìosan fiosrachaiddh bho d' eòlas fhèin a tha a' buntainn don cheist.
- Faodaidh pìosan fiosrachaiddh bhod eòlas fhèin a bhith nam mìneachadh a bharrachd air pìosan fiosrachaiddh bhon stòr, no nam puingean ùra.

### 3 Dè an ìre gun robh cuideam bho charaidean na phrìomh adhbhar airson Albannaich a bhith a' falbh gu saor-thoileach a shabaid sa Chiad Chogadh? (9)

A' planadh do fhreagairt:

- Ann am buidhnean beaga no nur páidhrichean, dèanaibh diagram damhan-allaidh le fiosrachadh air carson a dh'fhalbh Albannaich gu saor-thoileach a shabaid sa Chiad Chogadh. Mar eisimpleir, factaran leithid cuideam bho charaidean, gràdh-dùthcha agus iomaritean trusaidh.
- Lorg co-dhiù dà fhìrinн airson gach paragraf.
- Plan freagairt slàn air a' cheist.
- Seall am plana don tidsear mus sgrìobh thu a' chiad dreach.
- Leugh d' obair gu faiceallach agus comharraich mearachdan le peann uaine. Ceartaich d' obair mus toir thu na sgrìobh thu don tidsear.
- Sgriobh dreach deireannach.

### Slatan-tomhais soirbheachaidh

- Tha 1 chomharra ri fhaotainn airson ro-ràdh, agus bu chòir an cùl-fhiosrachadh is na factaran a tha thu a' dol a sgriobhadh mu dheidhinn a bhith ann.
- Tha 1 chomharra ri fhaotainn airson balans nad fhreagairt. Tha seo a' ciallachadh gum feum thu iomradh a thoirt air co-dhiù dà fhactar airson Albannaich a bhith a' falbh gu saor-thoileach a shabaid sa Chiad Chogadh. Bidh seo a' ciallachadh co-dhiù dà pharagraf de sgrìobhadh.
- Tha factar san t-seòrsa ceist seo: an seo, 's e cuideam bho charaidean a tha ann. Bu chòir dhut sgrìobhadh mun fhactar seo an toiseach nad fhreagairt.
- Tha suas ri 5 comharran rim faotainn airson fiosrachadh mionaideach is buntainneach a tha thu a' dol a mhìneachadh nad fhreagairt.
- Tha 2 chomharra rim faotainn airson do cho-dhùnad: aon chomharra airson breithneachadh agus aon chomharra airson adhbhar a tha a' cur taic ri do fhreagairt.



## 5 Albannaich a bha a' sabaid

### Cò mu dheidhinn a tha a' chaibideil seo?

Mar a lean a' Chiad Chogadh, dh'fhàs siostam nan trainnsichean na bu choimpeacs. Bha na trainnsichean seo cuideachd nan dachaighean do mhilleanan de dh'fhir suas gu deireadh a' chogaidh. Dh'fheuch na seanalairean iomadh dòigh air ionnsaigh a thoirt air trainnsichean gus buaidh fhaighinn air an nàmhaid.

Bha pàirt mhòr aig Albannaich sa chogadh agus dh'atharraich an armachd a bha iad a' cleachdad mar a chaidh an cogadh air adhart. Bha teicneòlas air a chleachdad barrachd is barrachd a' feuchainn ri briseadh tron Aghaidh an lar.

### Ro dheidhinn na caibideil, bu chòir dhut a bhith air chomas:

- ▶ Cunntas a thoirt air cò ris a bha e coltach a bhith nad shaighdear Albannach a' sabaid air an Aghaidh an lar.
- ▶ Mineachadh mar a dh'atharraich innleachdan agus armachd tron chogadh.

### A' togail nan trainnsichean

B' e an rud bu chudromaiche san t-sabaid air an Aghaidh an lar an siostam thrainnsichean a ruith bho chosta a' Chuain a Tuath sa Bheilg gu crìoch na h-Eilbheis. Mhìnich a' chaibideil ro seo carson a chaidh an Aghaidh an lar a chruthachadh.


Nuir a thòisich an cogadh cha robh trainnsichean no Aghaidh an lar ann. Nuair a tharraing na Gearmaillich air ais bho Abhainn Mharne, dh'fheumadh iad dòn a chur air an talamh a bha iad air gabhail agus, le sin, stad iad agus thog iad daingnichean sna h-àiteachan a b' fheàrr. B' iad na h-àiteachan sin na dromannan àrda bhom faiceadh iad na sgìrean dùthchail mu thimcheall orra. Airson na trainnsichean a chladhach, chleachd na Gearmaillich mèinneadairean a bha eòlach air a bhith a' cladhach thrainnsaichean domhainn. Anns na trainnsichean sin bha tuill-falaich far am faigheadh na fir fois a ghabhail. Gu tric bha iad air an neartachadh le concrait.

B' fheudar do na Breatainn aghas na Fraingich na trainnsichean aca a thogail air an talamh a b' isle. Bha an talamh seo buailteach a bhith fo thuil. Bha na seanalairean aca a' creidsinn gum bu chòir na fir aca a bhith an-còmhnaidh a' feuchainn ri gluasad air adhart gus na Gearmaillich a phutadh air ais agus a-mach às an Fhraing agus às a' Bheilg. A thoradh sin, cha robh na trainnsichean Breatainnach agus Frangach air an togail no air an daingneachadh cho math ris na trainnsichean Gearmailteach.

Fad nan ceithir bliadhna a mhair an cogadh air an Aghaidh an lar, cha do għluais an loidhne-agħaidh aig an dà thaobh ach mu 30km air ais agus air adhart. B' ann direach ann an 1918 a thòisich gluasad nas mothà na sin air an Aghaidh an lar.

Mar a lean an cogadh, dh'fhàs lionradh nan trainnsichean gu math le cùl-thrainnsichean, trainnsichean conaltraidh, siostam-rèile, ospadalan, cidsinean agus àiteachan-dòn daingeann.

Bha trainnsichean air an dealbh gus na fir a dhòn cho math 's a b' urrainn. Bha iad cho domhainn 's gum faodadh saighdear coiseachd annta gun an nàmhaid fhaicinn. Bha an ùir air a càrnadh suas air taobh-agħaidh na trainnse son barrachd dòn. Bha steep-losgaidh annta bhom faodadh na fir iad fhèin a dhion. Nan gabhadh, bha iad air an cladhach ann am pàtran zigzag gus buaidh nan sligean a bheagachadh. Bha seo cuideachd gus nach biodh an nàmhaid air chomas an gunnachan a losgadh fad na trainnse nam faigheadh iad a-steach innte.



A' cleachdadh an diagram agus an fiosrachaidh sa chaibideil, mìnich carson a bhiodh e doirbh briseadh tro shiostaman dion an nàmhaid.

### Cogadh thrainnsichean: feachdan a' feuchainn ri briseadh tro thrainnsichean an nàmhaid

Bha drèanadh na dhùbhlann do na feachdan Breatainnach. Bha a' mhòr-chuid de na trainnsichean Gearmailteach air talamh àrd bhom faiceadh iad na Breatainnach gu h-íosal. Le sligean a' bualadh air an talamh a b' isle, chaidh an drèanadh nàdarra a sgrios. Le sileadh trom ceann a tuath na Frainge, bha na trainnsichean làn puill agus gu tric fo thuil. Gus nach biodh seo na dhuilgheadas cho mòr, chaidh **duck-boards** a chur am bonn nan trainnsichean. Bha sin ga dhèanamh na b' phasa do na fir gluasad seach an casan a bhith sa pholl. Ach, bha na fir gu tric nan seasamh fad uairean a thide agus an t-uisge suas gu an glùinean.

#### MÌNEACHADH

**Duck-boards** dèilean fiodha a bh' air an cur ann am bonn trainnse

**Seansomradh** a' toirt phìosan sgrìobhete a-mach à teacs a no gan dubhadh às

## Beatha làitheil anns na trainnsichean

Bha beatha làitheil air an Aghaidh an lar, mar bu trice, gun atharrachadh bho latha gu latha. Bhiodh na fir a' leughadh, a' sgriobhadh dhachaigh no a' cluich chairtean. Bha na litrichean air an **seansomradh** gun fhios nach robh fiosrachadh anna a bhiodh cuideachail don nàmhaid. Aig briseadh an latha, thigeadh an t-òrdugh 'stand to', oir b' e sin an t-àm nach robh an nàmhaid cho buailteach ionnsaigh a thoirt orra. Bha cuimhne aig Robert MacFie, saighdear san Liverpool Scottish, air na trainnsichean:

*Cha chreid mi gun tuig duine cho sgìtheil, dòrainneach 's a tha sabaid mura h-eil e air oidhche a chur seachad sna trainnsichean. 'S e cho cianail fhèin ràsanach 's a tha e a tha a' bualadh ormsa seach cho mì-chofhurtail 's a tha e.*

Nuar a thigeadh an t-òrdugh 'stand down' dh'fhaodadh na fir a bhith aig fois 's tì a dhèanamh leis gun robh an cunnart bho ionnsaigh oidhche air a dhol seachad. Bhiodh na fir a' gearan gu tric nach robh am biadh aca ag atharrachadh. Bha aran gu leòr ann, 's silidh 's 'bully beef'. Ann an èiginn dh'fhaodadh na fir na raiseanan tioram aca a ghabhail ach dh'fheumadh na briosaidean cruaidh sin a bhith air am bogadh ann an uisge mus gabhadh an ithe. Bha uisge na thrioblaid eile. Dh'fheumte a tharraing chun na loidhne-aghaidh, gu tric ann an seann chanaichean peatrail, agus bhiodh blas a' pheatrail dhiubh fhathast. Gu tric sa gheamhradh rachadh sneachd 's deigh ga leaghadh gus uisge glan fhaighinn ach bho àm gu àm rachadh corp saighdeir a lorg san t-sneachd.



An dèidh am bracaist, bhiodh na fir trang a' càradh nan trainnsichean, a' lionadh phocannan-gainmhich, a' dèanamh drile agus a' gluasad stuthan. B' e obair chudromach a bh' ann an armachd a glanadh, is gach fear air raidhfil Lee Enfield fhaighinn. Bha glanadh cunbalach a' cumail na raidhfil bho steigeadh nuair a bu mhotha a bha feum oirre.

Bha sgrùdadh meidigeach làitheil ann gus stad a chur air sgaoileadh ghalaran. Cha robh taighean-beaga anns na trainnsichean agus gu tric, le dìth uisge, cha bhiodh na fir gan nighe fhèin. Ann an suidheachadh mar seo bhiodh galaran a' sgapadh gu luath. A dh'aideoin gach oidhrip bha a' mhòr-chuid de na fir làn mhialan. Bha seo na fhior dhuilgheadas do dh'Albannaich air an robh fèileadh leis gum biodh na mialan beò sna fillidhean ann an cùl an fhèlidh. Uaireannan bhiodh na fir air an cur gu stèisean di-mhialachaich ach cha b' fhada gus an tilleadh na mialan.

Bhon a bhiodh iad uairean fada nan seasamh sna trainnsichean fliucha, cha b' iongnadh gun do nochd galar ùr – **trench foot**.


Sa gheimhradh 1914-15, fhuair còrr is 20,000 saighdear ann an arm Bhreatainn leigheas airson trench foot. Gus an trioblaid a bheagachadh fhuair na saighdearan òrdugh an casan a chumail tioram, an stocainnean atharrachadh dà uair san latha, agus ola muic-mhara a chur air an casan airson an dion. Sgrìobh Anndra Gilmore, a bha sa cheathramh bhatailian dhen Argyll and Sutherland Highlanders, gun robh mu 300 dhen aonad aige san ospadal le, an dàrna cuid, trench foot no pliùrais mar thoradh air a bhith nan seasamh gu an gluinean ann an uisge airson ceithir latha san Dùblachd 1916.

Sgrìobh Sairdeasant Harry Roberts, a bha san Royal Army Medical Corps, mu trench foot ann an 1917:

*Tha na h-aon chomharran aig trench foot agus aig seac-reothadh. Bidh do chasan ag at gu bhith a dhà no a trì thursan nas motha 's cha bhi faireachdainn idir annta. Nan rachadh bëigneid a stobadh annta chan fhairicheadh tu dad. Ma tha thu cho fortanach 's nach caill thu bonn do chasan 's gun tèid an t-at sìos, an uair sin tòisichidh pian agus cràdh cianail. Chuala mi fir a' caoineadh agus a' sgreuchail leis a' phian agus dh'fheumte na casan aig mòran a ghearradh dhiubh.*



Tha an dealbh seo a' sealltainn buaidh trench foot.



Saighdear-coise Breatannach ann an 1915

## MÌNEACHADH

**Trench foot** galar coise, air adhbharachadh le bhith nad sheasamh ann an uisge airson ùine mhòr

Carson a bha dragh cho mòr air luchd-planaidh air gach taobh mu bhuaidh trench foot air na planaichean cogaidh aca?



Bha radain cumanta sna trainnsichean. Bha cuid de na radain beò air cuirp nan saighdearan, ged a bha gach taobh faiceallach mu bhith a' tiodhlacadh nan corp gu luath oir, nan tòisicheadh galaran, lagaicheadh sin na saighdearan 's cha bhiodh iad cho comasach air sabaid. Bhiodh radain cuideachd a' criomadh corragan nan saighdearan nuair a bha iad nan cadal, ach b' ann air sgudal raiseanan nan saighdearan bu mhotha a bha iad beò. Bha am fiabhras-ballach, a' bhuinneach mhòr 's cholera, air sgàth uisge truaillte, nan trioblaidean slàinte cuideachd.

Cha robh càram slàinte air an loidhne-aghaidh ach bunaiteach. Nuair a bhiodh saighdearan leònte gan toirt air ais gu ospadalan, bha càram na b' fheàrr ann, ach cha robh anti-biotagean ann aig an àm 's cha robh x-ghathan 's iomlaid-fala àbhaisteach. Gu tric b' e lionnachadh nan lotan a thug bàs do dh'fhir leònte.

Meadhan an fheasgair, fiù 's ann an seactoran sàmhach dhen loidhne-aghaidh, bhiodh na Gearmailtich a' losgadh air na trainnsichean Breatannach airson mu dhà uair a thìde. Bha eagal a' bhàis air na saighdearan fad na tìde. Bha snaidhpearan nam fior chunnart. Bha strèana mhòr orra, eadar fuaim nan cluasan gun sgur – fuaim losgadh ghunnachan 's shligean – agus na h-uabhasan a bha iad a' facinn – an caraidean gam marbhadh no gan leòn. Bha seo na chus do chuid aca 's thòisich mòran air fulang le **crith-cogaidh**. Gu tric bhiodh daoine air an robh seo a' dol às an ciall nuair a chluinneadh iad fuaim obann, mar rud meatailt a' tuiteam air uachdar cruaidh. Tron Chogadh Mhòr cha deach gabhail ri seo mar thinneas idir. Fhuair mòran air an robh e làimhseachadh cruaidh leis gun robhar a' smaoineachadh gum b' e gealtairean a bh' anna, a' feuchainn ri teicheadh às an arm.

Am beul na h-oidhche, gheibheadh iad cothrom cadail, ach dh'fheumadh luchd-faire a bhith a' cumail sùil fad na h-oidhche eagal 's gun tigeadh buidhnean dhen àmhaid air rèid. Nam biodh fear-faire air a lorg is e air tuiteam na chadal, bhiodh e air a thoirt gu cùirt-airm 's nam b' e a' bhinn gun robh e ciontach, is dòcha gun rachadh a chur gu bàs le peilear. Bha aig cuid ri snàigeadh a-steach dhan àite eadar an dà loidhne-aghaidh, air an robh 'no man's land', airson feuchainn ri priosanaich a ghlacadh no airson obair chàraig a dhèanamh. Am beul na maidne, thòisicheadh an àbhaist a-rithist.

Ach, chan eil e fior, aon uair 's gun ruigeadh saighdearan an loidhne-aghaidh gum biodh iad an sin fad a' chogaidh. Airson a' mhòr-chuid dhen ùine, dh'fhaodadh dùil a bhith aig saighdearan sam bith air an loidhne-aghaidh gum faigheadh e gluasad air ais gu cùl-thrainnse agus an uair sin gu àite-fois an taobh a-staigh dà sheachdain. Bhiodh saighdearan cuideachd a' faighinn dhachaigh air fòrladh airson ùine ghoirid. Gun teagamh, b' e an trioblaid gum feumadh na saighdearan uile tilleadh chun na loidhne-aghaidh agus gu uabhasan a' chogaidh an dèidh sin.

## Ciamar a bha na batail gan cur?

B' e a' phrìomh innleachd na ghabhadh de dh'fhir a chur ann an seactor sònraichte dhen loidhne-aghaidh agus ionnsaigh mhòr, uabhasach, a thoirt air an àmhaid.

Bhathar a' creidsinn gun lagaicheadh **putadh mòr** mar seo an àmhaid cho mòr 's gum feumadh iad tarraing air ais.

Bha planaichean nam batal mòra mar bu trice air an aon phàtran. An dèidh suidheachadh an àmhaid a rannsachadh, gu tric le pléana, rachadh àite math a thaghadh airson ionnsaigh a thoirt orra. Dh'fheumte an uair sin na fir a thrèanadh 's a dheasachadh airson a' bhatail agus an gluasad gu mall chun na loidhne-aghaidh. Beagan lathaichean ron bhatal, dh'fheuchadh na **gunnachan-mòra** ri trainnsichean an àmhaid a sgrios. B' e **barraids** a chante ris a seo.

Mus tòisicheadh an ionnsaigh, shnàigeadh fir a-steach gu no-man's land gus slighe a ghearradh tron uèir stobach.

### MÌNEACHADH

**Crith a' chogaidh** shell shock  
no, mar a chanar a-nis, PTSD, *post-traumatic stress disorder*

**Putadh mòr** ionnsaigh mhòr air an àmhaid

**Gunnachan-mòra:** gunnachan troma a bha air an dealbh gus suidheachadh an àmhaid a sgrios

**Barraids** gunnachan-mòra gan losgadh fad ùine fhada



## THE FIRST, SECOND AND THIRD ARMIES

will take steps to **DECEIVE** the enemy  
as to the real front of attack,  
to **WEAR HIM OUT** and  
**REDUCE HIS FIGHTING EFFICIENCY!**

### THIS WILL BE ACHIEVED BY MEANS OF:

1. Preliminary preparations such as advancing our trenches.
2. Wire cutting at intervals along the entire front to force the enemy to man his trenches and cause fatigue.
3. Gas discharges at selected points.
4. Artillery bombardments on important communications.
5. Bombardment of rest billets at night.
6. Smoke discharges and shrapnel fire to inflict losses on the enemy.
7. Night raids to assess the strength of the enemy.

*Na h-òrdughan-batail aig Seanailear Haig air 16 Cèitean 1916, direach ro Bhatal an Somme*

Aig **zero hour**, shèideadh oifigearan air fideagan agus dh'fheumadh na fir a bhith deiseil gus streap suas na h-àraighean, a-mach às na trainnsichean, agus gluasad air adhart tarsainn no man's land, 's an àmhaid a' sìor losgadh orra. Glè thric, bhiodh na fir a bha a' dèanamh ionnsaigh air an leagail le beairt-ghunnachan no gunnachan-mòra an àmhaid goirid an dèidh na trainnsichean aca fhàgail. Bha an dà thaobh a' cleachdadhbh chuibhleachan de uèir stobach gus an trainnsichean a dhion. Bhiodh mòran shaighdearan a' steigeadh annta agus bha iad an uair sin nan targaidean furasta. Bhiodh feadhainn eile a' slaighdeadh no a' snàigeadh a-steach do shlochan-slige a bha làn uisge. An sin, rachadh am bàthadh, no bheireadh an leòntan bàs dhaibh, leis nach robh mòran teansa gun rachadh an sàbhaladh.

Mar a lean an cogadh, dh'fhàs e follaiseach nach robh na h-innleachdan seo a' briseadh tro dhaingnichean an àmhaid. A dh'aindeoin sin, lean an dòigh-cogaidh seo gu faisg air deireadh a' chogaidh agus, ged a chaidh àireamh sgràthail mòr a chall, shoirbhich leis na h-innleachdan seo, ris an cante **aitrisean** air a' cheann thall. Bha **aitrisean** a' ciallachadh a bhith a' gearradh sìos an àmhaid, saighdearan air shaighdearan is peilear air pheilear, gus nach robh dad air fhàgail aig aon taobh. Nuair a thàinig 1918 bha a' Ghearmailt air a claoi. Fhuair a' Ghearmailt buille dheireannach nuair a thàinig na SA a-steach dhan chogadh. Thug na h-Ameireaganach saighdearan agus stòran ùra leotha nuair nach robh an còrr air fhàgail aig a' Ghearmailt.

B' e an Seanailear Douglas Haig ceannard arm Bhreatainn ann an iomairt a' chogaidh bho 1915 gu crìoch a' chogaidh. Fhuair e àrdachadh gu Field Marshall ann an 1917, an inbhe as àirde ann an arm Bhreatainn.

 **MÌNEACHADH**  
**Zero hour** an uair aig am biodh ionnsaigh a' toiseachadh  
**Aitraisean** a' sìor bheagachadh àmhaid, saighdearan air shaighdearan



*Saighdearan a' dol 'over the top'. Dealbh-peantaidh bho 1914*

Rugadh Haig ann an Dùn Èideann ann an 1861. Aig toiseach a' chogaidh bha Haig an dùil gum biodh pàirt mhòr aig an **eachraidh** ann an iomairt a' chogaidh. Cha do thuig e buileach a' bhuaidh a bhiodh aig innealan ùra mar bheairt-ghunnachan agus tancaichean. Rinn eòlaichean-eachdraidh armailteach càineadh mòr air mar a làimhsich e Batal an Somme ann an 1916 agus Batal Phasschendaele ann an 1917. Chaill an t-arm àireamh mhòr, mhòr de shaighdearan air sgàth poileasaidh altrisean Haig.

Ach, dh'atharraich Haig na h-innleachdan aige cuideachd. Ann an 1916, thòisich an dà thaobh air innleachd eile ris an cante barraids-snàgaidh a chleachdadh.

Chaidh barraids-snàgaidh a chleachdadh an toiseach aig Batal an Somme. Bha seo a' ciallachadh gum biodh na gunnachan-mòra gan gluasad air adhart, beag air bheag, air thoiseach air na saighdearan-coise. San fhoghar, bha siostam ùr aig feachdan a' Chaidreachais, a' gluasad a' bharraids air adhart 50 meatair gach mionaid. Airson 's gun obraigeadh seo, dh'fheumadh na gunnachan-mòra agus na saighdearan gluasad còmhla air a' mhionaid. Mura dèanadh iad sin, bha cunnart ann gum marbhadh na gunnachan-mòra na saigdearan-coise aca fhèin. Ro dheireadh a' chogaidh, bha Haig a' toirt ionnsaighean soirbheachail air an àm a' cleachdadhan thancaichean, saighdearan, pleànaichean agus rèidiathan-conaltraidh.

Tha a' chonnspaid mu Haig a' dol chun an latha an-diugh. Bidh a luchd-taic a' cur cuideam air cò ris a bha cogadh thrainnsichean coltach – gun toireadh e ùine mhòr agus, mar phàirt dheth, gun rachadh mòran a mharbhadh. Bha an teicneòlas ùr ga leasachadh gu slaodach, agus bha mòran de na saighdearan neo-eòlach, 's gun anna ach balaich. Am b' urrainn do Haig dad eile a dhèanamh aig an Somme ach iarrайдh air na saighdearan saor-thoileach aig Kitchener meàrrsad air adhart gu treun? Bidh an luchd-càinidh ag ràdh gun do chosg na h-innleachdan aige beatha nan ceudan miltean.

Dèan  
sgeidse dhen  
t-sealladh seo.  
Comharraich  
sia feartan  
cudromach  
dhen ionnsaigh  
le saighdearan 's  
àireamhan.

## MÌNEACHADH

**Eachraidh** saighdearan air eich



## Na h-Albannaich air an aghaidh an Iar

Bha àite cudromach aig rèisimeidean Albannach ann am mòran de na batail air an Aghaidh an Iar. Thèid mion-sgrùdadadh a dhèanamh air trì de na priomh bhatail, Loos ann an 1915, an Somme ann an 1916, agus aig Arras ann an 1917, gus sealltainn mar a dh'atharraich an cogadh.

Sa chlàr chì sibh na bha de dh'Albannaich sna diofar bhuidhnean aig àm a' chogaidh.

Buidheann dhen arm	Àireamh Albannach
An t-Arm Ceangailte is an Territorial Army	584,098
An Nèibhidh Rioghail is seirbheisean co-cheangailte	71,707
RFC/RAF	32,611
<b>Àireamh iomlan</b>	<b>688,416</b>

Bho The Great War and the British People, an 2ra deasachadh. JM Winter, Palgrave, 2003

### Batal Loos, 1915

Tha Batal Loos ainmeil airson nan àireamhan mòra de dh'Albannaich a bha an sàs ann. B' e batailianan Albannach a bha san dara leth de na feachdan a bha an sàs sa bhatal seo. Bha 30,000 ann, an àireamh as mothà a bha riamh a' sabaid còmhla ann an arm Bhreatainn. Chaidh gas a chleachdad airson a' chiad uair le arm Bhreatainn ach cha do rinn e mòran feum. Air a' chiad latha ghabh saighdearan a' 15mh Scottish Division baile Loos, ach thàinig orra tilleadh chun an àite a bh' aca roimhe an dèidh direach ceithir latha. Bha iad sàraichte 's na feachdan taice ro fhada air dheireadh gus an cuideachadh agus bha an talamh àrd aig na Gearmailtich. Cha tàinig am batal gu co-dhùnadha cinnteach 's cha tug e deireadh a' chogaidh dad na b' fhaisge.

Bha an call beatha cho mòr am measg rèisimeidean Albannach mar na Camshronaich, am Freiceadan Dubh agus na Gòrdanaich 's gun tug e buaidh air cha mhòr a h-uile pàirt dhen dùthaich. Chaill seachd batailianan Albannach na h-àrd-oifigearan aca. A-mach às na 12 batailianan a chaill còrr is 500 fear, bhuineadh ochd do dh'Alba. Air am 'Memorial to the Missing' aig Loos, den 20,598 a tha ainmichte air, b' ann à Alba a bha aon às gach triùir. Ged a dh'fhaillich an ionnsaigh, bha na h-Albannaich moiteil às an t-sabaid aca sa bhatal 's fhathast ann an deagh shunnd.

Fhuair còignear Albannach Crois Bhictoria airson gaisge sa bhatal. Bha gaisge a' phiobaire Daniel Laidlaw air a comharrachadh sa chunntas-gaisgeachd a mhol e airson na duais. Seo na tha sgrìobhte:

*Airson na gaisge a b' fhollaisiche fhad 's a bha ionnsaigh ga thoirt air trainnsichean Gearmailteach faisg air Loos 's Hill 70 air 25 Sultain 1915. Nuair a bha an losgadh aig àirde, chunnaic am Piobaire Laidlaw gun robh gas a' toirt buaidh air a' chompanaидh aige, agus le dànanachd mhòr 's gun dragh mun chunnart, chaidh e suas air a' pharapait 's mhèarrs e a-null 's a-nall a' cluich a' chompanaидh a-mach às an trainnse. Thug an t-eisimpleir miORBHAILEACH seo buaidh sa bhad 's chaidh an companaидh a-mach nan deann don ionnsaigh. Chùm Laidlaw a' cluich gus an deach a león.*

Chaidh prìs mhòr a phàigheadh airson euchdan gaisgeil mar seo. Tha an cunntas seo bho The Regimental History of the Black Watch:

*Bha an 4mh Freiceadan Dubh air call mòr fhulang; chaidh na h-oifigearan gu leir, ach a-mhàin triùir, a mharbhadh no a leòn. Bha an call cho mòr 's gun deach an 4mh a chur còmhla ris an 2ra Batailian dhen Fhreiceadan Dubh airson treis.*

Chuir an call beatha sgriosail seo uabhas air mòran dhaoine aig an taigh.



### MÌNEACHADH

**Cunntas-gaisgeachd** iomradh goirid ag innse carson a tha saighdear airidh air crois no meadal airson gaisgeachd



## Batal an Somme, 1916

An-ath-bhliadhna, ann am Batal an Somme, bha pàirt mhòr aig na h-Albannaich a-rithist. B' e pàirt de dh'amas a' bhatail taic a thoirt do na caidrich Fhrangach a bha fo ionnsaigh ann am baile daingnichte Verdun bhan Ghearran 1916. Tràth san iomairt thug trì roinnean Albannach ionnsaigh, an 9mh 's an 15mh Scottish Division agus an 51mh Highland Division. Uile-gu-lèir bha 51 batailianan de shaighdearan-coise Albannach an sàs eadar an t-luchar 's an t-Samhain 1916. Chaidh còrr is 600,000 saighdear Breatannach a mharbhadh no a leòn; 60,000 air a' chìad latha às an deach 20,000 a mharbhadh.

Ann an *The Flowers of the Forest* tha Trevor Royle ag innse mu sheasachd nan Albannach san t-sabaid:

*Thug an 16mh Highland Light Infantry – batailian a chaidh a thrusadh às Boys' Brigade Għlaschu – ionnsaigh air Beaumont Hamel. Thug trì plātūnaichean bho Chompanaigh 'D' ionnsaigh air trainnse 'Frankfurt'. Ach, chaidh am fàgail air dheireadh còmhla ri fir bhan 11d Borderers nuair a tharraing an còrr dhen arm air ais. Dh'fhàg seo mu 100 fear, an dara leth dhiubh leònta, 's gun aca ach ceithir beairt-ghunnachan Lewis. Sheas iad an aghaidh ionnsaigh às dèidh ionnsaigh bho na Gearmaillich fad seachdain. Cha robh biadh no uisge aca airson lathaichean. Nuair a chaidh an glacadh mu dheireadh air 25 Samhain, cha robh ach 15 comasach air sabaid 's bha 30 leònta.*

Bha Seanailear Haig an dòchas na loidhnichean Gearmailteach a ghlacadh le bhith a' cleachdadh neart ro-mhòr nan aghaidh. Mhair ionnsaigh nan gunnachan-mòra Breatannach seachdain. Bha dùil gun sgriosadh seo trainnsichean-aghaidh an nàmhaid 's gum briseadh e am misneachd. Nuair a bheireadh na Breatainnach ionnsaigh, bhiodh iad a' faighinn taic bho bharraids-snàgaidh. Bhiodh na gunnachan-mòra a' losgadh direach air thoiseach air na saighdearan a bhiodh a' toirt ionnsaigh. Stadadh seo na Gearmaillich bho bhith ag ath-neartachadh na loidhne-aghaidh aca. Ged a bha an innleachd seo soirbheachail an aghaidh thargaidean soilleir, faisg air làimh, san fharsaingeachd cha do dh'obraich e leis nach robh an co-òrdanachadh ceart ann.

Seo cuid de na toraidhean aig Batal an Somme:

- ▶ 600,000 de na Caidrich air am marbhadh no air an leòn.
- ▶ cuideam air a thoirt far nam Frangach aig Verdun
- ▶ glè bheag de thalamh air a ghabhail
- ▶ ionnsachadh luachmhor mu ghunnachan-mòra agus innleachdan, nam measg cleachdadh thancaichean
- ▶ san t-Samhain ghabh an 51mh Highland Division Beaumont Hamel
- ▶ chaidh misneachd arm na Gearmailt a lagachadh

**THE Sun**  
Monday, July 3, 1916 1d THOUGHT: PRAY FOR THEM

# SLAUGHTER

**60,000 of Our Boys cut down on first day at Somme**

**MORE DRAMATIC PICTURES FROM THE FRONT - Pages 2, 3, 4, 5, 6 & 7**

*Burst of the brave . . . British Tommies crawl along a trench towards No Man's Land yesterday*

**ALMOST 60,000 British soldiers were killed or seriously wounded on the first day of the suicidal attack on the Somme, it was revealed last night.**

**British troops crawled towards the German trenches, they got bogged down in mud and became stuck in barbed wire, making them sitting ducks for**

**The Tommies fell in their thousands, many made it to the German lines but were driven back by counter attacks.**

**General Rawlinson said: "The attack was supposed to be an easy victory."**

**He added: "The Germans had bombarded the German trenches, so we had to crawl along the barbed wire you could hear back in London."**

**CONFIDENT**

**The general thought that any of the enemy who had survived would be too stunned to offer**

**resistance.**

**And the commanders were so confident they ordered the**

**troops to march forward slowly in parade ground style across No Man's Land.**

**The Germans were neither dead nor demoralised,**

**and the British advance stopped when darkness fell.**

**This terrible folly came from all walks of life, upper crust society, middle class boys, or even groups of friends who had enlisted in "Pals" battalions.**

**British General Sir Henry Rawlinson said: "Sir Henry Rawlinson was so horrified by the carnage he made his men abandon the offensive."**

**General Rawlinson, British commander Sir Douglas Haig, confused: "The attack will go on."**

Seo, 's dòcha, mar a dhèanadh pàipear-naidheachd tabloid san latha an-diugh aithris air a' bhatal



## Obair 1

### Deasbad clas

Cuir deasbad air dòigh sa chlas air an ionnsaigh a thug na Breatainn aig an Somme. 'S e cuspair na deasbaid 'Bha pàirt chudromach aig na h-Albannaich san t-sabaid air an Aghaidh an lar'.

Feumaidh dà sgoilear argamaid airson a' chuspair agus feumaidh dithis bruidhinn na aghaidh.

Aig deireadh na deasbaid, agus an dèidh ceasnachadh is freagairtean, bhòtaidh an clas. 'S e an taobh leis an àireimh as mothà de bhòtaichean a bhuannacheas.

## Arras, 1917

Ann an 1917, bha arm ùr Bhreatainn na fheachd sabaid làidir. Sa Ghiblean 1917, għluais iad a-steach dhan sgire timcheall air a' bhaile Fhrangach Arras. Anns a' bhatal a lean, 's dòcha gun robh barrachd Albannach a' sabaid san aon àite na bha aig àm sam bith tron chogadh. Bha deich roinnean Albannach a' sabaid aig Arras agus is ann à Alba a bha faisg air aon às gach triùir dhen 159,000 a chaidh a mharbhadh no a leòn.

Mar thoradh air innleachdan ùra agus losgadh sgileil leis na Gunnachan-mòra, bha an ionnsaigh gu math na bu shoirbheachaille na an ionnsaigh aig Loos. Rinn na Gunnachan-mòra an obair gu math. Gheàrr sligean an uèir agus mħarbh sligean-gas eich nan Gearmailteach, gan stad bho bhith a' gluasad nan Gunnachan-mòra aca. Bha an ionnsaigh air a deagh phlanadh is chaidh mòran shaighdearan a għluasad chun na loidhne-agħaidh gun fhiosta don nàmhaid. Bha na Gunnachan-mòra a' bualadh nan targħidean aca agus chūm sin na Gearmailtixx glaiste far an robh iad. Chleachd na shaighdearan dòigh ùr airson ionnsaigh. An àite stuagh leathann de shaighdearan a bhith a' toirt ionnsaigh aig an aon àm, għluiseadha aon earrann air adhart. An uair sin dhaingnicheadh iad an tħaliex a bha iad air a għabha. An dèidh sin, leanadh earrann eile dhen fheachd anns an ionnsaigh 's rachadħ seo a dhèanamh a-rithist agus a-rithist.

Dh'ionnsaich na Breatainn bho ionnsaighean mar seo. Ann an 1918, bha na Breatainn air 'all arms battle plan' a dhealbh. Bhiodh saighdearan-coise, Gunnachan-mòra, tanċaicean agus plèanaicean gan cleachdadh còmhla ann an ionnsaigh. Chuidich an innleachd seo gus buaidh fhaighiñ sa chogadh.

## Obair 2



### Cò ris a bha cogadh thrainnsichean coltach?

Bu chòir dhuibh obrachadh nur pàidhrichean no ann am buidhnean beaga. Dèanaib rannsachadh is taisbeanadh don chlas air cogadh thrainnsichean. Faodaidh an taisbeanadh a bhith na PhowerPoint ma thogras tu. Cha bu chòir dha a bhith nas fhaide na còig mionaidean.

Feumaidh sibh èisteachd ris a h-uile taisbeanadh agus measadh dearg, òmar no uaine a thoirt dhaibh a rèir 's mar a choilean iad na slatan-tomhais soirbheachaidh a leanas.

- ▶ An robh diagram de shiostam thrainnsichean le leubailean anns an taisbeanadh?
- ▶ An do rannsaich an taisbeanadh na duilgħeadasan a bha an cois a bhith a' toirt ionnsaigh air siostam thrainnsichean?
- ▶ An robh priomh fhiosrachadh san taisbeanadh air trainnsichean, cogadh thrainnsichean, an suidheachadh agus eòlasan?

An dèidh dhuibh na taisbeanaidhean gu lèir fhaicinn, bruidhinnib sa chlas air a' phriomh fhiosrachadh a dh'ionnsaich sibh air cogadh thrainnsichean.



## Teicneòlas cogaidh

Cha b' e an dòigh san deach an cogadh a shabaid an aon rud a dh'atharraich eadar 1914 agus 1918. Thug an dà thaobh a-steach innealan-cogaidh ùra feuch am faigheadh iad gluasad air adhart air an Aghaidh an lar.

B' e an Cogadh Mòr a' chiad chogadh eadar dùthchannan gniomhasaichte. Ghabhadh tòrr mòr armachd a dhèanamh gu luath. Le plèanaichean agus bailiùnaichean a' cumail sùil bhon adhar, dh'atharraich an dòigh san robh fiosrachadh mun nàmhaid ga chruinneachadh. Le fònaichean-achaidh, bha e na b' phasa siognalan fhaighinn bho cheannardan gu luath. Leis na rèilichean, bha e na b' phasa stuth agus uidheamachd a chumail ri àireamh mhòr de shaighdearan fad na bliadhna.

A bharrachd air raidhfilean, fhuair saighdearan bomaichean-làimhe, mar boma Mills, airson an cleachdadadh ann an dlùth-shabaid ris an nàmhaid. Chaidh mortaran a chleachdadadh cuideachd gus sligean a losgadh air àiteachan-dion an nàmhaid. Bha rainnse 1000 meatair aca. Bha beairt-ghunnachan aig an dà thaobh agus bha iad nan inneal-dion fior mhath. Losgadh beairt-ghunna Vickers 500 peilear sa mhionaid. Mar thoradh air a seo uile, chaidh mòran shaighdearan a chall ann an ionnsaighean.

### Gunnachan-mòra

Bha na gunnachan-mòra gan cleachdadadh ro agus tro ionnsaighean. Mar a chaidh an cogadh air adhart bha an rainnse agus an cuimse a' fàs mòran na b' fheàrr. Mar sin, bhathar air chomas barraidsean-snàgaidh a thòiseachadh ann an 1916. Bhiodh na gunnachan-mòra a' losgadh direach air thoiseach air na saighdearan a bha a' déanamh ionnsaigh airson an nàmhaid a chumail air ais gus am biodh an ionnsaigh air am muin. Ach, nam biodh an rainnse ceàrr, bhiodh call **gorm air ghorm** ann – saighdearan gan leòn 's gam marbhadh leis na gunnachan-mòra aca fhèin. Mharbh na gunnachan-mòra barrachd shaighdearan air an Aghaidh an lar na mharbh inneal-cogaidh sam bith eile.

### GLOSAROIDH

**Gorm air ghorm** saighdearan gan leòn is gam marbhadh leis an taobh aca fhèin



Dèan diagram  
damhan-allaidh de na  
duilgheadasan  
an cois cogadh  
thrainnsichean  
a tha rim faicinn  
san dealbh seo.

*Gunna-mòr ga losgadh sa Chiad Chogadh*



## Gas

Ann an oidhirp èiginnich gus gluasad fhaighinn air an Aghaidh an lar chleachd an dà thaobh gas puinnseanta. Chleachd na Gearmailtich gas clòrain an toiseach aig Ypres sa Bheilg san earrach 1915, an aghaidh nam Breatannach 's nan Canèidianach. Ach b' e inneal-cogaidh neo-earbsach a bh' ann. Nan atharraicheadh a' ghaoth, dh'fhaodadh e tilleadh air na fir a leig ma sgaile e, mar a fhuair shaighdearan Albannach a-mach aig Loos. Fhuaireadh air an seo ann an 1916 nuair a thàinig sligean-gas an àite nan siolandairean.

An toiseach cha robh dòn idir ro ghas. Ach fhuaires a-mach gu math luath gun toireadh clobhd fliuch tarsainn air do bheul beagan dòn dhut. Mura robh an còrr ann, bhiodh na fir a' mùn air nèapaigín 's ga chumail rin aodainn mar sheòrsa de dhòn! Ann an ùine ghoirid, cha robh an gas cho èifeachdach leis gun do rinn an dà thaobh masgaichean-gas.

Cleachd an t-eadar-lion is lorg fiosrachadh air diofar sheòrsaichean de ghas puinnseanta agus mar a bha iad ag obair. Thoir cunntas, cho mionaideach 's as urrainn dhut, air cho èifeachdach 's a bha iad sa chogadh.



*Dealbh bhon àm de shaighdearan Gearmailteach agus masgaichean gas orra*

Chaidh diofar sheòrsaichean gas a leasachadh. Bhiodh gas clòrain a' milleadh an sgamhain le bhith a' cruthachadh searbhag ann nuair a thigeadh e a-steach air anail neach. Mar bu trice bhiodh seo marbhtach, glè thric le bàs slaodach, pianail. Bha gas fosgin a' sgrios an sgamhain cuideachd ach bha e do-fhaicsinneach, mar sin bha e fada na bu chunnartaiche na an gas clòrain uaine-bhuidhe. Bhiodh gas mustard ag adhbharachadh bhalgan air craiceann rùisgte, agus a' fàgail dhaoine dall. Bha e ag adhbharachadh sileadh-fala tron chràiceann agus am broinn na bodhaig cuideachd.

Ràinig Priobhaid W. Hay Ypres an déidh ionnsaigh le gas clòrain air 22 Giblean 1915: Thuig sinn gun robh rudeigin ceàrr. Thòisich sinn air meàrrsadhbh gu Ypres ach cha b' urrainn dhuinn leis na bha de fhògarraich air an rathad. Bha siobhaltaich is saighdearan nan sineadh air gach taobh ann an staid uabhasach. Thuirt iad gur e gas a bh' ann. Cha robh fios againn dè bha ann an gas. Nuair a ràinig sinn Ypres, bha mòran Chanèidianach nan laighe marbh bhon ghas an latha roimhe sin, na truaghain bhochda, 's e sealladh fior oillteil a bh' ann dhuinn. Cha robh mise ach fichead 's, mar sin, 's e ciùrradh-inntinn a bh' ann. Cha do dhìochuimhnich mi riagh e.



*Gassed le John Singer Sargent, a' sealltainn shaighdearan a bh' air an dalladh airson greis a' coiseachd bhon blàr*



## Tancaichean

Leis gun robh an dà thaobh ann an lìonra làidir de thrainnsichean airson an dòn, cha robh an Aghaidh an lar a' gluasad idir. Cha b' urrainn do thaobh seach taobh briseadh troimhe agus bha an cogadh a' maireachdainn san aon àite.


Nochd beachd mu thanc a chruthachadh cho tràth ri 1902, ach cha do ghabh duine sùim dheth. Bha e stèidhichte air tractaran is tragichean caterpillar orra airson an cleachdadhe ann an achaidhean boga, eabarach. Bhon a bha an Aghaidh an lar san achadh mhòr, eabarach aice fhèin, bha tancaichean gam feuchainn a-rithist.

B' e 'bàtaichean-tìre' a bh' air a' chiad fheadhainn 's cha b' urrainn dhaibh a dhol na bu luithe na neach a' coiseachd. Ach, b' urrainn dhaibh a dhol suas leathad cas 's tarsainn air beàrn cho leathann ri 2.5 meatairean, leud cuibheasach trainnse. Bha rainnse losgaidh aca de mu 30km 's bha sgioba de dheichnear air gach fear. B' e 'Little Willie', a' magadh air Wilhelm, Kaiser na Gearmailt, am far-ainm a thugadh air a' chiad sheòrsa. Nuair a sheall iad an comasan, chaidh 150 òrdachadh 's a chur dhan Fhraing. Bha iad air an còmhach le tarpàlanan 's 'tancaichean uisge' sgrìobhte orra, gus an cumail diomhair bho na Gearmailtich. Lean an t-ainm 'tanc' riutha.

B' ann aig Batal Cambrai san t-Samhain 1917 a sheall tancaichean am fior luach. An seo bha an talamh cruidh agus cha robh e air a mhilleadh gu dona le sligean. Air 20mh Samhain 1917, thug 378 tancaichean, le taic bho 289 plèanaichean, ionnsaigh air na trainnsichean Gearmailteach. Bha mòran thancaichean a' giùlan roilichean de phreasarnach a bh' air an ceangal gu teann, ris an cante **fascines**, airson an càradh anns na trainnsichean gus na tancaichean a chuideachadh le faighinn tarsainn orra. Bhiodh tancaichean ag obrachadh ann am buidhnean beaga agus nuair a leigeadh aon tanc às fascine, thigeadh feadhainn eile tarsainn 's chuireadh iadsan na fascines aca sna trainnsichean eile a thigeadh iad air.

An toiseach chaidh an ionnsaigh gu math – rinn na Breatainn toll mu 11 km a leud ann an loidhne nan Gearmailteach 's phut iad an earrann sin 6 km air ais. Ach, cha do sheas an t-adhartas fada leis nach robh saighdearan gu leòr ann gus na tancaichean a leantainn is briseadh tron bheàrn. Cuideachd, thòisich na tancaichean a' briseadh sios. Gu lèir, bha trioblaid an meacanaigeach no cion connaidh air 165 tancaichean. Beag air bheag, phut na Gearmailtich na feachdan Breatainnach air ais.

A dh'aindeoin seo, sheall an tanc mar a bhiodh cogadh san àm ri teachd. An dèidh seo, bha tancaichean air an cleachdadhe an àite sam bith far robh an talamh freagarrach.



Tanc sa Chiad Chogadh

## MÌNEACHADH

**Fascines** pasgairn de dh'fhiodh air an cleachdadhe gus trainnsichean a lìonadh

Ciamar a bhiodh luchd-ionnsaigh agus luchd-dòn a' faireachdainn nam biodh iad anns an t-suidheachadh cogaidh seo?



## Plèanaichean

Ann an 1903, shiubhail Orville agus Wilbur Wright san adhar anns a' chiad itealan a-riamh le cumhachd einnsein. Dìreach 11 bliadhna an dèidh seo bha plèanaichean gan cleachdad a' chogadh. An toiseach, b' ann a' cruinneachadh fiosrachadh bu mhotha a bhiodh na plèanaichean. Aig Batal a' Mharne ann an 1914, thug paidhleat an aire do bheàrn eadar na feachdan Gearmailteach a bha a' dèanamh ionnsaigh. Phut na Breatainn agus na Frangaich a-steach tron bheàrn sin gu luath, agus thug seo air na Gearmailtich tarraing air ais.

### Sabaid-adhair

Cha robh càil ach beairt-ghunnachan air plèanaichean-sabaid an toiseach agus bha iad ceangailte ris an sgèith a b' àird. Bhiodh dithis nan suidhe anna 's am fear aig a' chùl ag obrachadh nan gunnachan. Bha sabaid-adhair, no dogfights mar a chanadh iad, uabhasach doirbh. Dh'fheumadh am paidhleat cumail a-mach à loidhne-losgaidh plèanaichean an àmhaid 's aig an aon àm èisteachd ris a' ghunnair ag innse dha dè bu chòir dha a dhèanamh gus am faigheadh esan cuimseachadh air an àmhaid.

Dhealbhaich Anton Fokker beairt-ghunna a ghabhadh a losgadh tro sgiathan propealair a bha a' dol mun cuairt. As t-fhoghar 1915, bha Fokker gan cur seo anns na plèanaichean aon-neach aige agus b' iad sin a' chiad seòrsa plèana a bha da-rìrbh nam plèanaichean-sabaid. Bha e a-nis comasach do phaidhleat ann am plèan aon-neach am beairt-ghunna a losgadh.

Bha a' mhòr-chuid de na paidhleatan sa Chiad Chogadh fo aois 25. Ann an 1918, leis gun robh àireamh mhòr gam marbhadh, bha earrann mhòr dhiubh eadar 18 is 21. Bhathar gan cur a shabaid an dèidh 30 uair a thide de thrèanadh san adhar. Bha an trèanadh airson sabaid-adhair ga thoirt dhaibh le paidhleatan a bha air eòlas a chur air a leithid sa chogadh.

Bha iarrtas ann airson an inneil-cogaidh ùir seo. Mar sin, chaidh an t-ionad-stàilinn aig Beardmore, air taobh an ear Ghlaschu, a leudachadh agus bha iad a-nis a' dèanamh phlèanaichean agus bàtaichean-adhair ann an Dalmuir agus Inchinnan. Bha iad a' togail nam plèanaichen-sabaid Sopwith Pup, plèanaichean-mara Wight, agus na bomairean mòra, ceithir-einnsean, Handley Page V/1500. Chaidh hangar stàilinn a thogail ann an Inchinnan airson na bàtaichean-adhair a dhèanamh.



Dealbh à pàipear-naidheachd de bhatal san adhar



Air a' cheann thall bha diofar sheòrsaichean phlèanaichean ann airson diofar obraichean. Bha plèanaichean-sabaid luath, sgiobalta gu tionndadh, agus bha beairt-ghunnachan orra. Bha plèanaichean na bu truime ann airson bomaichean a ghiùlan. Bhiodh plèanaichean **reconnaissance** no rannsachaidh, gan cleachdad os cionn loidhnichean an àmhaid gus fiosrachadh fhaighinn air an t-suidheachaidhean. Ann an 1918, bha plèanaichean air an dealbh a b' urrainn bomaichean troma a ghiùlan airson ionnsaigh a thoirt air ceanna-bhaile na Gearmailt, Berlin.

## MÌNEACHADH

**Reconnaissance** a' faighinn a-mach gu falchaidh dè tha an àmhaid a' dèanamh

## Obair 3

### Dèan geàrr-chunntas air a' chaibideil seo

Freagair aonan no na dhà de na ceistean seo. Bidh a' chìad cheist na cuideachadh le bhith a' planadh freagairt don dara ceist.

- 1 Thoir co-chìù aon adhbhar carson a mharbh na h-innealan-cogaidh gu h-ìosal uimhir a dhaoine:
  - ▶ gunnachan-mòra
  - ▶ beairt-ghunnachan
  - ▶ gas
  - ▶ tancaichean
  - ▶ plèanaichean
- 2 Carson a bha e cho doirbh briseadh tro shiostam thrainnsichean an àmhaid? (Cleachd am fiosrachadh sa chaibideil gus do chuideachadh a' freagairt na ceist.)

## Practas air ceistean

### Nàiseanta 4

Tha Stòr A mu dheidhinn na dh'fiosraich saighdearan Albannach air an Aghaidh an lar. Tha seo bho Albannach, 2ra Lietteanant Creran:

#### STÒR A

*Thog sinn oirnn chun na loidhne-aghaidh agus b' e turas slaodach, sgìtheil a bh' ann nar feàlidhean, le raidhfilean is eile, suas trainnsichean conaltraidh, is sligean a' frasadh oirnn uaireannan. B' e an ath cheithir latha an fheadhainn a bu thruaighe a chuir mi seachad nam bheatha. Fad na h-ùine cha mhòr, bha sligean gan losgadh air an trainnse againn agus air na trainnsichean conaltraidh. Chuir seo stad air raiseanan fhaighinn thugainn. Bha an t-uisge ann gu tric.*

- 1 Thoir cunntas air a' bhuaidh a thug an t-sabaid air saighdearan Albannach air an Aghaidh an lar. Bu chòir dhut Stòr A agus d' eòlas fhèin a chleachdad.

### Slatan-tomhais soirbheachaidh

Cuir ann co-dhiù dà phuing fiosrachaidh, no aon phuing fiosrachaidh leasaichte, air a' bhuaidh a bha aig an t-sabaid air an Aghaidh an lar air saighdearan Albannach.



Tha Stòr B mun t-suidheachadh aig saighdearan Albannach anns na trainnsichean. Tha e bho Thormod Collins a bha sna Seaforth Highlanders:

## STÒR B

*Nuair a chaidh sinn a-steach dhan trainnse bha i air a droch mhilleadh leis an t-sabaid. Mar a lean sinn oirnn, thug mi an aire gun robh pìosan de chuirp a' stobadh a-mach às a' bhalla ann am pios gu math fada de na trainnsichean. Saoilidh mi gun deach an trainnse a chladhach tron àite san robh na cuirp nan laighe. Uaireannan chitheadh tu ceannan no dhà nan laighe leotha fhèin.*

Tha Stòr C mun t-suidheachadh anns na trainnsichean. Tha e bho Liefteanant Sotheby a bha sna Argyll and Sutherland Highlanders a bha a' sabaid còmhla ris an Fhreiceadian Dhubbh:

## STÒR C

*Tha na cuileagan an seo uabhasach. Bidh àireamhan mòra dhiubh air thoiseach ort uair sam bith a choisicheas tu mun cuairt. Tha cuirp nan laighe gun tiодhlacadh agus tha am fàileadh sgreamhail. Tha sabaid air a bhith an seo iomadh uair agus, mar sin, tha an earrann seo dhen talamh gu math truagh. Tha e do-dhèante daoine a thiodhlacadh ceart.*

**2 Dèan coimeas eadar na beachdan ann an Stòran B agus C mun t-suidheachadh anns na trainnsichean. Thoir cunnas mionaideach mar a tha iad coltach ri chèile agus/no diofraichte. Faodaidh tu cuideachd coimeas goirid a dhèanamh air beachdan nan stòran san fharsaingeachd.**

### Slatan-tomhais soirbheachaidh

- ▶ Sgrùd an dà stòr gus dà phuing coimeis shìmplidh a shealltainn, no aon phuing leasaichte a' sealltainn gu bheil iad coltach no diofraichte.
- ▶ Coimeas simplidh: 'Tha Stòr B ag ràdh ... agus tha Stòr C ag ràdh ...'.
- ▶ Coimeas leasaichte: 'Tha Stòran B agus C ag aontachadh gun deach na trainnsichean a mhilleadh leis an t-sabaid. Tha Stòr B ag ràdh ... agus tha Stòr C ag ràdh ...'.

## Naiseanta 5

Tha Stòr A mun ionnsaigh a thug am Frèiceadan Dubh aig Loos ann an 1915.

## STÒR A

*Mheàrrs am Frèiceadan Dubh nan dicheall. Fhuair iad a-steach do loidhne nan Gearmailteach ach cha tobh taic aca. Chaidh dà chompanaidh a sgrios agus bha an còrr air an droch mhilleadh. Cha robh ann uile-gu-lèir ach marbhadh. 'S e murt a bha san dara ionnsaigh, a' cur fhireannach ghaisgeil a dh'ionnsaigh a' bhàis agus, an ainm Dhè, chuir iad an aghaidh ris mar fhireannaich cuideachd.*



Tha Stòr B mun ionnsaigh a thug am Frèiceadan Dubh aig Loos ann an 1915. Tha e air a thogail bho phàipear-naidheachd Gearmailteach.

## STÒR B

*An uair sin, thàinig na Breatainnich troimhe gu garg. Chuir iad aon de na rëiseamaidean Gàidhealach as fheàrr a th' aca air thoiseach orra, an theadhainn as fheàrr a th' aca ann an àite sam bith. Thàinig am Frèiceadan Dubh. Thàinig na h-Albannaich ghaisgeil air adhart agus rinn iad fiù 's an gnothach air faighinn a-steach don trainnse againn, ach cha robh eadhon an dànochd agus an gaisgeachd mhòr gu feum oir cha robh iad air chomas toradh an latha atharrachadh.*

### 1 Dèan coimeas eadar Stòran A 's B mu ionnsaigh an Fhreiceadain Duibh aig Loos. (4)

#### Slatan-tomhais soirbheachaidh

- Bu chòir dhut fianais bho na stòran a mhìneachadh
- Dèan coimeas dìreach eadar am fiosrachadh anns gach stòran.
- Gheibh thu suas ri 4 comharran airson 4 coimeasan simplidh a dhèanamh an dà stòr.
- Gheibh thu suas ri 4 comharran airson 2 choimeas leasaichte a dhèanamh an dà stòr.
- Coimeas simplidh: 'Tha Stòr A ag ràdh ... 's tha Stòr B ag ràdh ...'. (1)
- Coimeas leasaichte: 'Tha Stòran A 's B ag aontachadh mun dòigh ghaig anns an robh am Freiceadan Dubh a' sabaid. Tha Stòr A ag ràdh ... agus tha Stòr B ag ràdh ...'. (2)

### 2 Dè cho cudromach 's a bha na h-Albannaich san t-sabaid air an Aghaidh an lar? (9)

A' planadh do fhreagairt:

- Ann am buidhnean beaga no páidhrichean, dèanaibh diagram damhan-allaidh le fiosrachadh air mar a bha agus mar nach robh na h-Albannaich cudromach san t-sabaid.
- Cuiribh am fiosrachadh ann an dà pharagraf. P1: "S gun a bhith cho cudromach' Me, Batal Loos 's Batal an Somme, ceannardas Douglas Haig. P2: 'Gun a bhith cho cudromach'. Me, àireamhan beaga, gun mòran buaidh aig Loos 's aig an Somme.
- Lorg co-cheanglaichean eadar na diofar pìosan fiosrachaidd agus cuir còmhla iad. Bheir seo structar dhut airson an òrduigh anns am bruidhinn thu mu cho cudromach 's a bha na rinn na h-Albannaich san t-sabaid.
- Dèan plana airson freagairt iomlan don cheist.
- Seall do phlana dhan tidsear mus tòisich thu air a' chiad dreach.
- Leugh d' obair gu faiceallach agus comharrach mearachdan sam bith a thogas tu le peann uaine, agus an uair sin ceartaich d' obair mus toir thu i dhan tidsear.
- Ath-sgriobh an dreach deireannach ded fhreagairt.

#### Slatan-tomhais soirbheachaidh


- Tha aon chomharra ri fhaotainn airson ro-ràdh, agus bu chòir an cùl-fhiosrachadh is na factaran air am bi thu a' sgrìobhadh a bhith ann.
- Tha aon chomharra ri fhaotainn airson balans nad fhreagairt. Tha seo a' ciallachadh gum feum thu iomradh a thoirt air co-dhiù dà fhactar a' beachdachadh air cho cudromach 's a bha na rinn na h-Albannaich san t-sabaid air an Aghaidh an lar. Bidh seo a' ciallachadh co-dhiù dà paragraf de sgrìobhadh.
- Chan eil factar san t-seòrsa ceist seo. Anns a' chiad pharagraf feumaidh tu dèanamh cinnteach gum beachdaich thu air na dòighean san robh na rinn na h-Albannaich san t-sabaid cudromach. San dara paragraf, bu chòir dhut beachdachadh air na dòighean anns nach robh na rinn na h-Albannaich cudromach.
- Tha suas ri 5 comharran rim faotainn airson nam puingean de fhiosrachadh mionaideach is buntainneach a tha thu a' dol a mhìneachadh nad fhreagairt.
- Tha dà chomharra rim faotainn airson do cho-dhùnaidh: aon chomharra airson breithneachadh 's aon airson adhbhar a tha a' cur taic ri do cho-dhùnadh.

# Buaidh a' chogaidh aig an taigh: comann-sòisealta agus cultar?

## 6 Buaidh a' chogaidh air daoine aig an taigh

### Cò mu dheidhinn a tha a' chaibideil seo?

Airson a' chìad uair riamh ann am Breatainn, chaidh an sluagh gu lèir an sàs anns an iomairt gus an cogadh a bhuanachadh. Bha fir agus mnathan ag obair ann an gnìomhachasan cogaidh deatamach agus ann an tuathanachas. Bha siobhaltaich aig an taigh a-nis nan targaid don nàmhaid. B' e seo an 'home front'. Tha an abairt 'home front' a' ciallachadh mar a thug an cogadh buaidh air beatha làitheil nan siobhaltach aig an taigh.



Ro dheireadh na caibideil, bu chòir dhut a bhith air chomas:

- Cunntas a thoirt air a' bhuaidh a thug an cogadh air daoine aig an taigh
- Mineachadh a thoirt air na dòighean san robh smachd aig an riaghaltas air beatha siobhaltaich Bhreatainn tron chogadh
- Cunntas a thoirt air mar a chomharraich sluagh na h-Alba bàs an luchd-gràidh.



## Smachd an riaghaltais: DORA

Air 8 Lùnastal 1914, ghabh riaghaltas Bhreatainn ri Achd Dìon na **Rioghachd** (DORA – Defence of the Realm Act). Fon achd bha cumhachd aig an riaghaltas fir, mnathan 's stuthan a chur far bu mhotha an robh feum orra airson iomairt a' chogaidh.

### Laghan airm

Fo DORA, thàinig rèilichean 's docaichean fo laghan airm. Chaidh constabalan-poilis shònraichte fhastadh gus na laghan ùra a chur an sàs. Dh'fheumte sgur a chleachdadhbh charbadan nach buineadh dhan arm nan tigeadh an ànmhaid a-steach do Bhreatainn. Nas fhaide air adhart sa chogadh, chaidh riaghailtean a thaobh ionnsaigh-adhair a thoirt a-steach, agus bha a h-uile uinneag ri 'dubhadh' air an oidhche.

B' urrainn dhan riaghaltas daoine a chur a dh'obair ann an gnìomhachasan far an robh feum orra cuideachd. Ann an Alba chaidh mòran bhoireannach nach robh pòsta a chur gu factaraidh mhuniseans ann an Gretna.

### Deoch-làidir

Bha uallach air an riaghaltas cuideachd mu bhuaidh deoch-làidir 's nach dèanadh luchd-obrach air am biodh an deoch obair mhath. Gus nach tigeadh beagachadh air toradh nan gnìomhachasan cogaidh, ghabh an riaghaltas smachd air na taighean-seinnse ann an cuid de sgìrean 's gheàrr iad na h-uairean-fosglaidh air feadh na dùthcha. Chan fhaodte deoch-làidir a reic ach eadar meadhan-latha agus 2.30f, agus eadar 6.30f 's 9.00f. Chan fhaodadh taighean-seinnse fosgladh Didòmhnaich nas mò. Bha mòran mi-thoileachas mun seo. Thuirt David Lloyd George, prìomh neach-poilitigs aig àm a' chogaidh, gum b' e na bha luchd-obrach air taobh siar na h-Alba ag òl de dheoch-làidir bu choireach airson nan duilgheadasan ann an dèanamh mhuniseans. Chaidh a' chìs air deoch-làidir a chur suas agus a rèir coltais bha na riaghailtean ùra ag obrachadh gu math. Thàinig lùghdachadh de 70 % air an àireimh a chaidh a dhíeadh airson an deoch a bhith orra ann an Alba ro dheireadh a' chogaidh.

### Seansorachd

Fo DORA, chaidh seansorachd a thoirt a-steach ann an 1914 gus nach biodh páipearan-naidheachd a' clò-bhualadh fiosrachadh a bhiodh cuideachail don ànmhaid.

### Cleachdadhbh-fearainn

Ann an Alba agus páirtean eile de Bhreatainn, leig DORA le comhairlean ionadail talamh a ghabhail thairis agus a chleachdadhbh gus barrachd bìdh fhàs.

Air Ghàidhealtachd na h-Alba thug seo buaidh air seann cheist an fhearrainn. Bha uachdarain air a bhith a' cleachdadhbh cuid mhath dhen fhearrann aca airson rudan mar fhrithean agus sealg nan clearan-fraoch air na móinticean. Cha robh seo gu feum aig àm cogaidh. Thug DORA cothrom do chroitearan am fearann seo a chleachdadhbh gus biadh fhàs. An dèidh a' chogaidh bhiodh aig na croitearan ris am fearann sin a thoirt air ais do na h-uachdarain, ach cha do thachair sin an-còmhnaidh

### Clàrachadh nan eilthireach

A bharrachd air cumhachdan fo DORA, thug an riaghaltas a-steach Achd Clàrachadh nan Eilthireach ann an 1914. Dh'fheumadh siobhaltaich a rugadh ann an dùthchannan cùin clàrachadh mar **eilthirich** aig stèisean-poilis ionadail. Bha bacaidhean air coigrich a thaobh siubhal, bhiodh aca rì innse don phoileas nam biodh seòladh ùr aca, agus nan dèanadh iad càil amharasach rachadh a rannsachadh. Mura clàraicheadh iad, chuirte càin orra no gheibheadh iad am priosan.

### MÌNEACHADH

**Rioghachd** dùthaich air a riaghlaidh le righ/banrigh no, an-diugh, dùthaich sam bith

**Eilthirich** daoine a tha a' fuireach ann an dùthaich ach a rugadh ann an dùthaich eile



## Propaganda

Gus gun cuireadh sluagh Bhreatainn taic ri iomairt a' chogaidh, thòisich an riaghaltas iomairt **propaganda**.

Bha sgeidsichean sna pàipearan-naidheachd de Ghearmailitch a' marbhadh shìobaltaich. Cha deach dealbhan-camara de na rudan sin fhoillseachadh leis nach do thachair a' mhòr-chuid aca riamh. Ach bha an iomairt soirbheachail. Dh'fhàs faireachdainn an aghaidh na Gearmailt cho làidir 's gun tug e buaidh fiù 's air Teaghlaich Rioghail Bhreatainn, dh'atharraich iad an ainm bho Saxe-Coburg Gotha gu Taigh Windsor. Chaith Gearmailtich a bha a' fuireach ann am Breatainn a chur an grèim mar choigrich agus a chur dhan phriosan airson a' chòrr dhen chogadh.

Bha sgeulachdan ann mu choin Dachshund (a bha bhon Ghearmailt o thus) a bhith gan dochann air na sràidean. Aig an Nollaig, dhiùlt daoine laoidhean Nollaig Gearmailtis mar Silent Night a sheinn, agus dhiùlt daoine a dhol gu cuirmean-ciùil far an robh obair sgrìobhaichean-ciùil Gearmailteach mar Bach 's Beethoven ga cluich.

### MÌNEACHADH

**Propaganda** fiosrachadh gus buaidh a thoirt air beachd an t-sluaigh

**MEN OF BRITAIN !  
WILL YOU STAND THIS ?**

PHOTO BY F. FOXON, SCARBOROUGH.

No 2 Wykeham Street, SCARBOROUGH, after the German bombardment on Dec 16th. It was the Home of a Working Man. Four People were killed in this House including the Wife, aged 58, and two Children, the youngest aged 5.

78 Women & Children were killed and 228 Women & Children were wounded by the German Raiders

**ENLIST NOW**

An dèidh am postair seo  
fhaicinn dè shaoileadh  
daoine mu bhith a' cur taic ri  
iomairt a' chogaidh? Dè am  
faireachadh a bhiodh aca a  
thaobh nan Gearmailteach air  
sgàth seo a dhèanamh?

*Eisimpleir de phropaganda an aghaidh nan Gearmailteach*



## Àite bhoireannach ag atharrachadh

Thèid coimhead air buaidh a' Chiad Chogaidh air àite nam boireannach a thaobh poilitigs nas fhaide air adhart, ann an Cb. 7.

Thàinig atharrachadh mor air àite nam boireannach tron chogadh, ged nach do mhair a' chuid mhòr dhen seo ach greis. Ron chogadh, b' e am beachd nach b' urrainn do bhoireannach obair fhear a dhèanamh. Bha mòran fhireannach (agus bhoireannach) dhen bheachd gum b' e an dachaigh àite a' bhoireannaich. Ann an 1911 sheall cunntas-sluaign na h-Alba gun robh an dara leth de na boireannaich a bha a' cosnadh nan searbhanan, ann an gniomhachas an aodaich, a' fuagheal no a' fighe. Bha na bu lugha na deich sa cheud nan nursaichean, ann an dreuchdan proifeiseanta no ann an oifisean. Leis gun robh feum air barrachd armachd, thàinig atharrachadh mòr.

Bliadhna	Boireannaich ann an gniomhachas trom ann an Alba
1911	3,758
1916	18,500
1918	31,500

Boireannaich gan cosnadh ann an Alba ann an 1911, 1916 agus 1918

Gniomhachas	Aireamh bhoireannach
Muniseans	819,000
Einnseanaireachd	800,000
Obraichean Riaghaltais	650,000
Nursadh	100,000

Boireannaich gan cosnadh ann am Breatainn ann an 1917

Bha boireannaich a' déanamh mòran obraichean a bh' ann air sgàth feumalachdan a' chogaidh. Chaith an àireamh a bha gan cosnadh suas bho 3,224,600 san luchar 1914 gu 4,814,600 san Fhaoillean 1918.

Bha iad nan clippies air tramaichean is busaichean 's bha gniomhachasan nach gabhadh riutha roimhe a-nis ro-thoilichte obair a thoirt dhaibh. Bha iarrtas shònraighe ann a thaobh obair throm mar làimhseachadh guail, cumail connadh ri fùirmeisean 's togail bhàtaichean.

Leig cosnadh nam boireannach le fir a dhol gu seirbheisean an aimach, nas cudromaiche na sin, chuidich e gu mòr le iomairt a' chogaidh. Bha páigheadh 's an reat airson càrr-ùine math 's bha mòran nas fheàrr dheth na bha iad ron chogadh.

Bha barrachd saorsa aca cuideachd 's tuarastal math a' ciallachadh gum faodadh iad a dhol do na taighean-dhealbh is do na bùithtean. Chuidich an obair aca gus cead-bhòtaidh fhaighinn do chuid de bhoireannaich ann an 1918.

Seall air na figearan anns an dà chlàr. Dè na dòighean anns an do dh'atharraich obair nam boireannach tron chogadh?

### Factaraidhean mhuniseans

Tron chogadh, b' e déanamh stuthan-spreadhaidh 's shligean aon de na h-obraichean cunnartach a rinn boireannaich. Chaith factaraidh mhòr **còrdait** a thogail aig Gretna 's chaith am baile a leudachadh gus gum biodh taighean ann do luchd-obrach. Bha 9000 boireannach 's 5000 fireannach ag obair innte. Bhiodh 12 uair a thìde ann an siort àbhaisteach le 90 mionaid airson biadh. Bha an obair cunnartach. Chan fhaodadh dad meatailt a thoirt a-steach, fiù 's príneachan nam falt air eagal 's spreadhadh adhbharachadh le sradag. Ged a chaith tè a mharbhadh ann an 1917, bha factaraidh Ghretna air a meas mar aon dhen fheadhainn a bu shàbhailte.

### MÌNEACHADH

**Còrdait** stuth-spreadhaidh air a chleachdadh ann am muniseans



Dè na riaghailtean a dhèanadh do chlas gus an obair a dhèanamh cho sàbhailte 's a ghabhadh don luchd-obrach?

Boireannaich ann am factaraidh mhuniseans a' dèanamh shligeann ghunnachan-mòra

## Lagachadh-sgilean

Bha aon cheist mhòr eile co-cheangailte ri boireannaich a bhith ag obair agus b' e sin an argamaid a thaobh **lagachadh-sgilean**. Bha aig fireannaich sgileil ri preantasachd seachd bliadhna a dhèanamh gus ceàird a thoirt a-mach, ach cha robh boireannaich a' faighinn ach beagan sheachdainean de thrèanadh. Bha na fireannaich sgileil nach deach a shabaid a' gearan gun robh feadhainn leth-sgileil a' faighinn an aon tuarastal riuthasan.

Mar fhuasgladh air a' cheist seo, thug Ministreachd nam Muniseans a-steach sgeama air an robh dilution ann an 1915. Fon sgeama, bha obraichean sgileil air an roinn ann am pàirtean. Chaidh boireannaich a thrèanadh gus cuid de na pàirtean a dhèanamh. Mar seo, cha robh inbhe no tuarastal nam fireannach sgileil fo chunnart.

A dh'aindeoin 's cho luachmhor 's a bha na rinn boireannaich aig àm a' chogaidh, bha mòran dhuilgheadasan aca. Cha robh an aon tuarastal aca ri fireannaich a bha a' dèanamh obair chionann. Cuideachd, cha bhiodh an obair aig na boireannaich ach direach airson ùine. Bha an Riaghaltas air gealltainn dha na fir a chaidh dhan chogadh gum faigheadh iad an obraichean air ais nuair a bhiodh an cogadh seachad. Chaidh gabhail ri Achd nan Cleachdaidhean ron Chogadh a' ciallachadh gum feumadh boireannaich an obraichean fhàgail airson an toirt air ais do na saighdearan a thilleadh às a' chogadh. Mar a sgriobh Trevor Royle ann am The Flowers of the Forest:

*Cha do mhair suidheachadh nam boireannaich aig àm a' chogaidh agus anns na bliadhna chan às a dhèidh bha aca ri tilleadh gu obraichean bhoireannach anns am biodh iad, mar bu trice, a' dèanamh rud a-rithist 's a-rithist air tuarastal iosal.*

## MÌNEACHADH

**Lagachadh-sgilean** a' cur luchd-obrach leth-sgileil no neo-sgileil an àite daoine sgileil

Ciamar a tha am postair a' brosnachadh bhoireannach gu bhith nam pàirt de dh'iomairt a' chogaidh?



Postair mu raiseanadh bho àm a' chogaidh

## Raiseanadh

Dh'fheumadh boireannaich 'an teine a chumail air san dachaigh'. Ro 1914, bha 60% de bhiadh Bhreatainn a' tighinn bho thall thairis. Dh'fheuch a' Ghearmailt ri stad a chur air an seo. Ann an 1915, 's a-rithist ann an 1917, thug bàtaichean-



aigeil Gearmailteach ionnsaighean air bàtaichean a bha a' toirt bathar deatamach a Bhreatainn.

Bhiodh sreathan de dhaoine aig bùithtean airson biadh a cheannach, agus nochd seòrsa ùr de dh'aran, *Standard bread*. Thàing margarin an àite ìm agus bhathar a' brosnachadh dhaoine gus measan is glasraich fhàs iad fhèin. Chaidh gàrraidhean 's pàircean poblach a chleachdadh airson biadh fhàs.

Air feadh Bhreatainn, ghabh 250,000 boireannach ann am Feachd an Fhearainn. Ghabh iad àite nam fireannach a dh'fhàg an obair air tuathanasan gus a dhol dhan chogadh. A dh'aindeoin seo b' fheudar don riaghaltas raiseanadh a thoirt a-steach san Dùblachd 1917 gus gum faigheadh a h-uile neach roinn chothromach de bhiadh.

Seòrsa bìdh	Àrdachadh ceudadach sa phrìs eadar 1914 is 1916
Stuthan coitcheann	65%
Siùcar	166%
Iasg is uighean	100%
Flùr	66%
Margarain	19%
Bainne	39%
Buntàta	53%

Clàr a' sealltainn àrdachadh phrisean air sgàth gainne a' bhìdh. Figearan bho Bhòrd na Malairt, Dàmhair 1916 (mar a sgrìobh Trevor Royle ann an *The Flowers of the Forest*).

Fhuair daoine cairtean-raiseanan air an robh ainm na bùtha sam faodadh iad rudan sònraichte a cheannach. Rachadh stamp air a' chairt gus sealltainn gun deach raisean na seachdain a cheannach. Dh'obraich an siostam gu ìre mhath, ach b' urrainn do chuid, ma bha an t-airgead aca, tuilleadh a cheannach air **a' mhargaidh dhuibh**. Ann an 1918, bha biadh cho gann 's gun tugadh a-steach dà latha 'gun fheòil' san t-seachdain - ann an Alba, Diciadain 's Dihaoine. Bha e a-nis mì-laghail gum biodh feòil na pàirt de bhiadh ann an taighean-bìdh 's taighean-òsta air na lathaichean sin.

## MÌNEACHADH

**A' mhargaidh dhubbh** daoine, gu mi-laghail, a' reic rudan a bha air an raiseanadh

## Boireannaich Albannach ann an iomairt a' chogaidh

B' e Elsie Inglis a smaoinich air Ospadalan nam Boireannach Albannach a thòiseachadh. Bha i air a bhith ag iomairt airson cead-bhòtaidh ro 1914. Mhol i gun rachadh ospadalan-achaидh a stèidheachadh faisg air an loidhne-aghaidh. B' e seo aon dòigh anns am b' urrainn do bhoireannaich cur ri iomairt a' chogaidh. Dhiùlt riaghaltas Bhreatainn am beachd seo ach bha riaghaltasan na Frainge is Serbia na bu deònaiche. Chuidich an Dtr Inglis airgead a thogail gus ospadalan a stèidheachadh san Fhraing 's ann an Serbia. Thug an t-ospadal Frangach càram do chòrr is 10,000 saighdear. Chuidich fhèin gu pearsanta na feachdan Serbach 's Ruisseanach. B' ann nuair a bha i a' tilleadh a dh'Alba às an Ruis san t-Samhain 1917 a chaochail Elsie. Fhuair i tiodhlacadh armailteach ann an Dùn Èideann.

Sa gheàrr-ùine, thug obair Elsie, 's a luchd-taic, cobhair mheidigeach riatanach do chaidrich Bhreatainn. San fhad-ùine, sheall na h-Ospadalan seo 's ospadalan bhoireannach saor-thoileach eile, gum b' urrainn dhaibh dèiligeadh ri feumalachdan meidigeach an airm, 's obrachadh ann an suidheachadh doirbh, deuchainneach.

Seo mar a sgrìobh Ishobel Ross, a bha ag obair gu saor-thoileach ann an ospadalan ann an Serbia, san leabhar-latha aice air 19 Sultainn 1916:

*Bha leòintich gan toirt a-steach fad an latha, a' chuid mhòr le leòntan eagalach. Bhon uinneig, chì sinn na h-ambaleansan a' tighinn chun an teant-failteachaidh agus na fir thruagha gan giùlan a-steach. Tha na Serbianach a tha ag obair sa champa cho toilichte gun deach an t-ospadal a stèidheachadh mu dheireadh thall.*




Mhol oifigeach ann an riaghaltas Sherbia obair nam boireannach seo. A' bruidhinn air Aonad Meidigeach nam Boireannach ann an Costanza ann an 1917, thuir e:

*Tha e direach miorbhaileach mar a tha na boireannaich seo a' seasamh ri crualal; bidh iad a' diùltadh cuideachadh agus a' giùlan nan leòinteach iad fhèin. Tha iad ag obair mar nàbhaidhean. Chan iongnadh Breatainn a bhith na dùthaich chumhachdach ma tha na boireannaich mar seo.*

Chaidh an obair aca a mholadh aig an taigh cuideachd. Seo earrann às a' Ghlasgow Herald, 22 Sultainn 1917

*'S e an obair sgoinneil a tha Ospadalan nam Boireannach Albannach a' dèanamh ann an Serbia is Salonika tron àm mhillteach seo sa chogadh aon de na caibideilean as fheàrr. Tha e a' toirt am follais uaisleachd agus comasan nam boireannach Albannach a chaidh a ghairm gu fuireach air raon a' chogaidh.*



Rannsaich air  
an Eadar-lion  
gus tuilleadh  
fhaighinn  
a-mach  
mu na rinn  
Ospadalan nam  
Boireannach  
Albannach aig  
àm a' chogaidh.

Luchd-obrach ann an aon de Ospadalan nam Boireannach Albannach, 1915

Bha Màiri Chisholm na deagh eisimpleir eile de bhoireannach Albannach a chuir ri iomairt a' chogaidh ann an dòigh fheumail. Nuair a bha i direach 18, chaidh i air baidhsagal a Lunnaidh agus chaithd a' 'trusadh' leis an Dtr Eachann Rothach a bha a' cur sgioba meidigeach air dòigh gus a dhol dhan Bheilg. Fad an ath 18 mìosan, thug an Dtr Rothach 's an sgioba aige cobhair mheidigeach do na Beilgich. San Fhaoilleanach 1915, fhuair Màiri urram bho Righ nam Beilgeach mar chomharra air na rinn i. Sa Mhàrt 1918, dh'fhuiling Màiri ionnsaigh gas 's thill i a dh'Alba aig deireadh na mìos. Sgrìobh i mun turas aice:

*Bha e na urram dhomh obrachadh trì bliadhna gu leth sa chunnart ri taobh fhireannaich ghaisgeil. Bha an t-adhbhar nas mothà na sinne.*



## Gairm-reachdail

An toiseach, bha dealas mòr san dùthaich mun chogadh 's bha fir nan ruith 's nan leum airson liostadh. Ach bha daoine ann a bha an aghaidh a' chogaidh. Na b' fhaide air adhart, bha e na b' fhollaisiche cò ris a bha cogadh nan trainnsichean coltach, 's miltean de shaighdearan a-nis marbh. B' fheudar don riaghaltas **gairm-reachdail** a chleachdad gus fir fhaighinn do na feachdan armaichte.

### Priomh laghan

- ▶ Achd nan Clàrachaidhean Nàiseanta, luchar 1915. Bha aig gach neach, ri clàrachadh airson seirbheis.
- ▶ Achdan Seirbheis san Arm, Faoilleach 's Cèitean 1916, 's 1918:
  - fon chiad achd chaidh gairm-reachdail gu fir eadar 18 is 41 a dh'aois, ma bha iad singilte no nam banntraichean gun chlann, aois 18–41
  - fon dàrna achd chaidh gairm-reachdail gu fireannaich phòsta cuideachd
  - fon treas achd chaidh an aois a chur suas gu 51.

Air sgàth gairm-reachdail, chuir daoine 's buidhnean às ùr an aghaidh a' chogaidh.

### Carson a bha cuid a' cur an aghaidh a' chogaidh?

Bha a' mhòr-chuid a' cur taic ris a' chogadh 's ri gairm-reachdail a' creidsinn gun robh e riatanach. Ach bha cuid na aghaidh air sgàth adhbharan politigeach no creideimh. B' e **sòisealachd** aon adhbhar cudromach. Bha mòran Albannach nam buill den Phartaidh Phoilitigeach am Partaidh Lèabarach Neo-eisimeileach (Independent Labour Party - ILP). Bha na buill a' creidsinn gur e **calpairean** a thòisich an cogadh. B' e fir-obrach a bha a' sabaid 's a' bàsachadh – cha b' e na daoine aig an robh factaraidhean no a bha gam manaidseadh. Bha an ILP an aghaidh a' chogaidh a' creidsinn gun robh brath ga ghabhail air fir-obrach.

Bha mòran, na Quakers nam measg, a' creidsinn gun robh e an aghaidh an creideimh daoine a mharbhadh.

Cha robh ach beagan a' cur an aghaidh gairm-reachdail. Tràth ann an 1915, dh'fhosgail meur Ghlaschu dhen Chomann an Aghaidh Gairm-reachdail (No Conscription Fellowship – NCF). Bhiodh an NCF tric ag obair còmhla ris an ILP bhon a bha iad le cheile an aghaidh gairm-reachdail. Bhathar a' fàgail orra nach robh gràdh-dùthcha annta. Nuair a nochdadh daoine a bha an aghaidh a' chogaidh air sgàth bheachdan sòisealach aig tribiùnanal, cha bhiodh co-fhaireachdainn ann dhaibh.

Tron chogadh, dhiùlt còrr is 16,000 fear a dhol dha na feachdan armaichte, air sgàth bheachdan moralta no creidmheach. B' e diùltairean cogaiseach a chante riutha, no 'conchies' (giorrachadh air *conscientious objectors*). Dhaibhsan bha an t-ainm 'conchie' oilbheumach. Bha a' mhòr-chuid aca deònach cuideachadh le obair sam bith ach sabaid, me, giùlan shineadairean no dràibheadh ambaileans.

Dhiùlt àireamh bheag den luchd-diùltaidh pàirt sam bith a ghabhail san iomairt. Chante *absolutists* riutha 's phàigh iad gu daor airson am beachdan. Bhiodh na tribiùnanal airm gan cur dhan phriosan. Chaidh mu 6261 dhan phriosan no gu obair-làimhe chruaidh. Bhàsaich 71 air sgàth na dh'fhuiling iad 's chaidh 31 eile às an ciall. Thug aon chunntas iomradh air tachartasan maslach far an robh daoine a' faighinn tlachd bho bhith a' dèiligeadh riutha gu borb. Sgriobh eòlaiche-eachdraidh san latha an-dugh mun dòigh san deach dèiligeadh ri cuiid de dhiùltairean cogaiseach tron chogadh:

*Chaidh a ràdh ri aon phriosanach gun robhar a' dol ga mharbhadh 's chaidh a thoirt tro na ceumannan gus an robh gunna a' cuimseachadh air. Chaidh am biathadh an aghaidh an toil an ceangal ann an seacaidean smachdachaidh, an dochann, an cumail ann an ceallan salach, am biathadh air aran 's uisge, agus gu tric an ciùrradh.*

B' ann san Dùblachd 1920 a chaidh stad a chur air gairm-reachdail.

### MÌNEACHADH

**Gairm-reachdail** an riaghaltas a' toirt air daoine gabhail san arm

**Sòisealachd** gluasad politigeach a tha airson comann-sòisealcta co-ionann a dhèanamh

**Calpairean** daoine aig an robh factaraidhean, gnothachasan 's còmhdhail, gan ruith airson prothaid phriobhaideach



## Nàisean a' caoidh

Ann an 1918, cha mhòr nach robh a h-uile teaghlaich ann am Breatainn a' caoidh neach a bhuiineadh dhaibh a chaidh a chall. Ma bha daoine a' caoidh, b' e an cleachdadhan traidiseanta gum biodh na cùirtearan air an tarraing air na h-uinneagan aca agus gum biodh aodach dubh orra air an t-Sàbaid.

Fhuair teaghlaichean a-mach dè thachair dhan càirdean ann an diofar dhòighean.

Gu h-oifigeil, chuireadh an t-arm teileagram. Gu tric chuireadh caraidean an t-saighdeir a chaidh a mharbhadh litrichean dhachaigh. Sgriobhadh seaplainean an airm litrichean gu daoine a chaill càirdean. 'S dòcha gun cuireadh an t-oifigear a bha os cionn an fhir a bhàsaich litir le a **cho-fhaireachdainn**.

An dèidh batal mòr, bhiodh pàipearan-naidheachd ionadail a' foillseachadh ainmean an fheadhainn a chaidh a mharbhadh agus a leòn. Gu tric chailleadh sràidean agus bailtean beaga a' mhòr-chuid de na fir òga aca agus biodh an fheadhainn a liostaig còmhla gu tric a' bàsachadh còmhla.

Is cinnteach nach bi fios gu bràth dè an dearbh àireamh de dh'Albannaich a bhàsaich sa Chiad Chogadh. B' e an àireamh oifigeil 74,000. Tha cuid eile dhen bheachd gun robh an àireamh eadar 100,000 's 150,000. Ann an *The Flowers of the Forest*, tha an t-eòlaiche-eachdraidh Trevor Royle a' toirt tuairmse air na chaidh a leòn is a mharbhadh ann an cuid de na Rèiseamaidean Albannach sa chogadh:

Rèiseamaid	Marbh agus leònte
The Royal Scots	11,213
Am Freiceadan Dubh	10,000
The Highland Light Infantry	10,000
Na Gòrdanaich	9,000

De 13,568 fireannach a dh'fhàg na ceithir oilthighean ann an Alba airson gabhail dhan arm gu saor-thoileach, chaidh 2026 a mharbhadh sa chogadh – mu 15 sa cheud.

Chaill Glaschu 18,888 de fhir òga a' bhaile. Chaill Dùn Dè 4213 fir òga a-mach à sluagh iomlan de 180,000. Bha bàs gach neach na chall do theaghlaich, do choimhearsnachd agus don nàisean. Air an ath dhùilleig, chì thu eisimpleir de litir a bhiodh ga cur gu luchd-gràidh a dh'innse dhaibh gun deach fear dhen teaghlaich aca a mharbhadh a' sabaid sa chogadh.

**MÌNEACHADH**  
**Co-fhaireachdainn** duilich airson  
daoine a tha air naidheachd bàis no  
droch naidheachd eile fhaighinn



Army Form B. 104—82

Infantry Record Office,

Aberdeen

May 9<sup>th</sup> 1917*Madam*

It is my painful duty to inform you that a report has been received from the War Office notifying the death of:—

(No.) **1245920** (Rank) **Private**(Name) **Bertie Albert Gray**(Regiment) **Gordon Highlanders**which occurred *at place not stated*on the **16<sup>th</sup> April 1917**The report is to the effect that he *was***Killed in action**

By His Majesty's command I am to forward the enclosed message of sympathy from Their Most Gracious Majesties the King and Queen. I am at the same time to express the regret of the Army Council at the soldier's death in his Country's service.

I am to add that any information that may be received as to the soldier's burial will be communicated to you in due course. A separate leaflet dealing more fully with this subject is enclosed.

I am, your most humble and obedient servant

Ciamar a  
bhiodh tu a'  
faireachdainn  
nam faigheadh  
tu fios mu bhàs  
neach gràdhach  
ann an cogadh?  
Dè na ceistean  
a bhiodh  
tu airson  
fhaighneachd?  
Saoil ciamar  
a bhiodh tu a'  
faireachdainn  
anns na  
seachdainean  
agus na mìosan  
às a dhèidh?

*Ath-riochdachadh de fhios mu bhàs saighdeir*



## Cuimhneachadh

Cha mhòr nach eil carragh-cuimhne, le ainmean nam fear às an sgìre a bhàsaich sa Chiad Chogadh air, anns a h-uile baile beag agus mòr ann an Alba. Air Didòmhnaich Cuimhneachaidh, gach Samhain, bidh daoine a' cruinneachadh gus an spèis a shealltann do na fir a bhàsaich sa 'chogadh a chuireadh crìoch air cogadh'.

An dèidh a' chogaidh chaithd aontachadh gum biodh cuimhneachan nàiseanta air a thogail do na h-Albannaich a bhàsaich, agus b' e Caisteal Dhùn Èideann an làrach a chaidh a thaghadh. An dèidh deasbad mhòr mu choltas an togalaich, chaidh Cuimhneachan Cogaidh Nàiseanta na h-Alba fhosgladh air 14 luchar 1927. Chaidh ainmean nam marbh às gach rèisimeid Albannach a chur am broinn a' chuimhneachain.



Faigh a-mach dè tha Pro Patria a' ciallachadh. Faigh a-mach bhon tidsear Bheurla mu bhàrdachd le Wilfred Owen anns a bheil na faclan sin. Ciamar a tha Owen a' cleachdadh nam faclan gus beachd a dhaingneachadh? Ciamar a tha am beachd diofraichte bho theachdaireachd nam faclan mar a tha iad air an cleachdadh air a' charragh-cuimhne? Cò as motharis a bheil thu ag aontachadh: mar a chleachd Owen na faclan no mar a tha iad air an cleachdadh air a' chuimhneachan oifigeil?

*Carragh-cuimhne  
cogaidh ann  
am Burgh of  
Maxwelltown, Dùn  
Phris*



Ciamar a bhiodh teaghlaichean nan saighdearan Albannach a chaidh a mharbhadh a' faireachdainn mu chuimhneachan nàiseanta?

*Cuimhneachan Cogaidh Nàiseanta na h-Alba aig Caisteal Dhùn Èideann*

## Obair 1

### Dèan geàrr-chunntas air a' chaibideil

Dèan diagram damhan-allaidh airson do chuideachadh gus geàrr-chunntas a dhèanamh air buaidh a' Chiad Chogaidh air daoine aig an taigh ann an Alba. Dh'fhaodadh tu an gniomh seo a phlanadh còmhla ri caraid no buidheann beag, ach bhiodh e math nan dèanadh tu an diagram nad aonar nad leabhar-obrach no nad fhaidhle-obrach. Seallaidh seo dhut dè cho math 's as aithne dhut am fiosrachadh.

A' cleachdadh pìos mòr pàipeir, dèan notaichean air na cuspairean seo:

- |  |  |
|--|--|
| ▶ propaganda                           | ▶ gairm-reachdail agus diùltadh cogaiseach |
| ▶ àite nam boireannach ag atharrachadh | ▶ leòintich agus bàsan                     |
| ▶ raiseanadh                           | ▶ cuimhneachadh.                           |

Ma dh'obraicheas sibh ann am buidhnean de thriùir, faodaidh aon neach leughadh, faodaidh aon èisteachd agus geàrr-chunntas a dhèanamh, agus faodaidh an neach eile am fiosrachadh a sgrìobhadh. Gach uair a ghluaiseas sibh gu cuspair eile, nì sibh suaip air na dreuchdan sin. Dèanaibh cinnteach gun cuir sibh ann dà phios fiosrachaидh air gach cuspair.

Tagh làn-duilleag nad leabhar no nad fhaidhle agus clàraich am fiosrachadh a rannsaich sibh ann an diagram damhan-allaidh dathach, snasail.



## Obair 2



### Cearcall a' tionndadh

Tagh aon de na cuspairean bho Obair 1 gus a rannsachadh, agus sgrìobh paragaf sa bheil eadar 100 agus 200 facal a' mìneachadh buaidh a' Chiad Chogaidh air a' chuspair a thagh thu.

Roinn an clas na dhà bhuidheann agus cuir gach buidheann ann an cearcall. Bidh aon bhuidheann sa chearcall a-staigh agus am buidheann eile sa chearcall a-muigh. Bu chòir do gach neach seasamh aghaidh ri aghaidh mu choinneamh neach eile.

Gabhaibh cothrom mu seach, airson timcheall air mionaid, a' dèanamh suaip air an fhiosrachadh a tha agaibh. Thoir measadh dearg, òmar no uaine don neach mud choinneamh agus co-dhiù aon mholadh air fiosrachadh a dh'fhaodadh e/i a bhith air a chur ann.

An uair sin gluaisidh an cearcall a-staigh deasail agus gluaisidh an cearcall a-muigh tuathal. Ni an ath phaidhir an aon rud.

Leanaidh na cearcallan a' tionndadh gus am faigh sibh uile cothrom fiosrachadh a choroinn le co-dhiù dithis sa chlas.

## Practas air ceistean

### Naiseanta 4



Tha Stòr A mun bhuaidh a bha aig a' chogadh air boireannaich ann an Alba. Tha e bho Mhairead Mhoireasdan a chaidh a dh'obair ann am factaraidh shligeann air taobh an iar na h-Alba.

### STÒR A

*Gus a sin bha mi ag obair a' nighe an aodaich air oighreachd mhòr. Cha robh a' mhòr-chuid againn air obrachadh air innealan riamh roimhe. Bha sinn air ar n-ionnsachadh fad seachdain le fear de na gafairean. An dèidh greis thuirt iad gum b' urrainn dhuinn a dhèanamh a cheart cho math ri duine de na fir-obrach sgileil. Mar a bhiodh dùil, cha d' fhuair sinn an aon phàigheadh. Dh'fhaodadh e bhith cunnartach ag obair ann an roinn an stuth-spreadhaidh. Bha sinn ag obair siost 12 uairean, ach bha am pàigheadh math.*

**1 Minich nad fhaclan fhèin na tha Stòr A ag innse dhuinn mun bhuaidh a bha aig a' Chiad Chogadh air boireannaich.**

### Slatan-tomhais soirbheachaidh

Cuir ann co-dhiù aon phios fiosrachaidd a' mìneachadh na buaidh a bha aig a' Chiad Chogadh air boireannaich ann an Alba.

**2 Inns cò às a thàinig Stòr A. Tha seo a' ciallachadh gum bu chòir dhut innse cò chruthaich an stòr agus cuin a chaidh an stòr a dhèanamh.**

### Slatan-tomhais soirbheachaidh

- Cleachd co-dhiù aon phuing fiosrachaidd firinneach mun ùghdar, mu cuin a chaidh an stòr a sgriobhadh, no carson a chaidh a sgriobhadh.
- Dèan làn mhìneachadh air na puingean agad.



## Nàiseanta 5

### 1 Thoir cunntas air a' bhuaidh a thug call-beatha san arm air comann-sòisealta na h-Alba. (4)

Seo taic airson do chuideachadh le tòiseachadh:

- leòintich agus bàsan
- carraighean-cuimhne cogaidh
- Cuimhneachan Cogaidh Nàiseanta na h-Alba.

### Slatan-tomhais soirbheachaidh

- Feumaidh tu seantans a sgrìobhadh mar ro-ràdh a' dèanamh breithneachadh air a' cheist. Mar eisimpleir, "Bha iomadh buaidh aig call-beatha san arm air comann-sòisealta na h-Alba."
- Gheibheir 4 comharran airson 4 puingean a tha air am mìneachadh gu math, mu cheithir nithean eadar-dhealaichte.
- Faodaidh tu cuideachd suas gu 4 comharran fhaighinn airson freagairt le puingean leasaichte: a' toirt cunntas air puing agus an uair sin ga leasachadh le tuilleadh fiosrachaидh ann an seantans eile. Faodaidh seo na bhios agad ri sgrìobhadh a bheagachadh. Feumaidh tu 2 phuing leasaichte airson nan 4 comharran.
- Na liost na puingean agad uile còmhla idir. Chan fhaigh thu ach 1 chomharra airson sin a dhèanamh. Feumaidh tu ceithir seantansan eadar-dhealaichte.

Tha Stòr A mu na thachair mar thoradh air gairm-reachdail ann an Alba, air atharrachadh bho *Scottish Popular Politics from Radicalism to Labour* le W. Hamish Fraser (2000).

## STÒR A

*Nuair a chaidh gairm-reachdail a thoirt a-steach, thog am Partaidh Lèabarach Neo-eisimeileach fianais na aghaidh còmhla ris a' Chomann an Aghaidh Gairm-reachdail [NCF] agus lomairt Sithe nam Ban (Women's Peace Crusade) a chuir Helen Crawfurd air chois ann an Glaschu. Bha an NCF ag obair gus dion a chur air còraichean dhiùltairean cogaiseach. Chaidh oifisean fhosgladh air feadh na RA, agus tè dhiubh ann an Dùn Èideann. Chuir iad fios gu diùltairean is mòran dhiubh mu thràth air an cur an gréim agus anns a' phriosan. Bhiodh an NCF a' toirt taic tric aig tribiùnan agus ann an cùirtean, ach cha bhiodh iad an-còmhnaidh soirbheachail.*

### 2 Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha Stòr A mar fhianais air gairm-reachdail ann an Alba. ('S dòcha gum bi thu airson beachdachadh air dè an seòrsa stòir a tha ann, cò sgrìobh e, cuin a chaidh a sgrìobhadh, carson a chaidh a sgrìobhadh, dè tha e ag ràdh agus dè chaidh fhàgail às.) (5)

### Slatan-tomhais soirbheachaidh

- Feumaidh tu seantans a sgrìobhadh mar ro-ràdh, a' dèanamh breithnachadh air a' cheist. Mar eisimpleir, 'Tha Stòr A gu math/uabhasach feumail mar fhianais air . . .'
- Airson gach puing, feumaidh tu a ràdh a bheil i a' cur-ris no a' beagachadh cho feumail 's a tha an stòr. Mura dèan thu sin, chan fhaigh thu an comharra.
- Faodar suas gu 4 comharran a thoirt airson bheachdan a tha a' dèanamh measadh air an ùghdar, an seòrsa stòir a th' ann, agus cuin 's carson a chaidh a sgrìobhadh.
- Faodar suas gu 2 chomharra a thoirt airson bheachdan a tha a' dèanamh measadh air earrannan buntainneach a tha thu a' taghadh às an stòr.
- Faodar suas gu 2 chomharra a thoirt seachad airson bheachdan a tha a' dèanamh measadh air puingean fiosrachaيدh nach eil anns an stòr.

# Buaidh a' chogaidh aig an taigh: gnìomhachas is eaconamaidh

## 7 Dè a' bhuaidh a bha aig a' Chogadh air gnìomhachasan agus eaconamaidh na h-Alba?

### Cò mu dheidhinn a tha a' chaibideil seo?

Bha buaidh mhòr aig a' chogadh air gnìomhachasan troma na h-Alba. Dh'atharraich an tuathanachas agus an t-iasgach cuideachd mar thoradh air iarrtasan a' chogaidh. Ged a chaidh mòran fhireannach dhan chogadh gu saor-thoileach no fo ghairm-reachdail, bha mòran fhathast ag obair ann an obraichean ris an cante obraichean glèidhete. Às dèidh a' chogaidh, bha duilgheadasan ùra aig eaconamaidh na h-Alba. Chaith gnìomhachasan ùra a thòiseachadh ach bha iad sin mar bu trice ann am meadhan no ann an ceann a deas Shasainn. Chaill gnìomhachasan na h-Alba na buannachdan a bha aca roimhe agus bha duilgheadasan mòra aig eaconamaidh na h-Alba eadar 1919 agus 1928.

Ro dheireadh na caibideil, bu chòir dhut a bhith air chomas:

- Cunntas a thoirt air a' bhuaidh a thug an cogadh air eaconamaidh na h-Alba.
- Mineachadh a thoirt air carson a bha duilgheadasan aig eaconamaidh na h-Alba eadar 1919 agus 1928.

### Buaidh air eaconamaidh na h-Alba

Bha a' Chiad Chogadh a' ciallachadh barrachd air direach feachdan-airm mòra a' sabaid a chèile. Chosg an cogadh fortan. Chaith obrachadh a-mach, gus gach saighdear a chumail a' sabaid, gun robh co-dhiù sianar ag obair gu cruaidh aig an taigh gus biadh, armachd, uidheamachd 's gach rud eile a bha a dhìth air a chumail ris. Chruthaich an riaghaltas Ministreachd nam Muniseans gus an eaconamaidh a chur ann an òrdugh agus gus taic a chumail ris na feachdan.

Seo obair a bha an urra ri Ministreachd nam Muniseans:

- gnìomhachasan mar gual, dèanamh-stàilinn agus na rèilichean a ruith ann an dòigh na b' èifeachdaiche.
- **iomadachd-bathair** a bhrosnachadh gus am biodh gnìomhachasan a' dèanamh diofar sheòraichean de bhathar.

### MÌNEACHADH

**iomadachd-bathair** gnìomhachas a' dèanamh diofar sheòrsaicéan bathair, air an robh feum sa chogadh, an àite direach aon seòrsa mar a bha roimhe



## Gníomhachas trom

Ron chogadh, bha duilgheadas aig **gníomhachasan troma** ann an Alba, me togail-bhàtaichean, dèanamh iarainn 's stàilinn, mèinneadh guail agus fighe aodaich. Bha seo air sgàth seann dòighean-obrach 's co-fharpais bho dhùthchannan cèin. Ach, fhuair iad buannachd tro iarrtasan a' chogaidh.

### *Cuspair-sgrudaidh: Gàrradh-iarainn Fairfield, Baile a' Ghobhainn, Glaschu.*

Bha àireamhan mòra de dhaoine ag obair anns na gàrraidhean-iarainn aig an àm seo mar phàirt de dh'iomairt a' chogaidh. Ann an 1913, bha 7632 fireannach ag obair ann an gàrradh-iarainn Fairfield. Chaidh 2332 dhiubh dhan arm no dhan nèibhidh agus chaidh 164 dhiubh a mharbhadh.

Eadar 1914 is 1918, dh'èirich an àireamh a bha ag obair ann gu 9000, faisg air 2000 a bharrachd air na bh' ann riamh roimhe.

An dèidh 1915, bha boireannaich ag obair ann. Bha a' chuid mhòr a' dèanamh obair leth-sgileil no neo-sgileil. Chante 'dilutees' riutha gu tric bho nach robh na sgilean aca airson na h-obraichean sin a dhèanmh a reir siostam preantasachd Fairfield.

Am measg na bha Fairfields a' togail bha bàtaichean-mèinn, bàtaichean-aigeil, bàtaichean-millidh, bàtaichean-batail agus crùisearan-bathair armaichte. Uile-gu-lèir, thog an gàrradh-iarainn seo 43 bàtaichean dhan Chabhlach Rioghail. B' e HMS Renown an tè bu mhotha a thogadh ann riamh – bàta-batail 27,000-tunna, 800 troigh a dh'fhaid le 4 gunnachan 15-òirleach, a dhèanadh 32 mile-mara san uair. Thogadh i ann am 20 mios, an ùine bu ghiorra airson a leithid aig an àm.

Feumar cuimhneachadh nach robh an seo ach aon de mhòran ghàrraidhean-iarainn air Abhainn Chluaidh a bha a' togail bhàtaichean airson Ministreachd nam Muniseans. Chaidh mu 43 sa chiad de na bàtaichean a dh'òrdaich Ministreachd nam Muniseans eadar 1914 is 1919 a thogail ann an gàrraidhean Chluaidh.

Bha mòran de na h-obraichean sna gníomhachasan troma air leth sgileil, 's bha na fir a bha gan dèanamh a' faighinn pàigheadh math. B' e **obraichean glèidhte** a bha annta, a' ciallachadh gun robh iad cho cudromach ann an iomairt a' chogaidh 's nach fhaodadh na fir-obrach gabhail anns na feachdan armaichte. Me, bha einnseanair sgileil a bha a' dèanamh einnseanan bhàtaichean, no mèinneadair sgileil a bha a' toirt connadh às na mèinnean, fada na b' fheumaile dhan iomairt na bha na saighdear air an loidhne-aghaidh.

Bha dràibheadh thrèanaichean is obraichean ann am factaraidhean mhuniseans cuideachd glèidhte. Bha feum air luchd-obrach air tuathanasan airson biadh fhàs airson nam feachdan 's na daoine aig an taigh. Bha feum air daoine cuideachd airson na costaichean a dhòn mus tigeadh an nàmhaid. Cha robh e ceadaichte dhaibh sin falbh dhan chogadh gu saor-thoileach 's chan fhaigheadh iad gairm-reachdail nas mò.

## Stuthan cogaidh

Fhuair companidhean einnseanaireachd buannachd cuideachd. Leudaich companidh einnseanaireachd Beardmore, ann am Parkhead, a' toirt cosnadh do 20,000 fear a' togail phléanaichean, pìosan de ghunnachan, tancaichean agus fiù 's bàtaichean-adhair.

Air sgàth iarrtas muniseans, dhùblaich iad na bha iad a' dèanamh de stàilinn. Thug an gníomhachas seo cosnadh do 24,000 fear ann an gleann Abhainn Chluaidh.

Ann an Dùn Èideann, leudaich an North British Rubber Company air sgàth iarrtas airson mhasgaichean-gas, 's còtaichean, brògan-mòra agus siotaichean dionach.

## MÌNEACHADH

**Gníomhachas trom** gníomhachas mar mhèinneadh guail no dèanamh stàilinn

**Obraichean glèidhte** obraichean a bha deatamach an àm a' chogaidh, air an dèanamh le fir sgileil a bha an riaghaltas a' fàgail gun an togail dhan arm



Ann an Dùn Dè, leudaich gnìomhachas an diut gus pocannan-gainmhich agus bagaichean-sròine do dh' eich a dhèanamh. Aig aon àm, bha an t-arm a' cleachdadhl sia millean poca diut sa mhios. Mar thoradh air an iarrtas seo, bha prothaidean mòra ann agus cuideachd tuarastalan mòra don luchd-obrach sa ghniomhachas seo.

Leis gun robh iarrtas mòr ann airson stàilinn, bha mòran a bharrachd dheth ga dhèanamh. Ann an 1918, bha gàrraidhean stàilinn Ghlaschu a' dèanamh 90 sa cheud de phleataichean armachd Bhreatainn, a bha air an cleachdadhl a' togail bhàtaichean-cogaidh agus tancaichean.

Bha factaraidhean aodaich trang a' dèanamh aodach canabhair airson nan teantaichean a bha aig na saighdearan air an Aghaidh an lar agus, cuideachd, èididhean airson nam feachdan.

## Tuathanachas agus iasgach

Bha feum mòr air tuathanaich chaorach leis gur ann bho na caoraich a bha a' chlòimh a' tighinn airson èididhean nam feachdan. Ann an 1916, cheannaich an riaghaltas a h-uile giobag clòimhe a chaidh a bhearradh bho chaoraich agus ro dheireadh a' chogaidh bha páigheadh chìobairean air dùblachadh cha mhòr gu £2 san t-seachdain.

Dhùblaich páigheadh a' mhòr-chuid dhen luchd-obrach air na tuathanasan tron chogadh. Ged a chaill mòran thuathanasan luchd-obrach nuair a dh'fhalbh fir do na feachdan armaichte, chaidh fir na bu shine, balaich agus boireannach nan àite agus chaidh barrachd bìdh fhàs tron chogadh. Bha an riaghaltas a' brosnachadh nan tuathanach gus an toradh aca a chumail suas le bhith a' páigheadh pris bharantaichte airson toradh leithid buntata agus bainne.

Ach cha b' e naidheachd mhath a bh' ann uile. Chaidh gnìomhachas an iasgaich sios leis gun robh an Cuan a Tuath dùinte airson iasgach. Fiù 's air an taobh siar, dh'fheumadh iasgairean fuireach faisg air a' chladach leis gun robh bàtaichean-cogaidh is bàtaichean-aigeil na Gearmailt nan cunnart. Ron chogadh, bha mòran sgadan ga chur dhan Ruis, dhan Phòlainn agus fiù 's dhan Ghearmailt ach chuir an cogadh stad air sin. Chaidh àireamh nan iasgairean sios, agus chaidh na bhathar a' glacadh de throsg agus de dh'adag sios bho 1.5 millean tunna gu 0.5 millean tunna ann an 1917. Mar thoradh air seo, b' fheudar iasg a raiseanadh.

Ged a bha coltas ann tron chogadh gun robh gnìomhachasan trang, prothaideach ann an Alba, cha robh seo buileach fior. Nuair a thigeadh an cogadh gu crìoch, cha mhaireadh na prothaidean a thàinig na chois. Thug an cogadh fàs fuadain air gnìomhachasan ach bha seo dìreach a' cleith gun robh gnìomhachasan na h-Alba air a bhith a' crionadh ro 1914.

## Às dèidh a' chogaidh

Rinn eaonamaidh na h-Alba math às a' chogadh. Ach thàinig duilgheadasan anns na bliadhnanachan de shìth a lean. B' e an trioblaid nach robh gnìomhachasan trom, air an robh Alba math, a dhìth tuilleadh. Bha na gnìomhachasan ùra mar dèanamh chàraichean, ceimigean agus bathar dealain a' tòiseachadh ann an àiteachean eile.

Bha athrrachadh eile ann an eaonamaidh na h-Alba – bha innealan ùra a' dèanamh obair a bha luchd-obrach sgileil, air deagh phàigheadh, a' dèanamh roimhe. A-nis, dhèanadh daoine leth-sgileil no fiù 's neo-sgileil, air páigheadh na b' isle, an aon obair leis an teicneòlas ùr.

Agus mu dheireadh, fhad 's a bha gnìomhachasan na h-Alba ag obair a-mhàin airson an cogadh a bhuannachadh, bha dùthchannan eile mar na h-Inseachan agus na SA a' leasachadh nan gnìomhachasan aca. B' e farpais bho dhùthchannan cùin aon adhbhar airson mar a thuit cuibhreann Bhreatainn dhen mhalaир chruinneil ann an obraichean-dèanaimh bho 30 sa cheud ann an 1913 gu 22 sa cheud ann an 1929.



Can gur e an saighdear a tha san dealbh eile cuideachd, còmhla ris a' bhoireannach agus an leanabh. Saoil ciamar a bha e a' faireachdainn ann an 1923? Dèan diagram damhan-allaidh leis nas urrainn dhut de dh'fhaclan a fhreagradh air faireachdainean an fhireannaich agus a' bhoireannaich. Dè an seòrsa buidhinn a chuireadh a-mach postair mar seo? Thoir adhbharan airson do fhreagairtean.



## YESTERDAY - THE TRENCHES

PUBLISHED BY THE LABOUR PARTY 33 EGGLESTON SQUARE, LONDON, S.W. PRINTED BY VINCENT BROOKS, DAY & SON, LTD. 42, Parker St., Kingsway, London W.C.2.



## TO-DAY - UNEMPLOYED

'An-dè - na trainnsichean. An-diugh - gun obair.' Chaidh na postairean seo a dhèanamh ann an 1923 ag innse mar a bha mòran Albannach a bha nan saighdearan a' faireachdainn sna 1920an

### Togail-bhàtaichean às dèidh a' chogaidh

Eadar 1921 's 1923, thuit togail-bhàtaichean air Abhainn Chluaidh bho 510,000 tunna gu 170,000 tunna. Dhùin na gàrraidhean-iarainn nuair a sguir na h-òrdain. Carson a thuit an t-iarrtas cho mòr?

- ▶ Bha gàrraidhean-iarainn na h-Alba an crochadh ri òrdain bhon Chabhlach Rioghail. Sguir na h-òrdain airson nam bàtaichean ùra nuair a sguir an cogadh.
- ▶ Bha gàrraidhean-iarainn cèin na b' èifeachdaiche na an fheadhainn Albannach.
- ▶ Ann an gàrraidhean-iarainn na bu lugh a sìos is suas an costa, cha robh uimhir a bhàtaichean-iasgaich gan togail leis gun deach na margaidhean san Roinn Eòropa an ear a chall.



## Dè thachair do ghnìomhachas nan einnseanan-trèana às dèidh a' chogaidh?

Chaidh na bha an North British Locomotive Company a' dèanamh de dh'einnseanan-trèana sios dà thrian. Chrion obraichean einnseanaireachd nuair a bha companaidhean a' dol còmhla. Għluais na priomh-ofisean aca à Alba a Lunnainn.

### MÌNEACHADH

**Subsadaidh:** taic-airgid nach fheumar a phàigheadh air ais

## Dè thachair do ghnìomhachas a' għuail?

Ann an 1913, chuir mèinnean guail Alba a-mach 42.5 millean tunna de ghual. Ann an 1926 bha seo air tuiteam gu 16.8 millean tunna. Bha e doirbh an għal a thoirt às an tħaliex ann an Alba agus, mar sin, bha e cosgħil. Leis gun robb connaidhean eile mar ola ann, cha robb an aon iarrtas ann air għual. Bha am pàigheadh ga għearrad, agus mar thoradħ air sin, bhiodh na mèinnejadirean a' dol air stailc, agus fuuair Alba droch chliu mar dhùthaich san robb e doirbh gnothachas a dhèanamh. Leis a seo, sguir gnothachasan a chur an airgid aca an sàs ann an Alba.

## Dè a' bhuaidh a thug deireadh a' chogaidh air ghnìomhachas an diut?

Gu sìmplidh, sguir na h-ċordain bħon arm airson nam pocannan diut. Bha farpais ann bho na h-Innseachan cuideachd. 'S e snàithleach a th' ann an diut. Bhathar ga thoirt à Bangladeis (a bha an uair sin na pàirt de na h-Innseachan) gu Dùn Dè agus dhèanadh e seorsa de dh'aodach uabhasach làidir. Tron chogadh agus às a dhèidh, thoisich na h-Innseachan air muilnean diut a thogail iad fhèin.

## Dè thachair do thuathanachas?

Sguir an riaghaltas a phàigheadh **shubsadaidhean** do thuathanach ann an 1920. Thuit prīsean air feedħ an t-saogħil 25 sa cheud aig an àm seo, air a' char a bu lugha. Le innealan ûra, chaidh an toradħ suas ach cha robb feum air uimhir de luchd-obrach a-nis is bha nas lugha de obraichean rim faighinn.

## An do dh'fheuch an riaghaltas ri taic a thoirt do na ghnìomhachasan aig an robb trioblaidean mar seo?

Dh'fheuch. Chuir an riaghaltas co-labhairt air dòigh ann an Ottawa, Canada, gus malairt a bhrosnachadh ris an lompaireachd agus ris a' Cho-fhlaitheas.

Chaidh bùird-margaidheachd a chur air bħonn airson cuideachadh a thoirt do dhaoine a bha a' reic bainne, uigħean, buntata agus hama. Bha na bùird seo a' pàigheadh prīsean barantaichte airson nan toraidhean seo.

Chaidh cisean a chur air steach-bħathar à dùthchannan cèin agus, leis a sin, bha bathar Albannach na b' fħarpaisiche a thaobh präs.

Dh'atharraich tuathanach Albannach na cleachdaidhean aca cuideachd, agus iad air toraidhean diofraichte a reic, leithid clearcan, measan bog agus glasraich.

Chaidh companaidhean a bhrosnachadh gus seann innealan a chur bħuapa agus obrachadh còmhla gus cosgaisean a lúghdachadh agus an toradħ aca a mheudachad. Ann an Alba, bha seo a' tachairt ann an gniomhachas nan rēlileħan agus ann an gniomhachas na stālinn.

Chuir an riaghaltas Roinn Rannsachadh Saidheansail agus Gniomhachasail air chois gus gniomhachasan ûra mar peatra-cheinigiean agus itealanachd a thòiseachad.



## Atharrachaidhean ann an gnìomhachas sna 1920an?


Bha gnìomhachasan ùra a bha a' dèanamh leithid bathar dealain, einnseanaireachd cheimigeach 's togail-chàraichean stèidhichte air mòr-dhèanamh 's mòr-chleachdadadh.

Bha na seann gnìomhachasan troma faisg air mèinnean guail, clach-iarainn 's aibhnichean domhainn, bhon a bha e cosgail na

Tha an dà phostair seo a' sanasachd bathar do luchd-cleachdaidh. Dè cho mòr 's a bhiodh an co-cheangal eadar am bathar ùr seo agus sluagh a bha a' fulang isleachadh eaconamach agus cion-cosnайдh?



Sanas airson glanadair-sùghaidh



Sanas airson càr

bun-stuthan sin a għluasad. Cha robh an duilgheadas seo aig na gnìomhachasan ùra. Bha na factaraidhean a' ruith air lùth-dealain 's air an togail faisg air an luchd-ceannach ùr aca, mar bu trice ann am meadhan no an ceann a deas Shasainn.

Bha am bathar ùr aca, me, glanadairean-sùghaidh, a' ruith air lùth-dealain cuideachd. Bha sanasan a' brosnachadh dhaoine gus na rudan sin a cheannach, a' gealltainn gum biodh barrachd ùine aca airson chur-seachadan.

### Carson nach robh na gnìomhachasan ùra dha-rìribh nan cuideachadh do dh'Alba?

B' e an duilgheadas an Alba, gun robh mòran àiteachan gun cheangal ris a' għriod-dealain nāiseanta. Ann an 1938, bha còrr is 700,000 neach (40% dhen àireimh-sluagh) fhast gun dealan.

Bha àireamh-sluagh na h-Alba beag agus, air sgàth cion-cosnайдh, cha b' urrainn do dhaoine am bathar ùr seo a cheannach. Leis a sin, bhiodh na gnìomhachasan a bha a' fàs a' fuireach ann an ceann a deas Bhreatainn. Cha robh Alba a' tħàladh gu leor dhiubh gus cur às do na duilgheadasan a thàinig an cois crionadh na seann fheadhainn.



## Obair 1

### Dèan geàrr-chunntas air a' chaibideil seo.

Tagh duilleag shlàn nad leabhar-obrach no nad fhaidhle-obrach. Aig a' mhullach cuir an tiotal 'Cò bhuannaich agus cò chaill ann an gnìomhachasan na h-Alba tron Chiad Chogadh?'

Dèan clàr a-nis sa bheil trì colbhan leis na cinn 'Bhuannaich iad', 'Chaill iad' agus 'Adhbharan'. Cuir gach gnìomhachas Albannach an àrna cuid fo 'Bhuannaich iad' no 'Chaill iad'. Airson gach gnìomhachais, lorg co-dhiù aon phios fiosrachaidh a chuireas taic rid fhreagairt agus sgrìobh e fo 'Adhbharan'.

Feuch gun clàraich thu fiosrachaidh air na gnìomhachasan a leanas:

- ▶ tuathanachas
- ▶ iasgach
- ▶ togail-bhàtaichean
- ▶ einnseanaireachd
- ▶ obair aodaich
- ▶ mèinneadh guail
- ▶ dèanamh stàilinn



## Obair 2

Faigh pìos mòr pàipeir. Tarraig sgeidse de fhactaraidh le similear. Dèan seachd roinnean de bhroinn na factaraidh. Feumaidh iad a bhith gu math mòr. Tha gach roinn a' riochdachadh aon de na prìomh gnìomhachasan ann an Alba.

Anns gach roinn, dèan nota de na duilgheadasan a bh' aig a' gnìomhachas sin às déidh a' chogaidh agus sgrìobh carson a thachair iad. Dèan cinnteach gun cuir thu ann cò-dhiù dà phios de fhiosrachadh buntainneach airson gach gnìomhachais. Tarraig diagram/dealbh beag a' riochdachadh gach gnìomhachais.

Dèan cinnteach gun cuir thu ann a h-uile prìomh gnìomhachas bhon liosta ann an Obair 1.



## Obair 3

### 'Coisich timcheall is bruidhinn'

Obraichibh nur pàidhrichean no ann am buidhnean beaga. Faigh pìos mòr pàipeir agus tarraig triantan a lionas a' mhòr-chuid dhen duilleig.

Bheir an tidsear ùine shònraichte dhut. Lìon an triantan leis nas urrainn dhut de dh'fhiosrachadh air mar a thug a' Chiad Chogadh buaidh air gnìomhachasan na h-Alba. Nuair a tha an ùine seachad, fàg do phàipear agus gluais air adhart gu pàipear an ath bhuidhinn.

Bheir an tidsear ùine shònraichte eile dhut. Cuir tuilleadh fiosrachaidh ri pàipear a' bhuidhinn sin, air taobh a-muigh an triantain. Cùm a' coiseachd timcheall gus am bi am fiosrachadh gu lèir air na phàipearan no gus a bheil na pàipearan làn.

Mar chlas, bruidhinnibh agus dèanaibh cinnteach gu bheil na prìomh phuingean fiosrachaidh air a' bhuaidh gheàrr-ùine is fhad-ùine a bha aig a' chogadh air gnìomhachasan na h-Alba air a h-uile pàipear.

Bu chòir an clas gu lèir pàirt a ghabhail ann a bhith a' bruidhinn air an fhiosrachadh agus ga chlàrachadh.



# Practas air ceistean

## Naiseanta 4

Tha Stòr A mu bhuaidh a' chogaidh air gniomhachasan agus ea conamaidh na h-Alba.

### STÒR A

*Dh'atharraich a' Chiad Chogadh gniomhachasan agus ea conamaidh na h-Alba. Tron chogadh, rinn gniomhachasan na h-Alba math a' dèanamh nan rudan a bha a dhith air na feachdan armaichte leithid bhàtaichean. Às dèidh a' chogaidh dh'fhuiling gniomhachasan na h-Alba air sgàth barrachd farpais bho dhùthchannan cèin. Cha do thog Alba gniomhachasan ùra cho luath 's a dh'fheumadh i.*

**1 Thoir cunnatas air buaidh a' Chiad Chogaidh air gniomhachasan na h-Alba. Bu chòir dhut Stòr A agus d' eòlas fhèin a chleachdadh.**

#### Slatan-tomhais soirbheachaidh

Cleachd co-dhiù dà phuing fiosrachaiddh no aon phuing fiosrachaiddh leasaichte air buaidh a' Chiad Chogaidh air gniomhachasan na h-Alba.

Tha Stòr B mu bhuaidh a' chogaidh air gniomhachasan na h-Alba. Thugadh e à *The Flowers of the Forest: Scotland and the First World War* by historian Trevor Royle a chaidh fhoillseachadh ann an 2007.

### STÒR B

*Tron chogadh, bha Alba làn airidh air an ainm a fhuair i mar bhùth-obrach a' chogaidh. Ach, bha na prothaidean a' cleith gun robh a' mhòr-chuid de na gniomhachasan air a bhith a' crionadh ro 1914. Chaidh na bliadhna chan soirbheachail tron chogadh à cuimhne nuair a chrion ea conamaidh an t-saoghail anns na 1920an.*

**2 Inns cò às a thàinig Stòr B. Tha seo a' ciallachadh gum bu chòir dhut a ràdh cò sgrìobh an stòr agus cuin a chaidh an stòr a sgrìobhadh.**

#### Slatan-tomhais soirbheachaidh

- Cleachd co-dhiù aon phuing fiosrachaiddh fior mun ùghdar, mu cuin a chaidh an stòr a sgrìobhadh, no carson a chaidh a sgrìobhadh.
- Thòir làn mhìneachadh air do phuingean.



## Naiseanta 5

### 1 Minich buaidh a' Chiad Chogaidh air gniomhachasan iasgaich agus tuathanachais na h-Alba. (4)

Seo sanasan airson do chuideachadh le tòiseachadh:

- Chrion gniomhachas an iasgaich leis gun robh an Cuan a Tuath dùinte do bhàtaichean-iasgaich
- Ghabhadh beagan iasgaich a dhèanamh air a' chosta an iar. B' urrainn do dh'iasgairean iasgach faisg air a' chladach.
- Chaidh àireamh nan iasgairean sìos bho 32,678 gu 21,870 ann an 1917.
- Chaith na bha air a ghlacadh de dh'iasg geal sìos bho 1.5 millean tunna ann an 1914 gu 0.5 millean tunna ann an 1917.
- Air sgàth a' chogaidh bha iasg air a raiseanadh
- Fhuair tuathanachas ann an Alba buannachd tro thuathanachas chaorach.
- Bha fèill air clòimh airson èididhean nam feachdan a dhèanamh.
- Dhùblaich am pàigheadh aig ciobairean bho £1 gu £2 san t-seachdain.
- Bha barrachd bàrr ga fhàs, me, coirce.

### Slatan-tomhais soirbheachaidh

- Feumaidh tu seantans a' sgriobhadh mar ro-ràdh a' dèanamh breithneachadh air a' cheist. Mar eisimpleir, "Bha iomadh buaidh aig a' Chiad Chogadh air gniomhachasan iasgaich agus tuathanachais na h-Alba."
- Thèid 4 comharran fhaighinn airson 4 puingean a tha air am mìneachadh gu math, mu cheithir nithean eadar-dhealaichte..
- Faodaidh tu cuideachd suas gu 4 comharran fhaighinn airson freagairt le puingean leasaichte: a' toirt cunntas air puing agus an uair sin ga leasachadh le tuilleadh fiosrachaiddh ann an seantans eile. Faodaidh seo na bhios agad ri sgriobahdh a bheagachadh. Feumaidh 2 phuing leasaichte a bhith nad fhreagairt airson nan 4 comharran.
- Na liost na puingean agad uile còmhla idir. Chan fhaigh thu ach 1 chomharra airson sin a dhèanamh. Feumaidh tu ceithir seantansan eadar-dhealaichte.

Tha Stòr A mu bhuaidh a' Chiad Chogaidh air eaonamaidh na h-Alba.

## STÒR A

*Tron chogadh, bha na dòighean-dèanaimh a bh' air an cleachdad air fàs nas fheàrr. Bha luchd-obrach leth-sgileil agus fiù 's neo-sgileil air a dhol an àite luchd-obrach sgileil. An dèidh a' chogaidh thàinig fàs air an eaonamaidh ach cha do lean seo sna 1920an. Aig deireadh a' chogaidh thuit an t-iarrtas airson a' bhathair a bha Alba a' dèanamh. Cha robh feum cho mòr air bàtaichean-cogaidh, mar eisimpleir.*

### 2 Dè cho slàn 's a tha cunntas Stòr A air buaidh a' Chiad Chogaidh air eaonamaidh na h-Alba? Bu chòir dhut Stòr A agus d' eòlas fhèin a chleachdad. (6)

'S e ceist 'dè cho slàn' a tha seo. San t-seòrsa seo de cheist feumaidh tu na puingean a tha a' buntainn don cheist a thaghadh bhon stòr – mar as trice, bidh trì puingean san stòr. An uair sin, gus làn chomharraen fhaighinn feumaidh tu puingean a thoirt a-steach bho d' eòlas fhèin a tha cuideachd a' buntainn don cheist.



### Slatan-tomhais soirbheachaidh

- Sgriobh seantans mar ro-ràdh a' dèanamh breithnachadh air a' cheist. Me, "Chan eil Stòr A a' toirt mìneachadh slàn air buaidh a' Chiad Chogadh air ea conamaidh na h-Alba."
- Gheibhear suas ri 2 chomharra airson freagairtean gun bhreithneachadh.
- Gheibhear suas ri 3 comharran airson fiosrachadh bhon stòr a mhìneachadh.
- Faodar suas ri 4 comharran fhaighinn airson pìosan fiosrachaidh bho d' eòlas fhèin, a tha a' buntainn don cheist, a mhìneachadh.
- Faodaidh pìosan fiosrachaidh bho d' eòlas fhèin a bhith nam mìneachadh a bharrachd air pìosan fiosrachaidh bhon stòr, no nam puingean ùra.

### 3 Dè cho cudromach 's a bha an gniomhachas togail-bhàtaichean a thaobh iomairt a' chogaidh ann an Alba? (9)

A' planadh do fhreagairt:

- Ann am buidhnean beaga no nur páidhrichean, dèanaibh diagram damhain-allaidh le fiosrachadh air cho cudromach 's a bha togail-bhàtaichean agus factaran eile a thaobh iomairt a' chogaidh. Faodaidh na factaran eile a bhith a' toirt a-steach: diut agus gniomhachas an aodaich, iasgach, agus tuathanachas.
- Lorg co-dhiù dà phuing fiosrachaidh fior airson gach paragraf.
- Dèan plana airson freagairt iomlan don cheist.
- Seall do phlana dhan tidsear mus tòisich thu air a' chiad dreach.
- Leugh d' obair gu faiceallach agus comharraich mearachdan le peann uaine. Ceartaich d' obair mus toir thu na sgrìobh thu don tidsear.
- Ath-sgriobh an dreach deireannach dedh fhreagairt.

### Slatan-tomhais soirbheachaidh

- Tha aon chomharra ri fhaotainn airson ro-ràdh, agus bu chòir an cùl-fhiosrachadh is na factaran a tha thu a' dol a sgrìobhadh mu dheidhinn a bhith ann.
- Tha aon chomharra ri fhaotainn airson balans nad fhreagairt. Tha seo a' ciallachadh gum feum thu iomradh a thoirt air co-dhiù dà fhactar a' beachdachadh air cho cudromach 's a bha gniomhachas Albannach a thaobh iomairt a' chogaidh tron Chiad Chogadh. Bidh seo a' ciallachadh co-dhiù dà paragraf de sgrìobhadh.
- Tha factor san t-seòrsa ceist seo. An seo, 's e togail-bhàtaichean a th' ann. Bu chòir dhut beachdachadh air an fhactar seo an toiseach nad fhreagairt.
- Tha suas ri còig comharran rim faotainn airson nam puingean fiosrachaidh mionaidheach is buntainneach a tha thu a' dol a mhìneachadh nad fhreagairt.
- Tha 2 chomharra rim faotainn airson do cho-dhùnadhbh: aon chomharra airson breithneachadh agus aon chomharra airson adhbhar a tha a' cur taic ri do fhreagairt.

### 4 Minich na h-adhbharan airson crionadh sna gniomhachasan Albannach às dèidh a' Chiad Chogaidh. (6)

Seo sanasan airson do chuideachadh le tòiseachadh:

- Fàs fuadain ann an gniomhachasan mar thoradh air a' Chiad Chogadh.
- Chrion malairt air feadh an t-saoghail.
- Barrachd farpais bho dhùthchannan cèin.
- Buaidh a' chogaidh air togail-bhàtaichean is einnseanaireachd.
- Barrachd innealan gan cleachdadh.
- Buaidh a' chogaidh air gniomhachasan an diut agus tuathanachas.

### Slatan-tomhais soirbheachaidh

- Feumaidh tu seantans a tha a' freagairt na ceist a' sgrìobhadh mar ro-ràdh. Mar eisimpleir, "Bha iomadh adhbhar ann airson mar a thàinig crionadh air na gniomhachasan Albannach às dèidh a' Chiad Chogaidh."
- Feumaidh tu sia adhbharan no trì puingean leasachte a tha a' mìneachadh carson a thàinig crionadh air na gniomhachasan Albannach às dèidh a' Chiad Chogaidh.

## 4

## 8 Buaidh a' chogaidh air àite nam boireannach

### Cò mu dheidhinn a tha a' chaibideil seo?

Dh'atharraich an t-àite aig boireannaich gu mòr aig àm a' chogaidh. Bha mòran bhoireannach a' dèanamh obraichean a bha air am faicinn roimhe mar obraichean fhireannach. Bha feadhainn eile air fàs radaigeach a' ciallachadh gun robh iad deònach seasamh an aghaidh nan rudan a bha iad a' smaoineachadh a bha neo-chothromach. Ann an 1918, fhuair cuid de bhoireannaich cead-bhòtaidh. Ach, ged a gheall an riaghaltas aig àm a' chogaidh gun dèanadh iad 'dachaighean do ghaisgich', bha e do-dheànte sin a dhèanamh. Cuideachd, nuair a chìochnaich an cogadh, cha b' fhada gus do dhùin na cothroman a bha air fosgladh do bhoireannaich.

Ro dheireadh na caibideil, bu chòir dhut a bhith air chomas:

- Cunntas a thoirt air na rinn boireannaich tron chogadh.
- Mineachadh a dhèanamh air na dòighean anns an do dh'atharraich beachdan dhaoine a thaobh nam boireannach tron chogadh.
- Cunntas a thoirt air duilgheadasan boireannaich na h-Alba às dèidh a' chogaidh.

### Àite fhireannach is bhoireannach ann an comann-sòisealta Bhreatainn

Ann an 1900, cha robh co-ionannachd aig boireannaich ri fireannaich. B' e cead-bhòtaidh ann an taghaidhean coitcheann aon diofar cudromach. Ann an 1900, bha cead-bhòtaidh aig sianar às gach deichnear de dh'fhireannaich ach cha robh cead-bhòtaidh aig boireannaich idir. Carson a bha seo?

### Carson nach robh bhòt aig boireannaich?

Gu simplidh, cha robh an comann-sòisealta, san robh smachd aig fireannaich, a' smaoineachadh gun robh boireannaich co-ionann ri fireannaich. San naoidheamh linn deug, bha mòran den bheachd gum b' e an dachaigh àite nam boireannaich 's gun robh iad ro fhaireachail airson a bhith a' bhòtadh, no gum faodadh na fir aca buaidh a thoirt gu furasta air mar a bhòtadh iad. Ach, bha atharrachadh a' tighinn.



Suas gu 1900 thàinig iomadh piseach air còraichean laghail bhoireannach:

- ▶ Ann an 1900, dh'haodadh iad bhòtadh ann an taghaidhean bhòrd-sgoile. B' e a' chiad bhoireannach a chaidh a thaghadh ann an Alba a' Bh-uas Sìne NicArtair, gu Bòrd-sgoile Phàislig ann an 1873.
- ▶ B' urrainn dhaibh bhòtadh ann an taghaidhean ionadail nam biodh iad a' pàigheadh reataichean – seòrsa de chis ionadail.
- ▶ Dh'haodadh iad a-nis sgaradh-pòsaidh fhaighinn agus cead a bhith aca fhathast a' chlann aca fhaicinn.
- ▶ Dh'haodadh iad a-nis an airgead agus an cuid fhèin a chumail. Suas gu 1882 dh'fheumadh iad na bh' aca gu lèir a thoirt don duine aca nuair a phòsad iad.

Aig an obair, bha boireannaich a' cur eòlas air mòran neo-chothromachd. Cha robh iad a' faighinn an aon phàigheadh ri fir airson na h-aon obair. Ann an 1900, a rèir tuairmse, bha iad a' faighinn 40% na bu lugh a fireannaich 's ann am mòran dhreuchdan, mar teagasc, dh'fheumadh iad an obair a leigeil seachad nuair a phòsad iad.

Ann an 1900 bha foghlam do nigheanan air a dheagh stèidheachadh. Bho 1872, dh'fheumadh clann ann an Alba a dhol don bhun-sgoil agus, bho 1914, dh'fheumadh iad fuireach san sgoil gus an robh iad 14 bliadhna a dh'aois. Ach, bha nigheanan a' faighinn foghlam eadar-dhealaichte. Mar bu trice, dh'fheumadh iadsan fuagheal, còcraigreachd 's nigheadaireachd ionnsachadh. Ann an 1910 chaidh càram chloinne a chur ris a' churraicealam gan deasachadh airson àite san dachaigh.

Aig ère oilthigh, bha fiù 's barrachd dhuitgheadasan aig boireannaich. Bha 1889 ann mus robh cothrom aca a dhol don oilthigh nuair a thug Achd nan Oilthighean (Alba) an aon cothrom dhaibh 's a bh' aig na fireannaich. Leig seo le boireannaich a bhith nan dotairean, nan tidsearan agus nan luchd-lagha. Ach, bha fireannaich fhathast nàimhdeil riutha agus bha foghlam oilthigh daor.

## Ag iarraidh cead-bhòtaidh?

Bha mòran bhoireannach a' creidsinn nach gabhadh cur às do neo-ionannachd sa chomann-shòisealta 's déligeadh neo-chothromach gun chead-bhòtaidh. Bha iad ag iarraidh taghadh cò bhiodh a' ruith na dùthcha, 's ag iarraidh gun rachadh laghan a dhèanamh a bheireadh co-ionannachd dhaibh ri fireannaich. Sgiobh an t-eòlach-eachdraidh Elspeth King:

*Le cead-bhòtaidh, bhiodh boireannaich air an saoradh bho phàigheadh iosal, droch chùmhnanan-obrach, fòirneart san dachaigh 's siùrsachd. B' e seo an 'iuchair' leis am faigheadh iad cothrom air foghlam na b' fheàrr agus, gu sònraichte, foghlam meidigeach gus a bhith nan dotairean agus boireannaich eile a chuideachadh.*

## Ag iomairt airson cead-bhòtaidh?

Ann am meadhan an naoidheamh linn deug, chaidh buidhnean ionadail – comainn **sufraids** – a chur air bhonn gus sabaid airson cead-bhòtaidh do bhoireannaich. Ann an 1897, thàinig na buidhnean ionadail gu lèir còmhla nam buidheann nàiseanta, Aonadh Nàiseanta nan Comann Sufraids do Bhoireannaich (an NUWSS – National Union of Women's Suffrage Societies). Bha taic fharsaing aca 's chaidh an t-ainm sufraidsich a thoirt air na buill.

Bha a' Bh-ph Millicent Fawcett, ceannard nan sufraidsich dhen bheachd nach robh e cothromach nach robhar ag earbsa à boireannaich le cead-bhòtaidh ann an taghaidhean coitcheann ged a bha iad a' pàigheadh chisean, a' cumail an lagh, agus a' faighinn bhòt ann an taghaidhean ionadail is taghaidhean bhòrd-sgoile.

Ann an 1902, chaidh Comann Ghlaschu agus Taobh Siar na h-Alba airson Sufraids do Bhoireannaich a chur air bhonn. Ghabh e ballrachd san NUWSS san Dàmhair 1903. Nochd buidhnean coltach ris ann an Dùn Dè agus Obar Dheathain. Ann an 1909, thàinig na buidhnean cead-bhòtaidh seo uile còmhla sa Chaidreachas Albannach de Chomainn Sufraids do Bhoireannaich, a bha e fhèin na phàirt dhen NUWSS.

**MÌNEACHADH**  
**Sufraids** cead-bhòtaidh ann an taghaidhean poilitigeach



Tha am postair seo a' sealltainn cho neo-chothromach 's a bha e nach b' urrainn do bhoireannaich le àrd-sgillean bhòtadh ged a b' urrainn fireannaich nach robh cho sgileil. An-diugh chanadh daoine nach robh am postair seo ceart gu poilitigeach oir saoilidh tu gu bheil e ag ràdh nach bu chòir neach ciorramach bhòtadh a thoradh nach urrainn dha sabaid airson na dùthcha. Tha am postair cuideachd ag ainmeachadh aon neach mar uachdaran air tràillean geala. Bha seo a' ciallachadh gun robh e a' stiùireadh shiùrsaichean 's beò air na bha iad a' cosnadh – ach fhathast bha cead-bhòtaidh aige.



Eisimpleir de phropaganda sufraidseach

Bruidhinn ri  
càch nad chlas  
mun eisimpleir  
seo de  
phropaganda  
sufraidseach.

A bheil sibh  
ag aontachadh  
ri argamaid  
a' phostair  
seo airson  
cead-bhòtaidh  
fhaighinn do  
bhoireannaich?  
Dè as toigh  
leibh agus dè  
nach toigh leibh  
mun phostair?  
A bheil e ag  
obrachadh?

## An robh na sufraidsich soirbheachail?

Bha na sufraidsich ag iarraidh cead-bhòtaidh fhaighinn do bhoireannaich tro dhòighean sitheil, laghail. Am measg nan dòighean a chleachd iad bha iomairtean le bileagan is postairean agus athchuingean le ainmean gan toirt don Phàrlamaid. Eadar 1867 agus 1876, chaidh dà mhillean ainm fhaighinn air athchuingean airson cead-bhòtaidh a thoirt do bhoireannaich. Gus na beachdan aca a sgaoileadh na b' fharsainge, chuir an NUWSS am páipear-naidheachd aca fhèin, *The Common Cause*, air bhonn.

Tha an taic a bha aig an NUWSS ri fhaicinn leis gun robh còrr is 500 meur agus 100,000 ball aca ann an 1914. Ann an taghaidhean, bhiodh buill a' cuideachadh thagraichean a bha airson cead-bhòtaidh do bhoireannaich. Thug an NUWSS taic don Phartaidh Làbarach cuideachd oir bha am partaidh sin ag iarraidh cead-bhòtaidh dhan a h-uile fireannach is boireannach. Thug na dòighean sitheil seo air mòran de na buill sna Partaidhean Libearalach agus Consearbhatach creidsinn gun robh boireannaich airidh air cead-bhòtaidh.

Ach, bha mòran de na boireannaich mì-thoilichte gun robh an t-adhartas cho slaodach. Air sgàth sin, chaidh buidheann na bu radaigiche a chur air bhonn a bha a' dòn-iarraidh cead-bhòtaidh do bhoireannaich.



## Cò na suffragettes?

Ann am Manchester ann an 1903, le taic bho na nigheanan aice, Christabel agus Sylvia, chuir a' Bh-ph Emmeline Pankhurst Aonadh Sòisealta agus Poiltigeach nam Ban (an WSPU – Women's Social and Political Union) air bhonn. Thug am pàipearnaidheachd an Daily Mail an t-ainm suffragettes do luchd-taic an WSPU.

B' e sluagh-ghairm a' bhuidhinn seo 'Gniomhan seach faclan'. Sheall seo gun robh na buill mì-thoilichte leis na dòighean aig na sufraidsich. Thuit Sylvia gun robh an NUWSS 'cho stòlda, cho deònach feitheamh, cho socair'. Bha i a' ciallachadh gun robh iad ro mhodhail, ro mhall, 's nach robh iad a' dèanamh adhartas sam bith.

## Dè na h-amasan a bh' aig na suffragettes?

B' e amas nan sufraidsich, cead-bhòtaidh ann an taghaidhean coitcheann fhaighinn do bhoireannaich. Ach, bha iad deònach an lagh a bhriseadh gus an t-amas aca a choileanadh. Bha na suffragettes a' creidsinn gun robh iomairt nan sufraidseach air fàlligeadh. Bha Christabel Pankhurst a' creidsinn gun robh an WSPU an sàs ann an cogadh. Gus an cogadh seo a bhuannachadh, bha làn dhilseachd agus ùmhachd air iarraidh air na buill. Dh'adhbharaich innleachdan cruidh mar seo còmhstri sa bhuidheann.

## Na dòighean a chleachd na suffragettes

Cha robh suffragettes deònach feitheamh nas fhaide airson cead-bhòtaidh; dhèanadh iad dion-iarraidh. Canar **mileantachd** ris a' phoileasaidh seo 's chruthaich e mòran sanasachd phoblach dhaibh. Bhiodh iad a' sgaoileadh phostairean is bhileagan agus a' togail-fianais.

An toiseach, bhiodh na suffragettes ag èigheach aig coinneamhan poilitigeach nuair a bhiodh neach a' dèanamh òraid, agus bhiodh iad a' togail-fianais taobh a-muigh Taighean na Pàrlamaid. Gu tric, bhiodh iad air an cur an grèim airson briseadh na sithe. Aig togail-fianais, chaidh smugaid a thilgeil air poileasman. Bhiodh iad gan ceangal fhèin le sèinicichean ri rèilichean taobh a-muigh na Pàrlamaid. Riùine, dh'fhàs na h-innleachdan aca na bu mhileantaiche. Chaidh teine a chur ri togalaichean, chaidh ionnsaighean boma a thoirt air cuid-seilbh, agus chaidh dealbhan ainmeil ann an gailearaidhean ealain a shracadh.

## Dè rinn na suffragettes ann an Alba?

B' i Flora Drummond a bha os cionn nan suffragettes ann an Alba. B' e 'An Seanailear' a bh' oirre leis gun robh i cho math air cùisean a chur air dòigh agus bhiodh èideadh mar shaighdear oirre an-còmhnaidh. Chuir ise gach togail-fianais mhòr air dòigh, mar an tè air Sràid nam Prionnsan, Dùn Èideann, ann an 1909.

Ann an 1906, dh'fhosgail a' chiad mheur dhen WSPU ann an Glaschu. Dh'fhosgail a' phriomh oifis aca ann an Sràid Bath dà bhliadhna às dèidh sin. An toiseach, chùm iad coinneamhan poblach, thog iad airgead le reic leabhrachean, agus dh'fhosgail iad meuran eile air feadh Alba.

Ann an 1909, thòisich daoine a' togail fianais-dhùblain, mhileanta ann an Glaschu 's Dùn Dè, nuair a dh'fheuch boireannaich ri briseadh a-steach air coinneamhan poilitigeach. Ann an 1913, bha an iomairt aca na b' ainneartaiche. Mar eisimpleir, chaidh searbhadh a dhòrtadh a-steach a bhogsachean-litrichean gus na litrichean a sgrios. Bha barrachd ionnsaighean gan toirt air cuid-seilbh dhaoine. Chaidh loidhnichean telegraf agus fòn a ghearradh. Chaidh feuchainn ris an taigh ann an Allmhaigh san do rugadh Raibeart Burns a spreadhadh às a chèile. Chaidh feuchainn cuideachd ris an stand mhòr air càrsa-rèisidh Kelso a chur na theine.

## MÌNEACHADH

**Mileantachd** a' cleachdadh gniomhan ainneartach airson adhbar poilitigeach no sòisealta



*Suffragettes a' caismeachd sìos Sràid nam Prionnsan, Dùn Èideann, le Flora Drummond agus Emmeline Pankhurst air an ceann ann an 1909*

Air 29 Lùnastal 1913 thug an Glasgow Herald cunntas air a' ghniomh 'uabhasach' seo a rinn na suffragettes:


### **Strì air an Raon Goillf**

*Mu leth-uair an dèidh còig, nuair a ràinig Mgr Asquith (am prìomhaire) an t-seachdamh lànanag deug, nochd dithis bhoireannach gu h-obann. Rug iad air a' phriomhaire agus thòisich iad air a shlaodadh mun cuairt, agus anns an t-strì chaill Mgr Asquith an ad aige. Dh'èigh nighean Mhgr Asquith airson cobhair agus ann an diog no dhà nochd dithis phoileas phriobhaideach a bhios a' dol còmhla ri Mgr Asquith, agus shlaod iad na boireannaich air falbh.*

Thachair an fhianais-dhùbhlain bu mhi-chliùtiche a rinn na suffragettes riamh ann an 1913 aig rèis-each ainmeil, an Derby. Bha each le Righ Seòras V san rèis. Dh'fheuch suffragette, Emily Wilding Davison, ri stad a chur air each an righ. Bha i airson aire a tharraing don iomairt airson cead-bhòtaidh do bhoireannaich. Leag an t-each Emily agus bhàsaich i beagan làithean às a dhèidh air sgàth 's mar a chaidh a leòn. Rinn na suffragettes tachartas mòr poblach de thiodhlacadh Emily, 's iad a' cumail a-mach gum b' e martair a bh' innte airson cead-bhòtaidh nam boireannach.

Cha robh na boireannaich gu lèir, no fiù 's na suffragettes gu lèir, a' toirt taic don iomairt ainneartaich. Mar thoradh air seo thàinig sgaradh san WSPU ann an 1907 agus chaidh Lig Saorsa nam Ban a chur air bhonn. Bha mòran a' toirt taic dha ann an Alba. Cha robh Liog Saorsa nam Ban a' creidsinn ann an ainneart ach bha iad fhathast deònach an lagh a bhriseadh gus an tamas aca a choileanadh, mar eisimpleir, a' diùltadh cìsean a phàigheadh don riaghaltas.

A bheil fianais-dhùbhlain agus caismeachdan air na sràidean èifeachdach nuair a tha buidhnean iomairt a' feuchainn ri rudeigin atharrachadh? Smaoinich air fianais-dhùbhlain mar a rinn na suffragettes agus air iomairtean eile san latha an-diugh. Dè an dòigh a thaghadh tua airson fianais-dhùbhlain a dhèanamh? Bi deiseil gus do thaghadh a mhineachadh.



An tubaist eadar an t-each-rèisidh agus Emily Davison ann an 1913. Tha film de na thachair ri fhaighinn air YouTube™

A bheil thu a' smaoineachadh gur e, dharrribh, martair a bh' ann an Emily Davison? Dèan rannsachadh feuch dè na beachdan eile a th' aig daoine oirre. Mar eisimpleir, carson a bha tiogaid trèana airson tilleadh dhachaigh aice na baga? An robh dùil gun rachadh a pronnadh fo chasan an

## Dè shaoil daoine de innleachdan nan suffragettes?

Bhiodh a' mhòr-chuid de phàipearan-naidheachd a' cumail a-mach nach robh na suffragettes airidh air cead-bhòtaidh leis gum biodh iad a' briseadh an lagh agus leis gun robh iad gun chùram. Bhiodh iad ag ràdh gum b' e boireannaich nach robh a' coimhead às dèidh an teaghlaichean a bh' annta. Bha fireannaich a bha taiceil do chead-bhòtaidh nam boireannaich air am faicinn mar fhir a bha fo smachd nam mnathan aca.

A dh'aindeoin seo, an ceann ùine, chuir fireannaich a bha taiceil do chead-bhòtaidh nam boireannaich Liog nam Fear airson Sufraids do Bhoireannaich air bhonn.

Dh'fhàg miltean de bhoireannaich na suffragettes 's chaidh iad chun nan sufraidsich a bha fhathast a' feuchainn ri toirt air daoine gabhail ri chead-bhòtaidh do bhoireannaich. Fhuair iad taic bho chomhairlean baile 's eaglaisean ann an Alba. Ghabh comhairlean baile ri gluasadan a bha a' moladh chead-bhòtaidh do bhoireannaich. San luchar 1912, chaidh Liog Eaglaisean na h-Alba airson Sufraids do Bhoireannaich a chur air bhonn



Postair an aghaidh nan suffragettes.

Saoil Carson a tha am boireannach air a' sealltainn san dòigh seo?




## Dè rinn an riaghaltas air sgàth nan suffragettes?

Gus aire phoblach fhaighinn, bha boireannaich deònach an lagh a bhriseadh. San luchar 1909, rinn an suffragette Marion Wallace Dunlop naidheachd mhòr nuair a chaidh i air stailc-bìdh 's i a' gearan mu bhith sa phriosan. An dèidh 91 uairean a thìde gun bhiadh chaidh a leigeil ma sgaoil. Lean suffragettes eile a bha sa phriosan an t-eisimpleir aice. Cha b' urrainn dhan riaghaltas leigeil le daoine an lagh a bhriseadh agus coltas ann gun robh iad a' faighinn às leis. Mar sin, san t-Sultain 1909, cho-dhùin Rùnaire na Dùthcha gum bu chòir priosanaich a bha air stailc-bìdh a bhiathadh an aghaidh an toil.


Bha mòran dhaoine air an uabhasachadh. Chaidh dèligeadh ri boireannaich ann am priosan Pheairt ann an dòigh na bu mhiosa buileach. Chaidh deuchainnean a dhèanamh orra feuch an gabhadh lionn a chur nam bodhaigean tron reactam aca. B' e freagairt nan suffragettes postairean a sgaileadh ag ràdh gun robhar a' ciùrradh nam boireannaich.

Cha do chòrd e ris an t-sluagh gun robh an riaghaltas a' biathadh nam boireannaich an aghaidh an toil agus bha uallach air luchd-poilitigs a thaobh 's dè thachradh nam bàsaicheadh tè air stailc-bìdh sa phriosan. Le sin, ghabh an riaghaltas ri lagh ùr air an robh Achd Cead-saoraidh Sealach nam Priosanach (air sgàth droch shlàinte) ann an 1913. Fon achd seo, chaidh priosanaich a bha air stailc-bìdh a shaoradh nuair a bha iad fior lag. Aon uair 's gun robh iad air fàs làidir a-rithist, bhiodh iad air an cur an grèim a-rithist. Thug na suffragettes Achd Cat is Luch air seo 's iad a' faireachdainn gun robh an riaghaltas a' cluich leis na priosanaich san aon dòigh 's a bhios cat a' cluich le luch.



Minich dè tha gach àireamh a' comharrachadh agus an uair sin mìnich dè an t-amas a bha aig a' phostair seo. Saoil am biodh am postair èifeachdach?

Postair a' sealltainn boireannach sa phriosan ga biathadh an aghaidh a toil a' dòrtadh lionn tro phìob a tha a' dol a-steach do aon chuinnlean



Thoir cunnas mionaideach air gach rud a chì thu sa phostair seo. Carson a roghnaich an neach-ealain na rudan sin a chur ann? Dè cho feumail 's a tha seo gus leigeil leat tighinn gu beachd fiosrach agus cothromach air iomairt nan suffragettes ro 1914?

*Postair a' gearan air Achd  
Cat is Luch*

## Beachdan ag atharrachadh a thaobh bhoireannaich 's cead-bhòtaidh tron Chogadh Mhòr?

Nuir a thòisich an cogadh ann an 1914, sguir mòran suffragettes dhen iomairt aca airson cead-bhòtaidh do bhoireannaich.

San Lùnastal 1914, a' sgrìobhadh ann an The Common Cause, thuirt a' Bh-uas Fawcett:

*A bhoireannaich, tha feum aig ur dùthaich oirbh. Tha dileastanas eile oirnn a-nis. Seallamaid gu bheil sinn airidh air saoranachd, co-dhiù a thèid gabhail ris an tagradh againn gus nach tèid.*

Bha beachdan dhaoine a thaobh bhoireannaich ag atharrachadh air sgàth 's an obair cogaidh aca. Bha toradh na h-obrach seo air a chomharrachadh le Prìomhaire Asquith tràth sa chogadh. Roimhe seo, bha e gu làidir an aghaidh cead-bhòtaidh do bhoireannaich, ach aig deireadh a' chogaidh thuirt e:

*Ciamar a b' urrainn dhuinn a bhith air an cogadh a chumail a' dol às an aonais? Tha e do-dhèante dhòmhsha a' chumhachd agus a' chòir gun tèid an guthan a chluinntinn a chumail bho bhoireannaich.*



## Leudachadh cead-bhòtaidh

Ann an 1916, bha beachd an riaghaltais air cead-bhòtaidh do bhoireannaich air atharrachadh. Bha e follaiseach gun rachadh cead-bhòtaidh a thoirt do bhoireannaich a dh'athghearr. Bha seo mar thoradh air grunnan fhactaran.

- ▶ Chuir na h-innleachdan mileantach a chaidh a cleachdadadh ron chogadh bacadh air cead-bhòtaidh a thoirt dhaibh
- ▶ Sguir na boireannaich an iomairt aca nuair a thòisich an cogadh agus sguir na h-ionnsaighean ainneartach. Leis a seo, dh'atharraich mòran a bha roimhe nan aghaidh am beachdan.
- ▶ Cha robh dragh tuilleadh air daoine mu bhoireannaich a' faighinn mòr-chuid ann an taghaidhean.
- ▶ Cha robh dragh cho mòr tuilleadh air na sòisealaich Albannach gum biodh bhoireannaich aig an robh cuid-seilbh mar fearann no taighean a' toirt taic don Phartaidh Chonsearbhatach.
- ▶ Cha ghabhadh a dhol às àicheadh gun do chuidich bhoireannaich ri iomairt a' chogaidh.

Ann an 1918 bha fiù 's Asquith air a bheachd atharrachadh a thaobh cead-bhòtaidh do bhoireannaich, agus air a' bhliadhna sin chaidh gabhail ri Achd Riochdachadh an t-Sluaigh. Am measg na bha innte, bha:

- ▶ Bhiodh cead-bhòtaidh aig gach fireannach os cionn 21.
- ▶ Bhiodh cead-bhòtaidh aig boireannaich os cionn 30 ma bha sealbh aca air an dachaigh fhèin, no ma bha iad pòsta aig fear le dachaigh. Dh'fhaodadh boireannaich le ceum oilthigh bhòtadh sa bhaile san robh an oilthigh.

Ged a chuir seo sia millean fireannach 's dà mhillean boireannach ri **Luchd-bhòtaidh** Bhreatann, bha an achd fhathast a' dèanamh leth-breith an aghaidh bhoireannaich. Cha mhòr nach robh a h-uile boireannach dhen chlas-obrach fhathast gun chead-bhòtaidh.

B' e Nancy Astor, a chaidh a thaghadh san Dùblachd 1919, a' chiad BP boireann a shuidh sa Phàrlamaid. Ann an 1931, bha 15 BP boireann innte.

Mu dheireadh thall, ann an 1928, chaidh cead-bhòtaidh a thoirt do gach fireannach 's boireannach os cionn aois 21.

Bha an t-stòri airson cead-bhòtaidh do bhoireannaich air a buannachadh.

### MÌNEACHADH

**Luchd-bhòtaidh** na daoine aig a bheil cead-bhòtaidh ann an taghadh

## Dè eile a rinn boireannaich Albannach tron chogadh?

Thug an cogadh buaidh mhòr air an eaonamaidh ann an Alba. Bha na miltean de dhaoine air taomadh a-steach a Għlaschu agus a bhailtean eile air taobh siar na h-Alba airson obair fhaighin ann an gniomhachasan a' chogaidh. Le seo, bha gainne thaighean ann. Ghabb uachdarain brath air an t-suidheachadh agus chuir iad suas am mèl. Thòisich daoine air sabaid an aghaidh seo, an toiseach ann an Glaschu agus an uair sin ann an sgìrean eile. Leis gun robh mòran de na fir air a dhol dhan chogadh, bha na h-uachdarain a' smaoineachadh gum biodh iad air chomas brath a għabhaill air na boireannaich. Cha b' ann mar sin a bha. Dh'fħas na boireannaich fiadhaich agus thòisich iad air an gearan a nochdad. Bha boireannaich mu thràth air a bhith ag iomairt an aghaidh droch staid an dachaighean agus an aghaidh nan uachdaran nach robh deònach airgead a chosg air an càradh.



Ciamar a tha an luchd-togail-fianais a' feuchainn ri shealltainn gu bheil e ceart a bhith a' cumail stailcean a' mhàil aig àm a' chogaidh?

Stailcean a' mhàil ann an 1915 ann an Glaschu. Gus na postairean a thuigsinn feumaidh fios a bhith agad gur e Gearmaillich, bho stàit Prussia sa Ghemailt, a bha ann am

Pruiseanaich. 'S e sgìre ann an Glaschu a th' ann am Partaig

## Dè bh' ann an stailcean a' mhàil?

Bha stailcean a' mhàil a' gearan cho daor 's a bha taigheadas ann an Glaschu, Dùn Dè agus Obar Dheathain. B' ann ann an 1915 a thachair a' chuid mhòr aca.

Cha b' urrainn do mhòran de na mèladairean na màiù ùra, àrda a phàigheadh, agus mar sin bhiodh uachdarain a' feuchainn rim fuadachadh às na taighean aca. Aig an aon àm bha pris a' bhìdh agus a' chonnaidh ag èirigh cuideachd.

B' e boireannaich bu mhòtha a dh'fheumadh déiligeadh ri àrdachadh nam prìsean 's na fir aca air falbh a' sabaid. Bha iad feargach gun robh na h-uachdarain a' feuchainn ri prothaid a dhèanamh às a' chogadh. Dh'fhàs an fhearg agus an t-stri an aghaidh nam fuadachaidhean. Seo mar a bhiodh gach stri ga cur an òrdugh: Bhiodh boireannach le glag na suidhe ann an clobhsa an teanamaint, a' cumail sùil a-mach fhad 's a bhiodh

Please tack this to Top of Lower Sash of Window.

**Glasgow Labour Party Housing Association**

---

**RENT STRIKE  
AGAINST INCREASES**

---

**WE ARE  
NOT REMOVING**

Postair mu stailcean a' mhàil bho mheur Ghlaschu den 'Labour Party Housing Association' ann an 1915. Tha stiùireadh air a' phostair ag iarraidh a steigeadh san uinneig agaibh



na boireannaich eile ag obair nan dachaighean. Nuair a nochdadh bàillidh, bhuaileadh ise an glag is dh'fhàgadh na boireannaich eile na bha iad ris is ruitheadh iad dhan chlobhsa. Thilgeadh iad bomaichean flùir is rudan eile air a' bhàillidh, a' toirt air teicheadh. Chaidh a ràdh gum biodh iad fiù 's a' slaodadh am briogaisean sios airson a nàrachadh!

Air 16 Gearran 1915, chaidh Comann Taigheadais Boireannaich Għlaschu a chur air bhonn. B' e Helen Crawford, Mary Barbour, Agnes Dollan agus Jessie Stephens a bha os a chionn. B' e an t-amas mǎladairean a dhion bho àrdachadh sa mhàl. Rinn iad seo le bhith gam brosnachadh gu bhith a' seasamh còmhla agus a' diùltadh na h-àrdachaidhean a phàigheadh.

Bha Mary Barbour pòsta agus bha an duine aice ag obair ann an gàrradh-iarainn Fairfield. Bha i an sàs anns gach pàirt dhen t-stri, a' cumail coinneamhan comataidh, a' cur stad air fuadachaidhean agus a' toirt air bàllidhean teicheadh:

*Ann am Baile a' Ghobhainn, aon uair, thug Bàillidh nan Taighean air boireannach an t-àrdachadh a phàigheadh. Thug e a chreidsinn oirre gun robh na mǎladairean eile air a phàigheadh. Chaidh aig Mary Barbour air na fir à gàrraidhean-iarainn Bhaile a' Ghobhainn a thoirt don t-sràid air an robh Bàillidh a' fuireach. Chaidh iad uile ann còmhla rithe agus dh'iarr i an t-airgead air ais. Nuair a chunnaic am Bàillidh na miltean de fhir len aodainn dubha a' lionadh nan sràidean, shin e thuice an t-airgead.*



Mary Barbour

## Dè thachair nuair a bha stailcean a' mhàil ann?

Għaschu. Chaidh coinneamhan mòra a chumail gus taic a thoirt dhaibhsan a dhiùlt an t-àrdachadh a phàigheadh. Cha robh na boireannaich seo an aghaidh a' chogaidh idir, ach bha iad an aghaidh uachdarain a' dèanamh prothaid às an t-suidheachadh.

Bha gach fianais-dhùbbħlain air a deagh dheasachadh 's na boireannaich a' cur às leth nan uachdaran nach robh gràdh-dùthcha annta. Bha iad a' faighinn taic bhon luchd-fastaidh cuideachd leis nach robh iadsan airson gun rachadh buaidh a thoirt air mach-chur nan gniomhachsen aca.

Nuair a rachadh oifigearan lagha a dh'fhuadach mǎladairean nach pàigheadh, chuireadh luchd-taic nan stailcean bacadh orra.

Air 17 Samhain 1915, bha 18 mǎladairean gus nochdadħ sa chūirt airson diùltadh àrdachadh mǎil a phàigheadh. Bha coinneamh mhòr ann an Ceàrnag Dheòrsa, Glaschu, gus fianais a thogail an aghaidh na cùirte. Bha dragħ air luchd-seilbh nam factaraidhean, nuair a chaidh fir air stailc neo-ofigeil, a shealltainn taic do na daoine a bha gu bhith sa chūirt.

Bha an t-eòlaiche-eachdraidh Joseph Melling a' rannsachadh stailcean a' mhàil. Thug e iomradh air cho cudromach 's a bha e gun robh luchd-obrach nan gniomhachsen agus luchd-taic nam mǎladairean a' co-obrachadh san t-stri an aghaidh nan uachdaran agus an stàit. Thuirt eòlaiche-eachdraidh eile, James Smyth:

*Is dòcha gur e seo an t-eisimpleir as fheàrr a th' againn de stri shoirbheachail a chaidh a dhèanamh leis a' chlas-obrach Albannach.*

Air sgàth na rinn i san t-stri, bha Mary Barbour air a meas mar bhan-ghaisgeach, chan ann a-mhàin ann am Baile a' Ghobhainn ach fad is farsaing. Mar a thuirt Helen Crawford:

*Thug an t-stri seo àireamhan mòra, mòra de bhoireannaich còmhla.*



B' i Mary Barbour a' chiad bhoireannach a bha na Bàillidh air Comhairle Baile Glaschu agus bha i air aon dhen a' chiad fheadhainn a bha nam bana-mhaighstirean-lagha.

## Dè rinn an riaghaltas mu stailcean a' mhàil?

Thug an riaghaltas freagairt luath. Chaidh Achd Cuingealachadh a' Mhàil a chur le cabhag tron Phàrlamaid. Chùm seo am màl aig an ire aig an robh e ron chogadh. Cha robh àrdachadh ceadaichte mura deach leasachadh a dhèanamh air an taigh. B' e buaidh a bha seo airson iomairt le strì ghniòmhach.

Bha gnìomhan an t-sluagh sa gheàrr-ùine air fuasgladh fhaighinn don t-suidheachadh. B' i buil fhad-ùine stailcean a' mhàil gun do ghabh mòran a bharrachd dhaoine ùidh ann am poilitigs.

## Dè na raointean poilitigeach eile anns an deach boireannaich an sàs?

Chaidh cuid de na boireannaich radaigeach seo an sàs ann an raointean poilitigeach eile. Chuir Helen Crawfurd, tè dhen fheadhainn a bha os cionn stailcean a' mhàil, lomairt Sith nam Ban air bhonn air 10 Ògmhios 1916. B' e seo a' chiad oidhirp gus daoine às gach clas sóisealta a thoirt còmhla gus cur an aghaidh a' chogaidh. Bha meuran air feadh Alba, agus air 8 luchar 1917 chruiinnich còrr is 14,000 neach-togailfianais air Glasgow Green. Am measg nam buidhnean eile bha Lìog Eadar-nàiseanta nam Ban airson Sith agus Saorsa. Chaidh seo a stèidheachadh le Chrystal Macmillan, a cheumnaich à Oïlthigh Dhùn Èideann.

## 'Dachaighean do ghaisgich'

Nuar a bha an cogadh a' tighinn gu crìoch, gheall an riaghaltas don t-sluagh gum biodh am beatha na b' fheàrr às dèidh a' chogaidh. Ga chur air dòigh eile, dh'fheuch an riaghaltas ri toirt air an luchd-bhòtaidh creidsinn gum biodh buannachd aca às a' chogadh. B' e 'dachaighean do ghaisgich' aon de na rudan a chaidh a ghealltainn. Ann an 1918 thuirt am Prìomhaire Lloyd George:

*Dè dh'fheumas sinn a dhèanamh? Breatainn a dhèanamh na dùthaich a tha freagarrach do ghaisgich. 'S e sin a' chiad rud. Gun teagamh, 's e aon dòigh air seo a dhèanamh, dèligeadh ri uidheachadh an taigheadais. Chan eil slumaichean idir freagarrach mar dhachaighean do na fir a bhuannaich an cogadh seo, no don chloinn aca. Feumaidh taigheadas an t-sluagh a bhith na uallach nàiseanta.*

Bha fios aig an riaghaltas gun robh mòran de na taighean air feadh Alba ann am fior dhroch staid. Thuirt Coimisean Rioghail 1917 a rannsaich staid taigheadas na h-Alba:

- ▶ gun robh cus sluaigh na dhuilgheadas ann an sgìrean taigheadais
- ▶ nach robh seirbheisean slàintealachd bunaiteach mar thaighean-beaga ann am mòran bhaltean, beag is mòr
- ▶ gun robh cus thaighean le aon rùm nan dachaighean do theaghlaichean mòra
- ▶ nach robh solas no èadhachadh ceart ann an taighean.

Sna bliadhnanach às dèidh a' Chogaidh Mhòir, dh'fheuch an riaghaltas ri leasachadh a thoirt air an taigheadas ach cha do rinn iad oidhirp ro mhòr.



### Achd Addison (1919)

Ghabh an riaghaltas ris an Achd seo gus an cumadh iad ris a' ghealladh aca air 'dachaighean do ghaisgich'. Theirig an t-airgead ann an 1921.

Thug an riaghaltas subsadaidhean do chomhairlean ionadail gus taighean saora a thogail airson an leigeil a-mach air mhàl. Ann an 1922, bha iad air 312,000 taigh a thogail. Ach, bha màl nan taighean sin ro dhaor do theaghlaichean bochda

Tha eisimpleir de na taighean a thogadh fon Achd seo ann an Riddrie. B' e sin a' chiad sgeama taigheadais a thog Comhairle Baile Ghlaschu mar oidhrip air coinneachadh ri iarrtas airson suas ri 57,000 taigh ùr às déidh a' Chiad Chogaidh.

Thogadh sgeama Riddrie eadar 1920 agus 1927 le measgachadh ann de thaighean leth-cheangailte, taighean barraide le gàrraidhean, agus teanamaintean le flataichean air trì làir. Bha ballachan dùbailte le beàrn eatarra annta uile 's bha iad ceangailte ri seirbheis an dealain, rud a bha ùr aig an àm. Bha mu 1000 taigh ann agus chaidh a' mhòr-chuid a thoirt air mhàl do luchd-obrach sgileil a bha air tuarastalan nas àirdre na cuibheas an àm.

### Achd Taigheadais Wheatley (1924)



John Wheatley

obrach is luchd-fastaidh sa ghnìomhachas togail. B' e an t-amas, àireamh mhòr de thaighean comhairle a thogail a bhiodh rim faighinn air màl reusanta. Bhiodh na taighean ceangailte ris an dealan, bhiodh toidhleatan annta agus bhiodh a ghàrradh fhèin aig gach fear. Bha an riaghaltas a' toirt shubsadaidhean do na comhairlean ionadail airson an togail.

Ann an 1933, bha na comhairlean air 500,000 taigh a thogail. Ach, a-rithist, cha robh teaghlaichean bochda air chomas màl nan taighean seo a phàigheadh.

A dh'aindeoin nan leasachaidhean sin, cha robh an taigheadas ann an Alba math fhathast. Bha na h-Albannaich a' cur às leth nan Libearalaich nach do chùm iad ris na geallaidhean aca 's cha robh iad deònach mathanas a thoirt dhaibh.

Bha John Wheatley na BhP agus na mhiniestar sa Chaibineat. Tro bhliadhna chan a' Chiad Chogaidh thàinig e gu inbhe àrd sa Phartaidh Lèbarach Neo-eisimeileach. Bhuannaich e suidheachan Shettleston ann an Glachu ann an 1922 is ghlèidh e e gus an do chaochail e ann an 1930.

Bha ùidh mhòr aig Wheatley ann an taigheadas an obair-chlas 's bha e a' stri feuch an rachadh taighean matha a thogail airson nan daoine anns na slumaichean bailteil. Chuir Wheatley air adhart Achd an Taigheadais (1924) nuair a bha e na Mhiniestar airson Sláinte sa chiad riaghaltas Lèbarach. Chruthaich an Achd co-phàirteachas eadar

na partaidhean  
polítigeach, na  
h-ùghdarrasan ionadail  
agus comataidhean  
sònraichte de luchd-

### MÌNEACHADH

**Taighean comhairle** taighean air an togail le ùghdarrasan ionadail gus an toirt do dhaoine ionadail air mhàl



Dèan liosta de na duilgheadasan is na cunnartan a tha an cois a bhith a' fuireach ann an taigheadas bochd, leithid an taighe seo.

*'Dachaigh do ghaisgeach'? Fear a bha na shaighdear 's a theaghlaich a' fuireach ann am bothan canabhais a chaidh a thogail sna 1920an*

## Obair 1

### Ceart no ceàrr?

Obraich còmhla ri caraid: aontaichibh a bheil gach seantans gu h-iosal ceart no ceàrr.

An uair sin sgrìobh na seantasan nad leabhar-obrach no nad fhaidhle agus, ri taobh gach aoin, sgrìobh an t-adhbhar air a bheil e ceart no ceàrr.

- ▶ Cha d' fhuair boireannaich cead-bhòtaidh ann an 1918.
- ▶ Mar thoradh air an fhàs ann an gnìomhachasan a' chogaidh ann an Alba, thàinig duilgheadasan le taigheadas agus stailcean màil.
- ▶ Cha d' fhuair boireannaich a bha an sàs ann an stailc màil mòran taic.
- ▶ Ghluais an riaghaltas gu luath gus dèiligeadh ri gearanan nam mèladairean a bha air stailc.
- ▶ Rinn an riaghaltas tòrr gus feuchainn ri dèiligeadh ri duilgheadasan a thaobh taigheadas às dèidh a' chogaidh.
- ▶ Fhuair tuilleadh dhaoine cead-bhòtaidh ann an 1918.



## Obair 2

Mar neach-naidheachd, tha agad ri rannsachadh a dhèanamh is artaigil a sgrìobhadh air na h-atharrachaidhean poilitigeach a tha air tachairt ann an Alba mar thoradh air a' Chogadh. Smaoinich air na ceistean air am biodh tu ag iarraidh freagairt. Gus do chuideachadh le tùiseachadh, cleachd na sanasan a leanas:

- ▶ Dè thachair do dh'iomairt nam boireannaich airson cead-bhòtaidh nuair a thòisich an cogadh?
- ▶ Dè an fhanais a tha ann gun do dh'atharraich beachd dhaoine a thaobh bhoireannaich mar thoradh air a' Chiad Chogadh?
- ▶ Carson a thug a' Chiad Chogadh air boireannaich a dhol an sàs ann an stailcean màil?
- ▶ Dè cho soirbheachail 's a bha stailcean a' mhàil?
- ▶ Dè cho soirbheachail 's a bha na h-oidhirpean air taigheadas ann an Alba a leasachadh às dèidh a' Chiad Chogaidh?

Sgrìobh na ceistean seo nad leabhar-obrach no nad fhaidhle-obrach agus cuir fhèin tuilleadh cheistean riutha. Lorg fhanais a fhreagras na ceistean agus cuir do fhreagairtean nad leabhar-obrach no nad fhaidhle-obrach.

Faodaidh tu a-nis d' artaigil a phlanadh. Dèan notaichean agus cuir structair air na tha thu a' dol a sgrìobhadh. Sgrìobh a' chiad dreach dhen artaigil agad.

Leugh d' obair gu faiceallach agus comharrach mearachdan le peann uaine. Ceartaich d' obair mus toir thu na sgrìobh thu dhan tidsear.

Dèan cinnteach gu bheil fiosrachadh nad artaigil a fhreagras na ceistean air fad. Dèan cinnteach gu bheil structair air an artaigil agus gu bheil am fiosrachadh air a chur ann an deagh òrdugh.

## Obair 3

Nad leabhar-obrach no nad fhaidhle-obrach, sgrìobh na ceistean air am bu toigh leat freagairt fhaighinn co-cheangailte ri mar a dh'atharraich a' Chiad Chogadh beachd dhaoine a thaobh nam boireannaich agus na gniomhan poilitigeach aca ann an Alba. Bu chòir dhut smaoineachadh air co-dhiù trì ceistean.

Lorg àite air a' bhalla airson bòrd 'Chan eil freagairtean furasta'. Cùm deasbad sa chlas air an deach no nach deach do cheistean a fhreagairt. Thigibh gu aonta mu na ceistean a bu chòir a dhol air a' bhòrd 'Chan eil freagairtean furasta'.

Bho àm gu àm tron topaig, till gu na beachdan agus na ceistean air a' bhòrd feuch a bheil tuigse nas fheàrr agad a-nis.



# Practas air ceistean

## Naiseanta 4



Tha Stòr A mu dheidhinn atharrachaidhean a thaobh beachdan dhaoine air boireannaich mar thoradh air a' Chiad Chogadh.

### STÒR A

*Thug a' Chiad Chogadh atharrachadh air na h-obraichean a bha boireannaich a' dùnamh. Ghabh boireannaich àite nam fireannach a dh'fhàg an obraichean gus a dhol dha na feachdan, agus bha iad cuideachd ag obair anns na factaraidhean muniseans a chaidh a thogail. Thug seo barrachd misneachd do bhoireannaich. Chuir luchd-poilitigs agus ceannardan luach mòr air an obair cogaidh a rinn na boireannaich agus bha iad airson cead-bhòtaidh a thoirt dhaibh.*

**1 Minich carson a fhuair boireannaich cead-bhòtaidh mar thoradh air a' Chiad Chogadh. Bu chòir dhut Stòr A agus d' eòlas fhèin a chleachdadh.**

#### Slatan-tomhais soirbheachaidh

Cleachd co-dhiù aon phios fiosrachaidh a tha a' mìneachadh carson a fhuair boireannaich cead-bhòtaidh mar thoradh air a' Chiad Chogadh.

Tha Stòran B agus C mu stailcean a' mhàil ann an Glaschu.

### STÒR B

*B' e diùltadh an t-àrdachadh sa mhàl a phàigheadh a' chiad cheum a ghabh iad san t-srì. B' e boireannaich ann am Baile a' Ghobhainn ann an Glaschu a rinn seo. Nuair nach biodh am màl air a phàigheadh, thigeadh oifigear-siorraim airson an fheadhainn nach do phàigh fhuadach às an taighean. Nuair a chluinneadh luchd-gearain mu fhuadaichean mar seo, bhiodh iad ga dhèanamh do-dhèante don oifigear-siorraim na daoine fhuadach. Bhiodh iad a' dùnamh seo le bhith a' lionadh nan sraidean le luchd-gearain.*

### STÒR C

*Bha na h-iomairtean gearain air an cur an òrdugh gu h-èifeachdach le boireannaich. Bhiodh iad a' cur às leth nan uachdaran nach robh gràdh-dùthcha annta agus bhiodh iad a' diùltadh am màl a phàigheadh. Bhiodh boireannaich a' cur stad air na h-oifigearan-siorraim bho bhith a' fuadach mhàladairean. Bhiodh sluagh mòr a' cruinneachadh gus taic a thoirt do na màladairean a gheibheadh sumanadh don chùirt air sàillibh gun do dhiùlt iad an t-àrdachadh sa mhàl a phàigheadh.*

**2 Dèan coimeas eadar na beachdan air stailcean a' mhàil ann an Stòran B's C. Thoir cunntas mionaideach air mar a tha iad coltach ri chèile agus/no diofraichte bho chèile. Faodaidh tu cuideachd coimeas sgiobalta a dhèanamh eadar beachdan nan stòran san fharsaingeachd.**

#### Slatan-tomhais soirbheachaidh

- Sgrùd an dà stòr gus dà phuing coimeis shìmplidh a shealltainn, no aon phuing leasaichte a tha a' sealltainn gu bheil iad coltach ri chèile no diofraichte bho chèile.
- Coimeas simplidh: 'Tha Stòr B ag ràdh ... agus tha Stòr C ag ràdh ...'.
- Coimeas leasaichte: 'Tha Stòran B agus C ag aontachadh gur e boireannaich a bha a' stiùireadh stailcean a' mhàil. Tha Stòr B ag ràdh ... agus tha Stòr C ag ràdh...' .



## Naiseanta 5

### 1 Minich na h-adhbharan a thug a' Chiad Chogadh air barrachd bhoireannaich tòiseachadh air pàirt a ghabail ann am poilitigs. (6)

Seo sanasan airson do chuideachadh le tòiseachadh:

- buaidh a' chogaidh air an iomairt airson cead-bhòtaidh do bhoireannaich
- an t-àite a bh' aig boireannaich ann a bhith a' strì an aghaidh àrdachadh sa mhàl
- na bha boireannaich a' dèanamh aig àm stailcean a' mhàil
- na boireannaich a' buannachadh ann an stailcean a' mhàil.

### Slatan-tomhais soirbheachaidh

- Feumaidh tu seantans a sgrìobhadh mar ro-ràdh a' dèanamh breithneachadh air a' cheist. Me, "Tha iomadh adhbhar ann airson mar a thug a' Chiad Chogadh air barrachd bhoireannaich tòiseachadh air pàirt a ghabail ann am poilitigs".
- Feumaidh tu 6 adhbharan, no 3 puingean leasaichte, a' mìneachadh carson a thug a' Chiad Chogadh air barrachd bhoireannaich pàirt a ghabail ann am poilitigs.
- Cha dèan e an gnothach direach am fiosrachadh a sgrìobhadh, ged a bhiodh sin cho fior 's a ghabhas. Feumaidh tu mìneachadh gu soilleir ciamar a bha gach firinn na h-adhbar airson barrachd bhoireannaich a bhith a' gabail pàirt ann am poilitigs.

Tha Stòran A agus B mu bhuaidh a' Chiad Chogaidh air boireannaich ann an Alba.

## STÒR A

*Tron chogadh gu lèir, agus gu h-àraidh ann an Alba, bha boireannaich ag obair gu cruaidh airson nan coimhlearsnachdan aca. Bha iomadach obair eadar-dhealaichte aca. Bha iad an sàs ann an obair muniseans no a' ruith nan ospadalan saor-thoileach. Bha cuid aca cuideachd os cionn bhuidhnean saor-thoileach a chaidh a chur air bhonn gus iomairt a' chogaidh a chuideachadh. Aig deireadh a' chogaidh, a chaidh a shabaid gu ire mhòr gus dòn a chur air càraichean dhùthchannan beaga, bha daoine san fharsaingeachd dhen bheachd gum bu chòir cead-bhòtaidh a bhith aig boireannaich.*

## STÒR B

*Ann an 1916, bha e soilleir gun robh àite fior chudromach aig boireannaich a-nis ann an iomairt a' chogaidh. B' e obair muniseans aon de na h-obraighean cudromach sin co-cheangailte ris a' chogadh. Ann an Alba, bha na priomh ionadan muniseans ann an Glaschu, Bruach Chluaidh agus Gretna. Chleachd mòran bhoireannaich eile na sgilean nursaigh aca a' cuideachadh nan leòinteach. Nuair a chrìochnaich an cogadh, bha boireannaich air buannachdan fhaighinn. A thaobh poilitigs, bha mòran bhoireannaich a-nis air chomas bhòtadh.*

### 2 Dèan coimeas eadar beachdan Stòr A 's B air buaidh a' chogaidh air boireannaich. (4)

### Slatan-tomhais soirbheachaidh

- Bu chòir dhut fianais bho na stòran a mhìneachadh.
- Dèan coimeas eadar am fiosrachadh anns na stòran.
- Gheibh thu suas ri 4 comharran airson 4 coimeasan simplidh eadar an dà stòr.
- Gheibh thu suas ri 4 comharran airson 2 choimeas leasaichte eadar an dà stòr.
- Simplidh: 'Tha Stòr A ag ràdh ... 's tha Stòr B ag ràdh ...' Gheibh seo 1 chomharra.
- Leasaichte: 'Tha Stòran A 's B ag aontachadh mu cho cudromach 's a bha an obair a rinn na boireannaich tron chogadh. Tha Stòr A ag ràdh ... 's tha Stòr B ag ràdh ...' Gheibh seo 2 chomharra.



# 9 Buaidh a' chogaidh air poilitigs ann an Alba

## Cò mu dheidhinn a tha a' chaibideil seo?

Ann an 1900, bha làmh-an-uachdair aig na Libearalaich 's aig na Consearbataich ann am poilitigs na h-Alba. Ach thàinig atharrachaidhean mòra poilitigeach mar thoradh air a' chogadh. Thàinig crìonadh fad-ùineach air a' Phartaidh Libearalach ann an Alba. Mheudaich an taic don Phartaidh Chonsearbataich (ris an canar cuideachd Partaidh an Aonaidh). Fhuair am Partaidh Làbarach ùr misneachd bho bhith na phàirt dhen chobhanntachd tron chogadh agus thòisich iad air barrachd bhòtaichean fhaighinn. Bha gniomhan radaigeach, mar stailcean, togail-fianais is iomairtean gearain, rim faicinn ann an sgìre Bhruach Chluaidh tron chogadh agus thigeadh iad sin gu ceann ann an tachartasan 'Red Clydeside' tràth ann an 1919.

Ro dheireadh na caibideil, bu chòir dhut a bhith air chomas:

- Cunntas a thoirt air a' bhuaidh a thug an cogadh air poilitigs na h-Alba
- Mineachadh a dhèanamh air na tachartasan ris an canar 'Red Clydeside'.

## Poilitigs ann an Alba

Chuireadh a' Chiad Chogadh às don taic do Phartaidh Libearalach ann an Alba. Ron chogadh, bha làmh-an-uachdair aig na Libearalaich ach chaidh buaidh is cumhachd a' Phartaidh Chonsearbatach am meud is bha iadsan a-nis air thoiseach air na Libearalaich. Aig an aon àm, bha taic airson a' Phartaidh Làbaraich ùir a' dol am meud cuideachd. Bha fianais air mar a bha sòisealachd a' fàs ann an Alba ri fhaicinn ann an tachartasan **Red Clydeside**.

## Carson a chaill na Libearalaich taic?

Bha na thàinig air na Libearalaich a dhèanamh air sgàth a' chogaidh na aon adhbhar airson mar a chaill iad an taic. Bha Libearalaich a' seasamh airson saorsa agus roghainnean a bhith aig daoine ach b' fheudar dhaibh bacaidhean a thoirt a-steach a thug buaidh air iomadh pàirt de bheatha làitheil an t-sluaigh. Bha gairm-reachdail na eisimpleir. Bha cuid de Libearalaich na aghaidh leis gun tug e air fir gabhail san arm an aghaidh an toil.

Thàinig sgaradh am measg nan Libearalaich air sgàth a' chogaidh. Ann an 1914 bha am partaidh uile aonaichte fon cheannard aca, Asquith. Ach, ann an 1915 chaidh riaghaltas co-bhanntachd a stèidheachadh anns an robh Buill Chonsearbatach agus Làbarach còmhla. Ann an 1916, chaidh toirt air Asquith a dhreuchd mar phriomhaire a leigeil dheth. Cha robh an cogadh a' dol gu math agus bha mòran luchd-poilitigs a' cur na coire air. Chaidh Lloyd George na àite. Cha robh luchd-taic Asquith toilichte agus dh'fhàg iad an riaghaltas. Bha sgaradh sa phartaidh a-nis eadar luchd-taic Lloyd George agus luchd-taic Asquith. Anns na 1920an, cha robh na Libearalaich tuilleadh nan cumhachd phoilitigeach èifeachdach.

### MÌNEACHADH

**Red Clydeside** àm an-fhois phoilitigeach ann an Alba ann an 1918-1920



## Carson a dh'fhàs taic dha na Consearbhataich às dèidh 1918?

Bha na Consearbhataich (ris an cante cuideachd Partaidh an Aonaidh) air am faicinn mar am partaidh airson gràdh-dùthcha agus an lòmpaireachd. Sna taghaidhean às dèidh a' chogaidh, bha mòran de na tagraichean Consearbhatach air a bhith san arm.

Bha poileasaidhean nan Tòraidhean ag amas air luchd-bhòtaidh a' mheadhain-chlas. Dh'fheuch iad ris an luchd-bhòtaidh ùr boireann a thàladh le bhith a' gealltann taic do theaghlaichean.

Bha iad an aghaidh nam beachdan ùra air an robh sòisealachd. Chòrd seo ri luchd-bhòtaidh air an robh eagal ron Phartaidh Làbarach. Bha eagal air a' mheadhan-chlas ro **Chomannachas** cuideachd, leis gun robh na Comannaich air smachd fhaighinn air an Ruis le ar-a-mach. Bha dragh orra gun tachradh an aon rud ann an Alba, gu h-àraidh nuair a dh'fhoillsich na pàipearan-naidheachd Consearbhatach sgeulachdan a chuireadh an t-eagal air daoine mu 'riots in George Square'.

Bha luchd-taic beairteach aig a' Phartaidh Chonsearbhatach 's mar sin bha airgead gu leòr aig a' phartaidh. Leig seo leatha sgaileadh 's leasachadh air feadh na dùthcha.

Bha ceannardan matha air na Consearbhataich 's chleachd iad dòighean ùra mar na taighean-dhealbh gus am beachdan fhoillseachadh. Do mhòran Albannaich sa mheadhan-chlas, b' e am Partaidh Consearbhatach an dachaigh nàdarrach. Mheudaich na Consearbhataich an taic anns an sgìrean dùthchail. Cuideachd, bha iad tarraigeach do dh'Albannaich òga a bha airson déanamh gu math nam beatha. Chanadh na Consearbhataich gun robh iad a' riochdachadh bheusan agus luachan traidiseanta.

## Am Partaidh Làbarach a' fàs nas cudromaiche?

Ro 1914, cha robh eòlas aig a' Phartaidh Làbarach air riaghlaidh. Dh'atharraich an cogadh seo. Ann an 1915 chaidh iarraidh orra a bhith nam pàirt de riaghaltas na co-bhanntachd. Bha an riaghaltas a-nis ag eisteachd ris na h-aonaidhean-ciùird 's a' co-nbrachadh leotha gus an eaconamaidh a ruith na b' fheàrr.

Dh'fhàs taic don phartaidh tron chogadh. Ro 1914, cha robh barrachd air 78 tagraichean aig a' Phartaidh Làbarach riamh ann an taghadh. Ann an 1918 chuir e 361 tagraichean air adhart agus fhuair iad còrr is 2.25 millean bhòt.

Chaidh structar a' phartaidh a leasachadh tron chogadh. Ann an 1914 cha robh buidheann nàiseanta Làbarach ann. Ann an 1918, bha am Partaidh Làbarach ann an deagh òrdugh le diofar mheuran anns na **roinnean-taghaidh** fa leth.

Bha sgaradh sa Phartaidh ann an 1914 a thaobh am bu chòir a dhol a chogadh. Bha a' mhòr-chuid a' toirt taic don chogadh ach cha robh feadhainn eile. Thàinig am partaidh còmhla a-rithist aig deireadh a' chogaidh.

Mar thoradh air a' chogadh rinn na Làbarach poileasaidhean gus dèiligeadh ris an t-suidheachadh às dèidh a' chogaidh. Nam measg bha bun-thuarastal nàiseanta agus smachd air gniomhachasan gus piseach a thoirt air beòshlaint an t-sluaigh.

Fhuair am Partaidh Làbarach buannachd cuideachd às an fhàs ann am ballrachd nan aonaidhean-ciùird. Bha 4,135,000 ball aca ann 1913 agus chaidh seo suas gu 6,533,333 ro dheireadh a' chogaidh.

### MÌNEACHADH

**Comannachas** gluasad politigeach gus comann-sòisealta gun chlasaichean a chruthachadh

**Roinn-taghaidh** sgìre a tha BP a' riochdachadh sa Phàrlamaid



## Dè bh' ann an Red Clydeside?

Ann an 1917, bha ar-a-mach anns an Ruis a dh'fhàg an dùthaich na stàit Chomannach. Bha seo a' ciallachadh gun do chaill na calpairean an cumhachd agus an cuid airgid. B' e na calpairean daoine beairteach, uachdarain agus luchd-gnothachais a rinn an airgead às an luchd-obrach aca.

Aig an aon àm, ged a bha an luchd-obrach Albannach a' gearan air acras agus droch thaigheadas, bha gearan na bu mhotha aca mu dheidhinn mar a chaidh na làithean-obrach aca atharrachadh an aghaidh an toil tro Achd Dìon na Rìoghachd (DORA – Defence of the Realm Act) aig àm a' chogaidh.

Bha an t-eagal air an riaghaltas agus air luchd-seilbh thogalaichean gun gabhadh luchd-obrach Alba an lagh nan làmhan fhèin agus gun tòisicheadh iad ar-a-mach san dùthaich. Bha e furasta a chreidsinn nach robh ar-a-mach fad air falbh bhon a thòisich ar-a-mach na Ruis le beagan stailcean sna priomh bhailtean cuideachd.

Tron chogadh agus dìreach às a dhèidh, bha mòran dhen luchd-obrach ann an sgìre Ghlaschu mì-thoilichte le atharraichean anns na h-obraichean aca. Ann an 1914 rinn DORA stailcean mì-laghail. Bha Achd Muniseans a' Chogaidh fiù 's na bu chruaidhe na sin. Nuair a thàinig gairm-reachdail ann an 1916, bha an t-eagal air daoine sgileil gum biodh iad air an cur fo smachd an airm, agus air an cur gu factaraidhean a dhèanamh obair cogaidh le cùmhnantan-obrach na bu mhiosa agus páigheadh na b' isle.

## Dè thachair ann an Red Clydeside?

Bha an-fhois ann an Glaschu mu thràth ann an 1915 air sgàth stailcean a' mhàil agus stailcean ann an gniomhachasan airson cùmhnantan-obrach na b' fheàrr.

Chaidh stailc mhòr a ghairm air 27 Faoilleach 1919. Thug a' mhor-chuid de luchd-obrach

Tha cuideigin air bratach dhearg a thogail os cionn an luchd-obrach. Ann am buidheann beag, leugh mun stailc agus mu mar a dhèilig na h-ùghdarrasan rithe. Dèan co-dhùnad: nam b' urrainn dhutsa a dhol air ais ann an tìm, am biodh tu air a' bhratach dhearg a thogail? Carson?



*Dealbh-camara ainmeil de luchd-stailc ann an Ceàrnag Dheòrsa san Faoilleach 1919. Aig an àm, chante reds ris na Comannaich bhon a bhiodh iad a' cleachdadadh bhrataichean deurga. Nuair a thogadh bratach dhearg ann an Glaschu bha eagal air an riaghaltas gum faodadh ar-a-mach tòiseachadh*



Għlaschu taic dhi. Nuair a chrīochnaich an stailc air 30 Faoilleach, chruinnich sluagh mōr ann an Ceàrmag Dheòrsa ann an Glaschu.

Chuir na bha a' tachairt uallach mōr, mōr, air an riaghaltas. Bha ar-a-mach san Ruis an dèidh cur às don lompaireachd Ruisseanaich; bhathar air an tsàr 's a theaghlass a chur gu bàs agus bha cogadh catharra air feadh na dùthcha. B' e an t-eagal a bha air dùthchannan eile gum faodadh a leithid tachairt sa chòrr dhen Roinn Eòropa. Bha a' chūis cho cudromach 's gun deach beachdachadh oirre sa Chaibineat agus aonta a ruighinn mu cheumannan a dh'haodadh an riaghaltas a ghabhai. Nam measg, dh'aontaich iad gum faodadh iad saighdearan a chleachdadħ nam biodh sin dha-rìribh deatamach.

Mar a thachair, air 31 Faoilleach, thòisich úpraid ann an Ceàrmag Dheòrsa agus b' fheudar do chomhairle a' bhaile cuideachadh armalteach iarraidh. Thàinig 10,000 saighdearan agus sia tancaichean thairis air trì latha. Chuir iad seachad trì seachdainean a' geàrd àiteachan cudromach ach, a bharrachd air sin, cha b' fheudar an cleachdadħ. Thàinig an stailc gu ceann beagan lathaichean às dèidh sin le aonta mu uairean obrach. Thug an tachartas seo cliù do 'Red Clydeside' a mhaireadh ann an inntinn an t-sluagh.

A rèir phàipearan-naidheachd, bha 90,000 neach aig an fhianais-dhùblain seo le sabaid a' dol eadar eadar am poileas agus na stailcearan eadar Ceàrmag Dheòrsa agus Glasgow Green.

Cleachd Google agus lorg fiosrachadh air dè thachair do Shinwell agus Hopkins mar thoradh air na rinn iad ann an Red Clydeside.



*Emanuel Shinwell agus Harry Hopkins air beulaibh Talla a' Bhaile a' bruidhinn ris a' chruinneachadh ann an Ceàrmag Dheòrsa air 'Bloody Friday', 31 Faoilleach 1919*



## Carson a bha Red Clydeside feumail do na Consearbhataich ann an Alba?

Bha eagal mòr air a' mheadhan-chlas ro Chomannas. Bha pàipearan-naidheachd Consearbhatach ag aithris gun robh an t-ar-a-mach Comannach san Ruis, agus an oidhrip air ar-a-mach sa Ghearmailt, a' comharrachadh crioch siobholtachd, agus gun rachadh daoine beairteach meadhan-chlas a mhurt nan leapannan! Gun teagamh, nuair a thòisich ùpraidhean ann an Glaschu, bha am meadhan-chlas a' coimhead ris na Consearbhataich airson an dòn.

A dh'innse na firinn, cha robh ar-a-mach ann an Glaschu. Cha robh feum air an arm. Seachdain às dèidh na h-ùpraid, bha an luchd-obrach air tilleadh a dh'obair an dèidh aontachadh ri seachdain-obrach de 47 uairean a thide.

Rinn an t-eòlaiche-eachdraidh Trevor Royle geàrr-chunntas air buaidh Red Clydeside:

*Dh'fhàillig Red Clydeside air a' cheann thall mar ar-a-mach, ach thug na stailcean agus an ùpraid co-cheangailte ris atharrachadh mòr air eachdraidh phoilitigeach na h-Alba.*

### Obair 1

#### Dèan geàrr-chunntas air a' chaibideil seo

Leig ort gu bheil thu ag obair aig pàipear-naidheachd agus gun deach iarraidh ort rannsachadh a dhèanamh agus artaigil a sgrìobhadh air na h-atharraichean poilitigeach a tha air tighinn air Alba air sgàth air a' Chiad Chogadh.

Smaoinich air na ceistean air am biodh tu ag iarraidh freagairt. Cleachd na sanasan a leanas airson do chuideachadh le tùiseachadh:

- Dè an seòrsa dhaoine a bha a' cur taic ris gach diofar phartaidh poilitigeach?
- Dè bha gach partaidh a' seasamh air a shon?
- Dè na neartan/laigsean a bha aig gach partaidh?
- Dè a' bhuaidh a thug an t-atharrachadh mu chead-bhòtaidh air gach partaidh?
- Dè a' bhuaidh a thug a bhith a' cuideachadh iomairt a' chogaidh air gach partaidh?

Sgrìobh na ceistean seo nad leabhar-obrach no nad fhaidhle-obrach agus cuir fhèin tilleadh cheistean riutha. Lorg fianais a fhreagras na ceistean agus cuir do fhreagairtean nad leabhar-obrach no nad fhaidhle-obrach.

Faodaidh tu a-nis d' artaigil a phlanadh. Dèan notaichean agus cuir structar air na tha thu a' dol a sgrìobhadh. Sgrìobh a' chiad dreach dhen artaigil agad.

Leugh d' obair gu faiceallach agus comharrach mearachdan le peann uaine. Ceartaich d' obair mus toir thu na sgrìobh thu dhan tidsear.

Dèan cinnteach gu bheil fiosrachadh nad artaigil a fhreagras na ceistean air fad. Dèan cinnteach gu bheil structar air an artaigil agus gu bheil am fiosrachadh air a chur ann an deagh òrdugh.

### Obair 2

Nad leabhar-obrach no nad fhaidhle-obrach sgrìobh na ceistean air bheil thu ag iarraidh freagairt ann an co-cheangal ri mar a dh'atharraich a' Chiad Chogadh poilitigs ann an Alba. Bu chòir dhut smaoineachadh air co-dhiù trì ceistean.

Lorg àite air a' bhalla airson bòrd 'Chan eil freagairtean furasta'. Cùm deasbad sa chlas air an deach no nach deach do cheistean a fhreagairt. Thigibh gu aonta mu na ceistean a bu chòir a dhol air a' bhòrd 'Chan eil freagairtean furasta'.

Bho àm gu àm tron topaig, till gu na beachdan agus na ceistean air a' bhòrd feuch a bheil tuigse nas fheàrr agad a-nis.



## Practas air ceistean

### Nàiseanta 4

Tha Stòr A le eòlaiche-eachdraidh san latha an-diugh, agus tha e mu na h-atharrachaidhean a thàinig air taic nam partaidhean poilitigeach mar thoradh air a' Chiad Chogadh.

#### STÒR A

*Fhuair am Partaidh Consearbhatach buannachd mhòr às a' Chiad Chogadh. Bha seo a thoradh gun robh daoine moiteil às an taic làdir a sheall na Consearbhataich don chogadh. Bha Albannaich dhen bheachd gun robh gràdh-dùthcha mòr anns na Consearbhataich. Cuideachd, bha am Partaidh Consearbhatach air a dheagh mhaoineachadh, gu tric le daoine a bha draghail mun dòigh san robh an taic airson nan Làbarach a' fàs. Rinn am Partaidh Làbarach gu math às a' Chiad Chogadh leis gun tug e taic do chûisean sòisealta mar taigheadas, rud a bha uabhasach cuideachd do dh'Albannaich. Bha na Làbaraich air taic a shealltann do stailcean a' mhàil.*

**Mìnich na h-adhbharan airson mar a dh'atharraich a' Chiad Chogadh an taic a bha daoine a' toirt do phartaidhean poilitigeach. Bu chòir dhut Stòr A agus d' eòlas fhèin a chleachdadh.**

#### Slatan-tomhais soirbheachaidh

Cleachd co-dhiù aon phios fiosrachaidh a tha a' mìneachadh carson a dh'atharraich a'

### Nàiseanta 5

**Mìnich carson a thàinig crionadh sa Phartaith Libearalach ann an Alba mar thoradh air a' Chiad Chogadh. (6)**

Seo sanasan airson do chuideachadh le tùiseachadh:

- sgaraidhean sa Phartaith Libearalach ron chogadh
- sgaraidhean sa Phartaith Libearalach a thaobh mar a chaidh an cogadh a stiùireadh
- còmhstiri eadar Lloyd George agus Asquith
- sgaraidhean sa phartaith ann an taghadh 1918
- taic a' meudachadh don Phartaith Chonsearbhatach agus don Phartaith Làbarach.

#### Slatan-tomhais soirbheachaidh

- Feumaidh tu seantans a sgrìobhadh mar ro-ràdh a' dèanamh breithneachadh air a' cheist. Mar eisimpleir, "Tha iomadh adhbhar ann airson mar a thàinig crionadh sa Phartaith Libearalach ann an Alba mar thoradh air a' Chiad Chogadh".
- Feumaidh tu sia adhbharan a thoirt, no trì puingean leasaichte, a tha a' mìneachadh carson a thàinig crionadh sa Phartaith Libearalach ann an Alba mar thoradh air a' Chiad Chogadh.
- Cha dèan e an gnothach direach am fiosrachadh a sgrìobhadh, ged a bhiodh sin cho fior 's a ghabhas. Feumaidh tu mìneachadh gu soilleir ciamar a bha gach firinn na h-adhbar airson crionadh sa Phartaith Libearalach.



# 10 Ciamar a dh'atharraich Alba suas gu 1928?

## Cò mu dheidhinn a tha a' chaibideil seo?

Ann an 1928, bha an saoghal, agus gu dearbh Alba, air atharrachadh mar thoradh air a' Chiad Chogadh. Cha robh na gniomhachasan ann an Alba air atharrachadh a rèir sin agus bha e doirbh dhaibh farpais a dhèanamh an dà chuid ann am margaidhean Bhreatainn agus margaidhean an t-saoghal. Bha na gniomhachasan traidiseanta ann an Alba a' crionadh agus, mar sin, thàinig cion-cosnaidh mòr agus an-fhois am measg an luchd-obrach. Bha daoine ag iarraidh chùmhnan tanan na b' fheàrr aig an obair agus dachaighean na b' fheàrr agus, mar thoradh air sin, thàinig atharrachaidhean politigeach agus sòisealta a tha rim faicinn chun an latha an-diugh.

## Nuair a chriochnaicheas tu, bu chòrr dhut a bhith air chomas:

- Cunntas a thoirt air na dòighean san do dh'atharraich eacnamaidh na h-Alba eadar 1900 agus 1928
- Mineachadh a dhèanamh air na duilgheadasan a bha aig Albannaich àbhaisteach ann an 1928.

## Atharrachadh ann an gniomhachasan

Bha an saoghal san robh Alba ann an 1928 gu math diofraichte bho shaoghal 1914. Bha àite Alba san iompaireachd air atharrachadh air sgàth a' chogaidh. Chaill Glaschu inbhe mar 'dhara mòr-bhaile na h-iompaireachd'. Bha na margaidhean a na margaidhean a bh' aige a-nis a' farpais ris. Bha gniomhachasan ann an ceann a deas Shasainn, ann an Canada 's Astràilia, nas adhartaithe le teicneòlas, a' dèanamh chûisean doirbh do sheann ghniomhachasan na h-Alba. Bha imrich a-null thairis fhathast na dhòigh air faighinn air falbh bhon t-suidheachadh seo, mar bu trice gu Canada, Astràilia 's Afraga a Deas. Sna bliadhnaichan 1921-31, chaidh còrr is 550,000 a-null thairis 's iad an dòchas ri beatha na b' fheàrr.

Bha sgìrean ùra gniomhachais, me Birmingham 's Manchester, na bu chudromaiche a-nis. Air sgàth 's mar a chròn togail-bhàtaichean, mèinneadh guail, agus dèanamh iarann is stàilinn – bha mòran dhen luchd-obrach ùine mhòr gun chosnadhl. Thàinig an-fhois ann an gniomhachasan agus an-fhois shòisealta.


Tha an clàr gu h-ìosal a' sealltainn mar a chròn togail-bhàtaichean air Abhainn Chluaidh às dèidh a' Chiad Chogaidh.

Bliadhna	Aireamh luchd-obrach
1920	100,000
1925	50,000
1929	10,000

Luchd-obrach gàrraidhean-iarainn Abhainn Chluaidh bho 1920 gu 1929

Rinn an luchd-obrach strì an aghaidh nan gearraidhean pàighidh, a' togail-fianais agus a' dol air stailcean neo-oifeigeil. Bha e fior dhoirbh dhaibhsan a bha gun obair.

Bha dùil aig saighdearan, an dèidh tighinn às an arm, gum faigheadh iad na seann obrachean aca air ais ach cha do thachair sin.



Carson gur e Seanailear Haig a tha a' nochdad air a' phostair seo?

Postair ag iarraidh air luchd-fastaidh obair a thoirt dha na fir a bha sa Chiad Chogadh. Tha iarrtas pearsanta ann bho Sheanailear Haig

## Saoghal a' chlas-obrach ann an Alba

Bha droch shlàinte agus droch thaighean aig mòran de shluagh na h-Alba fhathast às dèidh a' chogaidh. Cha robh airgead gu leòr ann an sgeamaichean an riaghaltais gus diofar ceart a dhèanamh agus bha daoine fhathast a' fuireach ann an taighean aon-rùm gun uisge-pioba is gun shlàintealachd cheart. B' e culaidh-mhagaidh a bha ann an 'Dachaighean do ghaisgich' aig an àm seo.

Ach bha obair aig ceathrar às gach còignear ann an Alba, agus thàinig piseach air a' bheatha acasan. Bha gniomhachasan ùra a' dèanamh bathar a bha a' dèanamh beatha an luchd-obrach na b' phasa. Dh'fhaodadh barrachd dhaoine an dachaighean fhèin a cheannach. Bha barrachd airgid aca a b' urrainn dhaibh a chosg air cur-seachadan is air rudan eile nach robh deatamach. Mar thoradh air seo, thàinig piseach air an t-seòrsa beatha a bha aig na daoine sin.



Thàinig atharrachadh cudromach air poilitigs na h-Alba tron chogadh agus às a dhèidh. Leis mar a shoirbhich le stailcean a' mhàil agus le Comataidh Luchd-obrach Chluaidh, bha an clas-obrach ag iarraidh barrachd air an riaghaltas. Anns na 1920an, dh'fheuch an riaghaltas ri piseach a thoirt air taigheadas ann an Alba le bhith a' leagail nan **slumaichean** agus a' togail **thaighean comhairle** (ris an canar an-diugh taigheadas sòisealta) airson an toirt do dhaoine air mhàl reusanta.



Dèan coimeas eadar an dà dhealbh-camara. Dèan liosta de nas urrainn dhut de dhiofaran eadar na taighean ann an 1910 ron chogadh agus na taighean anns na 1920an.

*Slumaichean ann an Glaschu (gu h-àrd) ann an 1910 agus sgìre taigheadais ann am Mossspark anns na 1920an (gu-ìosal)*



## Dè thachair do phoilitigs na h-Alba?

Chail am Partaidh Libearalach taic phoilitigeach agus b' e am Partaidh Consearbhatach agus am Partaidh Lèbarach an uair sin an dà phrìomh phartaidh ann an Alba. Bha seo ri fhaicinn san àireimh de BhP a chaidh a thaghadh ann an taghaidhean coitcheann.

Bliadhna	Libearalach	Consearbhatach	Lèbarach
1918	33	30	7
1922	27	13	29
1923	22	14	34
1924	8	36	26
1929	13	20	36

Tarraing graf-cholbhan a' sealltainn mar a fhuair na diofar phartaidhean politigeach air adhart ann an Alba anns na 1920an.

Toradh nan taghaidhean coitcheann airson Alba 1918-29

San fharsaingeachd, bha a' mhoit agus a' mhisneachd a bha ann ro 1900 air falbh ann an 1929. Bhiodh mòran Albannach a' coimhead air ais air àm a bha mar 'linn òir' agus bha fadachd orra gus an tilleadh na 'làithean matha bho shean'.

### Obair 1

#### Dèan geàrr-chunntas air a' chaibideil seo

Bu chòir an obair seo a dhèanamh ann am buidhnean beaga no ann am pàidhrichean. Leugh tron fiosrachadh sa chaibideil seo agus, nad leabhar-obrach no nad fhaidhle-obrach, sgrìobh na diofar dhòighean anns an tug a' Chiad Chogadh buaidh air Alba.

Faigh pìos mòr pàipeir agus tarraing mìrean-measgaichte air. Sgrìobh aon fhìrinne air gach mìr agus geàrr a-mach na mìrean. Roinn na mìrean sin gu cothromach nad bhuidheann.

Feumaidh gach ball dhen bhuidheann co-dhiù trì pìosan fiosrachaidh a rannsachadh co-cheangailte ris an topaig a fhuair e/i. Bu chòir don rannsachadh mineachadh nas doimhne a dhèanamh air mar a thug a' Chiad Chogadh buaidh air gach aon de na topaig. Bu chòir am fiosrachadh ùr a sgrìobhadh air na mìrean.

Cuiribh na mìrean-measgaichte ri chèile a-rithist, mar phostair. Bi deiseil airson am fiosrachadh agad a mhìneachadh don chlas. Cumaibh còmhchràdh sa chlas, a' dèanamh geàrr-chunntas air a' bhuaidh a thug a' Chiad Chogadh air Alba.



## Obair 2



### Deasbad

'S e 'deasbad coiseachd' a tha seo. Dèan ceithir soidhnichean agus cuir fear anns gach oisean dhen chlasrum: 'Ag Aontachadh', 'Ag Aontachadh gu ìre Mhòr', 'Ag Eas-aontachadh' agus 'Ag Eas-aontachadh gu ìre Mhòr'.

Dèan suas seantansan mun bhuaidh a thug a' Chiad Chogadh air Alba. Bu chòir grunn bheachdan a bhrosnachadh. Me, tha 'Thug a' Chiad Chogadh droch bhuaidh air gniomhachas' nas fheàrr na 'Thug a' Chiad Chogadh droch bhuaidh air a h-uile gniomhachas'. Bu chòir gach neach co-dhiù aon seantans eadar-dhealaichte a dhèanamh suas.

Seo seantansan airson cuideachadh le tòiseachadh:

- ▶ Thug na chaith a leòn 's a mharbhadh droch bhuaidh air comann-sòisealta na h-Alba.
- ▶ Fhuair boireannaich ann an Alba buannachd às a' chogadh.
- ▶ Thug a' Chiad Chogadh droch bhuaidh air gniomhachas.
- ▶ Bha an luchd-obrach mì-riaraichte às dèidh a' Chiad Chogaidh.
- ▶ Mar thoradh air a' Chiad Chogadh chaith mòran dhaoine a-null thairis.
- ▶ Thug mòran dhaoine taic don Phartaidh Làbarach às dèidh a' Chiad Chogaidh.

An uair sin, gluaisidh a h-uile neach sa chlas chun an oisein as fheàrr a fhreagras air am beachdan air an t-seantans. Na lean do charaidean, oir is cinnteach gum bi barrachd is aon bheachd sa chlas air gach seantans.

Fhad 's a bhios sibh anns na h-oiseanan, bu chòir do gach neach innse carson a thagh e/i oisean sònraichte. Ma ghluaisear tu gu oisean eile, bi deiseil gus d' adhbhar a mhìneachadh. Bu chòir do gach neach a bheachd air gach seantans a mhìneachadh co-dhiù aon uair, a' cleachdad fiosrachadh mionaideach gus taic a chur ris a' bheachd sin.

Cumaibh oirbh gus am bi an clas gus am bi an clas air beachdachadh air gach seantans.

Nuair a bhios sibh deiseil, cumaibh deasbad sa chlas air co-dhiù a bha a' Chiad Chogadh math do dh'Alba no dona do dh'Alba.

## Practas air ceistean

### Naiseanta 4

Tha Stòr A mu dheidhinn mar a dh'atharraich a' Chiad Chogadh Alba.

#### STÒR A

*Dh'atharraich a' Chiad Chogadh Alba ann an iomadach dòigh. Chaith àireamh mhòr, mhòr dhan chogadh gu saor-thoileach. Shabaidich na saighdearan Albannach gu gaisgeil, gu h-àraidh sna batail ann an 1915 agus 1916. Chuidich na daoine aig an taigh gu mòr ri iomairt a' chogaidh. Thàinig fàs luath air gniomhachas agus chaidh àite nam boireannaich sa chomann-shòisealta a neartachadh mar thoradh air an obair a rinn iad tron chogadh. Dh'atharraich poilitigs cuideachd. Chaill na Libearalaich taic ach bhuannaich feadhainn eile barrachd taic.*

**Mìnich nad fhaclan fhèin a' bhuaidh a thug a' Chiad Chogadh air Alba. Bu chòir dhut Stòr A a chleachdad.**

### Slatan-tomhais soirbheachaidh

Cleachd co-dhiù aon phios fiosrachaidh a tha a' toirt cunntas air a' bhuaidh a thug a' Chiad Chogadh air Alba.



## Naiseanta 5

### Dè an ìre gun tug a' Chiad Chogadh droch bhuaidh air Alba? (9)

A' planadh do fhreagairt:

- Ann am buidhnean beaga no nur pàidhrichean, dèanaibh diagram damhan-allaidh le fiosrachadh air na buaidhean matha agus na droch bhuidhean a bha aig a' Chiad Chogadh air Alba.
- Tarraing am fiosrachadh còmhla ann an dà pharagraf fo na cinn: 'Buaidhean matha' agus 'Droch bhuidhean'.
- Lorg co-cheanglaichean eadar diofar phìosan fiosrachaид agus cuir còmhla iad. Bheir seo structar dhut airson an òrduigh anns am beachdaich thu air an ìre gun tug a' Chiad Chogadh droch bhuaidh air Alba.
- Plan do fhreagairt slàn air a' cheist.
- Seall am plana don tidsear mus sgrìobh thu a' chiad dreach.
- Leugh d' obair gu faiceallach agus comharraich mearachdan le peann uaine. Ceartaich d' obair mus toir thu na sgrìobh thu don tidsear.
- Sgrìobh dreach deireannach.

### Slatan-tomhais soirbheachaidh

- Tha aon chomharra ri fhaotainn airson ro-ràdh, agus bu chòir an cùl-fhiosrachadh is na factaran a tha thu a' dol a sgrìobhadh mu dheidhinn a bhith ann.
- Tha aon chomharra ri fhaotainn airson balans nad fhreagairt. Tha seo a' ciallachadh gum feum thu iomradh a thoirt air co-dhiù dà fhactar a' beachdachadh air a' bhuaidh a bha aig a' Chiad Chogadh air Alba. Bidh seo a' ciallachadh co-dhiù dà paragraph de sgrìobhadh.
- Chan eil factor san t-seòrsa ceist seo. Anns a' chiad pharagraf feumaidh tu dèanamh cinnteach gum beachdaich thu air na dòighean san robh buaidh mhath aig a' Chiad Chogadh air Alba. San dara paragraf, bu chòir dhut beachdachadh air na dòighean san robh droch bhuaidh aig a' Chiad Chogadh air Alba.
- Tha suas ri còig comharran rim faotainn airson nam puinean de fhiosrachadh mionaideach is buntainneach a tha thu a' dol a mhineachadh nad fhreagairt.
- Tha dà chomharra rim faotainn airson a' cho-dhùnaidh: aon chomharra airson breithneachadh agus aon chomharra airson adhbhar a tha a' cur taic ri do cho-dhùnad.



# Glosaraidh

## A

**A' gabhail tastan an righ** – a' gabhail san arm (a' liostaigeadh)

**A' mhargaid dhubh** – daoine, gu mì-laghail, a' reic rudan a bha air an raiseanadh

**Aitrisean** – a' sìor bheagachadh nàmhaid, saighdear air shaighdear

**An Entente Thriobailte** – aonta caran fuasgailte (anns an leabhar) eadar Breatainn, an Fhraing agus an Ruis

**Aonaidhean ciùird** – comainn a' riochdachadh bhuidhnean sònraichte de luchdrobrach

## B

**Barraids** – gunnachan-mòra gan losgadh fad ùine fhada

**Batailian** – buidheann de rèiseamaid airm

## C

**Calpairean** – daoine aig an robh factaraidhean, gnothachasan agus còmhdailean, gan ruith airson prothaid phriobhaideach

**Co-fhaireachdainn** – duilich airson daoine a tha air naidheachd bàis no droch naidheachd eile fhaighinn

**Colgail** – eòlach agus math air cogadh

**Comannachas** – gluasad poilitigeach gus comann-sòisealta gun chlasaichean a chruthachadh

**Còrdait** – stuth-spreadhaidh air a chleachdadhe ann am muniseans

**Crith a' chogaidh** – shell shock no, mar a chanar a-nis, PTSD, *Post-traumatic stress disorder*

**Crith-cogaidh** – shell shock no, mar a chanar a-nis, PTSD, *Post-traumatic stress disorder*

**Croitearan** – tuathanaich aig a bheil pìos beag de fhearann air mhàl air Gàidhealtachd na h-Alba

**Cumhachdan Meadhain** – A' Ghearmailt, an Ostair-Ungair is an Eadailt ann an caidreachas ri chèile.

**Cunntas-gaisgeachd** – iomradh goirid a tha ag innse carson a tha saighdear airidh air crois no meadal airson gaisgeachd.

## D

**Dreadnought** – clas ùr de shàr bhàta-cogaidh

**Duck-boards** – dèilean fiodha a bh' air an cur ann am bonn trainnse



## E

**Eachraidth** – saighdearan air eich

**Eilthirich** – daoine a tha a' fuireach ann an dùthaich ach a rugadh ann an dùthaich eile

## F

**Fascines** – pasgain mhòra de dh'fhiodh a bha air an cleachdad airson trainnsichean a lìonadh gus am faigheadh tancaichean thairis orra.

**Feartan sudheachaidh** – adhbharan air an tagh companaidh àite gus gnìomhachas a thòiseachadh

## G

**Gairm-reachdail** – an riaghaltas a' toirt air daoine gabhail san arm

**Gníomhachas trom** – gnìomhachas mar mhèinneadh guail no dèanamh stàilinn

**Gorm air ghorm** – saighdearan gan lèon is gam marbhadh leis an taobh aca fhèin

**Gràdh-dùthcha** – meas is gaol air dùthaich

**Gunnachan-mòra** – gunnachan troma a bha air an dealbh gus suidheachadh an nàmhaid a sgrios

## I

**Iomadachd-bathair** – gnìomhachas ag atharrachadh gu dèanamh diofar sheòrsaichean bathair, air an robh feum sa chogadh, an àite dìreach aon seòrsa mar a bha roimhe.

**Iompaireachd** – buidheann de dhùthchannan a tha air a riaghlaigh le aon dùthaich

## L

**Lagachadh-sgilean** (*dilution of skills*) – a' cur luchd-obrach leth-sgileil no neo-sgileil far nach robh ach daoine sgileil roimhe

**Luchd-bhòtaidh** – na daoine aig a bheil cead-bhòtaidh ann an taghadh

## M

**Martair** – neach a dh'fhuilingeas no a bhàsaicheas airson creideamh

**Mileantachd** – a' cleachdad airson adhbhar poilitigeach no sòisealta

## N

**Neo-phàirteil** – gun taobh seach taobh a ghabhail ann an còmhstri

## O

**Obraichean glèidhete** – obraichean a bha deatamach an àm a' chogaidh, air an dèanamh le fir sgileil a bha an riaghaltas a' fàgail gun an togail dhan arm



## P

**Pan-Shlàbhachas** – gluasad gus aonadh nan dùthchannan Slàbhach gu lèir a thoirt gu buil

**Propaganda** – fiosrachadh gus buaidh a thoirt air beachd an t-sluaigh

**Putadh mòr** – ionnsaigh mhòr air an àm

## R

**Reconnaissance** – a' faighinn a-mach gu falchaidh dè tha an àm a' dèanamh

**Red Clydeside** – àm san robh an-fhois phoilitigeach ann an Glaschu agus ann an sgìrean mu thaobhan Abhainn Chluaidh, ann an 1918-20

**Rioghachd** – nàisean no dùthaich

**Roinn>taghaidh** – sgìre a tha BP a' riochdachadh sa Phàrlamaid

## S

**Seansoradh** – a' toirt phiosan sgrìobhte a-mach à teacsa no gan dubhadh às

**Slàbhaich** – buidheann dhaoine ann am meadhan agus air taobh sear na Roinn Eòropa

**Slumaichean** – dachaighean nach eil freagarrach airson daoine a bhith a' fuireach anna

**Sòisealachd** – gluasad poilitigeach a tha airson comann-sòisealta co-ionann a dhèanamh

**Stailc** – luchd-obrach a' sgur a dh'obair airson toirt air luchd-fastaidh gabhail ri iarrtasan

**Subsadaidh** – taic-airgid nach fheumar a phàigheadh air ais

**Sufraid** – cead-bhòtaidh ann an taghaidhean poilitigeach

**Sufraidsich** – am buidheann a bha a' strì airson cead-bhòtaidh do bhoireannaich

**Suffragettes** – an t-ainm a thugadh air luchd-taic Aonadh Sòisealta is Poilitigeach nam Ban (WSPU) a chuir a' Bh-ph Emmeline Pankhurst air chois ann an 1903. Bha am buidheann seo deònach an lagh a bhriseadh airson cead-bhòtaidh fhaighinn do bhoireannaich.

## T

**Taighean comhairle** – taighean a bhios ùghdarrasan ionadail a' togail airson an toirt do dhaoine ionadail air mhàl

**Trench foot** – galar coise, air adhbharachadh le bhith nad sheasamh ann an uisge airson ùine mhòr

## Z

**Zero hour** – an uair aig am biodh ionnsaigh a' toiseachadh



# Clàr-amais

## A

A' Bheilg 22, 24, 26, 27, 42  
 A' Ghàidhealtachd, an-fhois 6  
 A' mhargaidh dhubbh 53  
 Achd Addison (1919) 84  
 Achd Cat is Luch (1913) 78-79  
 Achd Clàrachadh nan Elthireach (1914) 49  
 Achd Cuingealachadh a' Mhàil (1915) 83  
 Achd Dion na Rioghachd (1914) 49, 91  
 Achd nan Clàrachaidhean Nàiseanta 55  
 Achd nan Croitearan (1886) 6  
 Achd Riochdachadh an t-Sluaigh (1918) 80  
 Achdan Seirbheis san Arm 55  
 àireamh-sluaign a' meudachadh 6  
 Alsace-Lorraine 13  
 Am Partaidh Consearbhatach 5, 74, 89, 90, 98,  
 faic cuideachd Am Partaidh Làbarach Neo-eisimeileach  
 Am Partaidh Làbarach Neo-eisimeileach (ILP) 5, 26, 55, 84,  
 Am Partaidh Libearalach 89, 98  
 An Aghaidh an Ear 27  
 An Aghaidh an lar 27, 32-45  
 innleachdan anns na batail 35-7  
 na h-Albannaich air an Aghaidh an lar 38-40  
 teicneòlas cogaidh 41-45  
 truinnsichean 27, 32-5  
 An Caidrechas Albannach de Chomainn Sufraids do Bhoireannaich 73  
 An Cogadh Mòr  
 adhbharan 9-11, 13-15, 18, 19, 21  
 a' cur na aghaidh 55  
 cleachdadh-fearainn 49  
 fiosan mu bhàs 57  
 leòintich agus bàsan 26, 27, 39, 40, 41, 56  
 An Comann an aghaidh Gairm-reachdail (NCF) 55  
 An Comataidh Riochdachaidh Làbarach, faic Am Partaidh Làbarach  
 An Ostair-Ungair 11, 18, 27, faic cuideachd Cumhachdan Meadhain  
 An Roinn Èorpa, na dà champa 17  
 An Ruis 18, 22, 24, 27, 91, 92

## D

An Ruis 18, 22, 24, 27, 91, 92  
 Aonadh Nàiseanta nan Comann Sufraids do Bhoireannaich (NUWSS) 73, 74  
 aonaidhean-ciùird 5, 90  
 Aonaidhean-ciùird na h-Alba 5  
 Àras, Batal 40  
 Asquith, Herbert 5, 76, 79, 89

**B**

Balfour, Arthur 5  
 Barbour, Mary 82, 83  
 bàtaichean, a' togail 4, 63, 65, 95  
 beairt-ghunnachan 36, 37, 41, 44,  
 Boireannaich  
 an aghaidh a' chogaidh 83  
 cead-bhòtaidh 72-80  
 faic cuideach sufraids, sufraidsich, suffragettes còraichean laghail 73  
 obair nam boireannaich 51-4, 72-3  
 stri mu thaigheadas 80-5

**C**

Bosnia 18-19  
 British Expeditionary Force (BEF) 26, 27

**D**

Cambrai, Batal 43  
 Chisholm, Màiri 54  
 cion-cosnaidh 67, 95  
 colonaidhean, cudromachd 9-10  
 Comann Taigheadais  
 Boireannaich Ghlaschu 82  
 comannachas 90, 91, 93  
 Comataidh Luchd-obrach Chluaidh 97  
 Crawfurd, Helen 82, 83  
 crith-cogaidh 35  
 Cuimhneachan Cogaidh Nàiseanta na h-Alba 58-59  
 Cumhachdan Meadhain 13, 17  
 Cùmhant Lunnaidh 24

**E**

Eaconamaidh 5, 62-6,  
 faic cuideachd gnòmhachas einseanaireachd 4, 63, 66  
 Entente Thriobaitte 13, 17

**F**

Fawcett, Millicent 73, 79

## G

Fisher, Admiral Sir John 14  
 Fokker, Anton 44  
 Frans Ferdinand, Àrd-diùc, murt 9, 19

**G**

gairm reachdail 55, 63, 89, 91  
 Gàradh-iarainn Fairfeild, Baile a' Ghobhainn 63  
 gas 38, 40, 42  
 Glaschu 4, 24, 82, 91-3, 95  
 gnòmhachas 4-5, 63-4, 66, 67, 95, 96  
 gnòmhachas, an-fhois 5, 66, 91-2, 95  
 gual, mèinneadh 4, 63, 66  
 gunnachan-mòra 35, 36, 39, 40, 41

## H

Haig, Seanailear Douglas 36-7, 39, 96

## I

iarann, gnòmhachas 4, 63  
 iasgach 4, 64  
 imrich a-null thairis 95  
 Inglis, an Dtr Elsie 53  
 lomairt Sith nam Ban 83  
 lòmpaireachd Bhreatainn 2-3, 10  
 lòmpaireachdan 2-3, 9-10

## K

Kitchener, Seanailear Herbert 26

## L

lagachadh-sgillean 52, 53  
 Liog Eadar-nàiseanta nam Ban airson Sith agus Saorsa 83  
 Liog Eaglaisean na h-Alba airson Sufraids do Bhoireannaich 77  
 Liog nam Fear airson Sufraids do Bhoireannaich 77  
 Liog Saorsa nam Ban 76  
 Lloyd George, David 49, 83, 84, 89  
 Loos, Batal 38  
 lùth-dealain 67

## M

Marne, Batal a' Mhàrne 44  
 Ministreachd nam Muniseans 62, 63  
 muniseans, gnòmhachas 51-2, 63

## N

Na Balcain 11, 18-19  
 North British Locomotive Company 66  
 North British Rubber Company 63

## O

obraichean glèidhete 63  
 Ospadalan nam Boireannaich Albannach 53-4

## P

Pankhurst, Emmeline 75, 76  
 Pan-Shlàbhachas 11  
 Passchendaele, Batal Phasschendaele, 37  
 Plana Schlieffen 22, 24, 26, 27  
 pléanaichean 41, 44-5  
 politis/partaidhean  
 poilitigeach 5, 26, 55, 74, 84, 89, 90, 97, 98  
 propaganda 50

## R

raiseanadh 52-3  
 Red Clydeside 89, 91-3  
 rèilichean 41, 49, 62, 66  
 Roinn Rannsachadh Saidheansail agus Gnòmhachasail 66  
 Russell, Bertrand 26 Memorial 58-9

## S

sabaid-adhair 44  
 saighdearan-coise 34, 39, 41  
 saor-thoili Albannach 24-5, 26, 56  
 Sarajevo, faic Bosnia seansoradh 33, 49  
 sòisealachd 5, 55, 80, 89  
 Somme, Batal an Somme 37, 39  
 stailcean 5, 66, 78, 81-3, 91-2, 95

stailcean a' mhàil 81-3, 97  
 stailcean-bìdh 78  
 stàilinn, gnòmhachas 4, 44, 63, 64  
 suffragettes 75-7, 78  
 sufraids (cead-bhòtaidh) 72-4, 80  
 sufraidsich 73, 74, 75, 77

## T

taigheadas 6, 80-5, 96, 97, faic cuideachd stailcean a mhàil  
 tancaichean 41, 43  
 Tirpitz, Admiral Alfred von 14  
 trench foot 34  
 trainnsichean 27, 32-5  
 tuathanachas 64, 66

## W

Wheatley, Achd an Taigheadais (1924) 84  
 Wheatley, John 84  
 Wilhelm II, Kaiser 10, 24  
**Y**  
 Ypres 42

## EACHDRAIDH

LINN A' CHOGAIDH  
MHÒIR 1900–1928

AN DÀRNA  
DEASACHADH

NÀISEANTA 4&5

Tha Claire Wood na Prìomh Thidsear de Eachdraidh, Nuadh-eòlas agus Creideamh 's Moraltachd ann an Sgoil Chnoc lòrdain ann an Glaschu. Tha i cuideachd na neach-measaидh agus tha i air grunn leabhairchean-teacsa agus leabhairchean foghlaim a sgriobhadh.

Bha James McGonigle na Prìomh Thidsear Eachdraidh ann an Acadamaidh Hermitage ann am Bail' Eilidh, a bharrachd air a bhith na sgrìobhadair cheistean agus na neach-measaидh aig SQA. Tha e na dheasache/ùghdar air grunn leabhairchean a tha a' cur taic ri teagast Eachdraidh ann an àrd-sgoiltean na h-Alba bho ÀS1 gu ÀS6.

**Tha sia leabhairchean teacsa aig Hodder Gibson a' cur taic ris na sia cuspairean as cumanta a th' air an tabhann le SQA.**

Tha an deasachadh ùr de Nàiseanta 4 & 5 Eachdraidh: Linn a' Chogaidh Mhòir air ùrachadh a-rèir càrsaichean Nàiseanta 4 agus 5, a' gabhail a-steach ùrachaidhean ann am measaidhean Nàiseanta 5.

Coltach ris na tiotalan eile san t-sreath, Tha Linn a' Chogaidh Mhòir 1900-1928:

- ▶ A' còmhdach an t-sònrrachadh càrsa agus a' dèiligeadh ris na sgilean a th' air an còmhdach ann an deuchainnean SQA
- ▶ A' còmhdach nan ceithir phrìomh raointean
- ▶ A' tabhann raon farsaing de cheistean deireadh caibideil mar phractas aig ìre Nàiseanta 4 agus 5
- ▶ A' brosnachadh ionnsachadh gniomhach tro ghnìomhan sònraichte anns gach caibideil
- ▶ A' tabhann stiùireadh practaigeach airson Obair Shònraichte airson Nàiseanta 4 agus 5
- ▶ A' tabhann slighe dhealbhaichte tron raon seo dhen chlàr-obrach.

**Cuideachd ri fhaighinn aig ìre Nàiseanta 4&5 Eachdraidh :  
Malairt Atlantaigeach nan Tràillean – An dàrna deasachadh  
978-1-907054-95-2**

**Sa bheirt:**

**Saor Mu Dheireadh Thall? Còraichean Catharra sna SA 1918-1968 – An dàrna deasachadh**